

Mar a bhithear saor bho shearbhachd

Jim Wilson

Cover Page

Mar a bhithear saor bho shearbhachd

Agus aistean eile mu dhàimhean Crìosdaidheil

“A’ toirt an ro-aire, air eagal gun tig neach sam bith a dhèidh-làimh air gràs Dhè; air eagal air fàs suas do fhreumh seirbhe sam bith, gun cuir e dragh oirbh, agus le seo gum bi mòran air an salachadh” (Eabhr. 12:15)

Page 2

RO-RÀDH

Chaidh a' chiad phàirt den leabhran seo mu bhith faighinn saoradh bho shearbhachd agus a' toirt maitheanas do dhaoine eile a thaisbeanadh iomadach uair anns an fhichead bliadhna a dh' fhalbh aig grunn thèarmannan agus cho-labhairtean Biòbaill. Chaidh na ceudan de theachdaireachdan clàraichte a chuaireachadh an seo agus thall thairis. O chionn beagan bhliadhna chean dh' iarr am mac as sine againn, Douglas, air an rùnaire aige, Chris LaMoreaux, tar-sgrìobhadh a dhèanamh de aon de na clàraighean sin agus às deidh mòran deasachaidh chaidh 1000 leth-bhreac dheth a chlò-bhualadh mar leabhar.

Is e Heather Wilson Torosyan an nighean againn, bean Ararat Torosyan agus màthair Yeran, Masis, agus Sevan. Bha ì na neach-obrach Crìosdайдheil san Èipit airson ochd mìosan agus anns an Turc airson timcheall air còig bliadhna.

Thòisich Chris Vlachos air an obair againn ann an Utah aig Provo le bhith a' fosgladh agus a' ruith bùth leabhraichean His Place. Tha am priomh obair mhinistreileachd aige a' teagastg aig Ionad Co-labhairt Salt Lake.

Bu mhath leinn taing a thoirt dha Marjorie Dykema airson a cuid obrach a' leasachadh cheistean iùil sgrùdaidh airson gach artaigil. Bidh am mac againn, Evan, a' nochdadadh na tàlantan aige mar neach-ealain grafaigeach airson gach clò-bhualadh ùr.

Ma tha thu airson tuilleadh leth-bhreacan òrdachadh:

1-99: \$1 gach fear

100 no : 90 cents gach fear

Cuir fios gu: Community Christian Ministries

PO Box 9754, Moscow, ID 83843-0180

Fòn agus facs: (208) 883-0997

Post-d: ccm@moscow.com

Air an lòn: www.ccmbooks.org

Ma tha thu ag iarraidh leth-bhreacan air pàipear nas fheàrr, gheibhear iad bho Canon Press (1-800-488-2034 no orders@canonpress.org).

Chaidh am foillseachadh seo eadar-theangachadh gu na cànanan a leanas:

Afrikaans, Armenian, Albanian, Chinese-simplified, Chinese-traditional, Korean, Portuguese, Russian, Spanish, Telugu, Urdu, Gàidhlig.

Ma tha thu airson no ma tha fios agad air cuideigin a tha airson am foillseachadh seo eadar-theangachadh gu cànan eile, feuch an cuir thu fios gu Community Christian Ministries.

Chaidh an sgriobtair a thoirt bhon AM BÌOBALL GÀIDHLIG, Dlighe-sgrìobhaidh© 2000 le Comann-Bhìoball Dùthchail na h-Alba.

CLÀR-INNSE

Mar a bhithear saor bho shearbhachd	3
Jim Wilson	
A' toirt maitheanas do dhaoine eile	10
Jim Wilson	
Fearg an duine	15
Heather Wilson Torosyan	
Fearg air bhoil	17
Jim Wilson	
A' gabhail oilbheum	19
Heather Wilson Torosyan	
A' cumail smachd air an teanga	20
Chris Vlachos	
Fèin-bhreithneachadh	22
Jim Wilson	
Dàimhean le pàrantan	24
Jim Wilson	
Gràdh lìonte	27
Jim Wilson	
Ciamar as urrainn do bhoireannach a bhith tèarainte?	30
Jim Wilson	
An duine dleastanach	32
Jim Wilson	
Litrichean: Ceistean & Freagairtean mu bhith nad Chrìosdaidh	34
Jim Wilson	
An Soisgeul	39
Jim Wilson	

James I. Wilson, Mar a bhithear saor bho shearbhachd

© 1995, 1999, 2003, 2004 James I. Wilson

Co-fhoillsichte le Canon Press

P.O. Box 8729, Moscow, ID 83843 agus Community Christian Ministries, P.O. Box 9754, Moscow, ID 83843

lùil stiùiridh air Mar a bhithear saor bho shearbhachd

Dlige-sgrìobhте © 2003 Marjorie Dykema

Na còirichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo ath-ghineadh, a stòradh ann an siostam ath-aisig, no a chraoladh ann an cruth sam bith le dòigh sam bith, dealanach, innleachdach, leth-bhreac, clàradh, no eile, às aonais cead ro-làimh bhon ùghdar, ach a-mhàin mar a tha a rèir lagh dlige-sgrìobhaidh na SA.

ISBN: 1-885767-11-0

Biodh gach uile sheirbhe, agus corraich, agus fearg, agus gàrrthaich, agus toibheum, air an togail uaibh, maille ris gach uile mhiorun. Agus bithibh coibhneil teò-chridheach da chèile; a' toirt maitheanas da chèile, eadhon mar a thug Dia maitheanas dhuibhse ann an Crìosd. Uime sin bithibh-se nur luchd-leanmhainn air Dia, mar chloinn ghràdhaich; agus gluaisibh ann an gràdh eadhon mar a ghràdhaich Crìosd sinne, agus a thug e e fhèin air ar son, na thabhartas agus na ìobairt deagh-fhàile do Dhia. (Eph. 4:31-5:2)

Anns a' cheann-teagaisg againn chaidh a ràdh rinn cuir às do gach uile sheirbhe. Mus tòisich sinn a' beachdachadh air ciamar agus carson a dh' fheumar seo a dhèanamh, tha e deatamach gabhairis gur e na rinn Ìosa Crìosd air ar son uile air a' chrann-ceusaidh a dh' fheumas a bhith na bhunait don h-uile gnìomh a nì sinn a thaobh seo. Anns na gnìomhan againn, tha sinn gu bhith nar luchd-leanmhainn air Dia.

San t-Seann Tiomnad, bha boireannach le ainm a bha a' ciallachadh Taitneach. B' e Naomi an t-ainm a bh' oirre, agus bha i air gluasad à Israel gu tìr eile còmhla ri a cèile is a mic. Ach bha a cèile air bàsachadh, agus taobh a-staigh an ath dheich bliadhna bhàsaich a dithis mhic. Thug i beachd seachad mun seo do na h-ìghnean cèile aice a bha air na fir aca a chall o chionn ghoirid.

Rut 1:13b: "Tha e nas seirbhe dhomhsa na tha e dhuibhse, gun deachaidh làmh an TIGHEARNA a-mach am aghaidh-sa!" Bha i a' dèanamh coimeas gus faighinn a-mach cò a bu mhotha aig an robh a' chòir a bhith searbh.

Agus ann an Rut 1:20-21: "Na abraibh Naomi rium," thuirt i riutha. "Abraibh Màra rium, oir bhuin an t-Uile-chumhachdach gu ro-gheur rium. Chaith mi a-mach làn, agus thug an TIGHEARNA air ais mi falamh. Carson a their sibh Naomi rium? Airson gun tug an TIGHEARNA fianais am aghaidh; agus gun do chuir an t-Uile-chumhachdach fo àmhghar mi."

B' ann a dh'ionnsaigh Dhè a bha a searbhachd. B' e Dia a bha air a cèile a thoirt air falbh; b' e Dia a bha air a mic a thoirt air falbh, agus bha i a' cur a' choire Airsan. Còig tursan anns na trì earrannan sin bha i a' dèanamh Dia cunnatachail airson a cuid searbhachd. Tha mòran dhaoine mar seo an-diugh. Chan e a-mhàin gu bheil iad searbh, ach tha e a' còrdadh riutha a bhith searbh. Tha e a' còrdadh riutha air dhòigh a choireigin, agus tha sin gam brosnachadh. Cha bhiodh fios aca dè a dhèanadh iad nam faigheadh iad fuasgladh bhuaithe; cha bhiodh adhbhar aca a bhith beò. Tha iad toilichte a bhith searbh.

Aithnichidh sinn daoine mar sin san t-saoghal seo, agus aithnichidh sinn daoine mar sin san eaglais. Tha e furasta aithneachadh nuair a tha cuideigin searbh. Chì thu e 'nan sùilean agus ann an loidhnichean na h-aghaidh aca—eadhon ged is ann òg a tha an neach. Chì thu nam beul e, chì thu e nuair a tha iad a' dèanamh gàire no a' dèanamh lachan. Cluinnidh tu e ann an gleus nan guthan aca. Cluinnidh tu e nuair a chanas iad gu soilleir nach eil iad searbh. Tha an t-searbhachd sa mheadhan aca, agus a' toirt buaidh air gach nì.

A bharrachd air Naomi tha daoine eile sa Bhìoball searbh. Gu dearbh, tha grunn dhiubh ann. Mar eisimpleir, bha Ionah na dhuine searbh. Thuirt an Tighearna ris, "An ceart thu do chorraich a bhith air a lasadh airson an luibh-sgàile?" "

Is ceart," arsa esan. "Is ceart dhomh a bhith ann an corraich gu bàs" (Ion. 4:9).

Bha dùil aige gu robh còir aige mun fhearg aige.

Is toil leam a bhith feargach. A' Dhè, tha thu ceàrr mu bhith a' toirt maitheanas dha daoine. Chan eil mi airson gun toir thu maitheanas dha daoine.

Tha e a' còrdadh ri daoine a bhith a' cumail suas coire an-aghaidh dhaoine eile. Ach tha a' chuibreann againn ag iarraidh oirnn cuir às do shearbhachd gu h-iomlan, agus ar cridhe a chumail caoin. Seo a' cheist: A bheil e comasach a bhith coibhneil, tròcaireach, truacanta, agus aig an aon àm a bhith searbh? Is e sin seasamhan san taobh a-staigh. Tha a bhith truacanta, air a mhìneachadh, a' toirt a-steach cridhe caoin. Tha searbhachd cuideachd air an taobh a-staigh. Ach chan eil e comasach dà sheasamh eadar-dhealaichte, breugnachaidh a chumail suas san taobh a-staigh.

Tha Pòl ag ràdh gum bu chòir dhuinn cuir às do shearbhachd gu h-iomlan, agus a bhith còir is tròcaireach dha chèile. Mar sin, feumaidh an t-searbhachd falbh. Ach mus urrainnear a chuir air falbh, tha e deatamach faighinn a-mach dè a th' ann—agus gu bheil e ann.

Tha e an ìre mhath furasta faicinn nuair a tha daoine eile searbh. Ach chan eil e cho furasta fhaicinn annainn fhin. Mar sin tha e cudromach gum bi tuigse mhath againn air mar a tha am Bioball a' mìneachadh an duilgheadas.

Saoileamaid gur dòcha gum peacaich Crìosdaidh. Mar eisimpleir, innsidh e breug. A-nis nuair a dh' innseas e a' bhreug seo, a bheil e a' faireachdaiinn ciontach, no a bheil e a' faireachdaiinn searbh? Is e am freagairt ciontach. Nuair a pheacaicheas sinn, bidh sinn a' faireachdaiinn ciontach. Tha e soilleir gu leòr. A-nis saoileamaid gun dh' innis cuideigin breug mu dheidhinn an dearbh Chriosdaidh seo agus gun sgaoil an neach sin e air feadh a' bhaile. Dè a bhios e a' faireachdaiinn a-nis—ciont no searbhachd?

Is e ciont an rud a bhios sinn a' faireachdaiinn nuair a pheacaicheas sinn, agus *is e searbhachd a bhios sinn a' faireachdaiinn nuair a pheacaicheas daoine eile nar n-aghaidh*. Tha an fhòr mhìneachadh air searbhachd a' tarraing aire do ghniomhachd neach eile. Nam biodh sinn air a' chiont a dhèanamh, bhiodh sinn a' faireachdaiinn ciontach agus bhiodh fios againn gum feumadh sinn aideachadh ar peacadh agus a thrèigsinn.

Is dòcha nach aidicheadh sinn ar peacadh, ach chan ann seach nach robh fios againn dè a dhèanadh sinn. Ach dè a ñì sinn le ciont dhaoine eile? Tha searbhachd an-còmhnaidh stèidhichte air peacadh neach eile—ge bith a bheil sin fior no air a shaoileadh.

Beachdaich air a' pheacadh air a shaoileadh an-toiseach. Ioma uair faodaidh sinn a bhith searbh an agaiddh cuideigin mar thoradh air rudeigin a thuirt e, ach ann am fiorachas cha tuirt e idir e. Chuala sinn teachdaireachd mearachdach, agus a-nis tha sinn searbh. Bidh sinn a' feitheamh airson leisgeil iarraidh oirnn, rud nach urrainn dha iarraidh. Am fuirich sinn searbh airson an còrr de ar beatha seach nach do dh' iarr e maitheanas airson rudeigin nach do rinn e?

San dol seachad, chan urrainn dha iomadach neach a tha searbh smaoineachadh gu bheil iad searbh mar thoradh air peacaidhean air an saoileadh. A thaobh searbhachd, tha ciont an neach eile an-còmhnaidh fior. Dha leithid de neach a tha a' feuchainn ri bhith saor bho shearbhachd, tha e ceart gu leòr dhaibh a bhith gabhail ri fior chiont an neach eile, *fhad 's a chuireas iad às don t-searbhachd aca fhèin*.

Ach dè mu dheidhinn fior pheacadh? Tha mòran de dhaoine searbh a bha dha-rìribh air an droch làimhseachadh leis a' chiontach. Mar sin ciamar a làimhsicheas sinn fior chiont?

Tha searbhachd stèidhichte air peacadh a tha ann an dòigh a choireigin ceangailte riutsa. Chan eil e co-cheangailte ri cho mòr 's a tha am peacadh; tha e stèidhichte air cho faisg 's a tha e. Mar eisimpleir, ma thachras mì-bheus mòr is uamhasach a choireigin ann an Ioran, Iorac, El Salvador, no Colombia, dè a nì sinn? Bidh sinn a' leughadh mu dheidhinn, ach cha bhi sinn a' faireachdainn ciontach. Bidh sinn a' leughadh mu dheidhinn, ach cha bhi sinn a' faireachdainn searbh. Dh' fhaodadh gum bi sinn air ar n-uamhasachadh no le iongnadh, ach cha bhi sinn a' faireachdainn ciontach, agus cha bhi sinn a' faireachdainn searbh. A dh' aindeoin sin, 's e droch pheacadh a bh' ann, agus gu dearbh rinn cuideigin e. Mar sin chan eil e an urra ri dè cho dona 's a tha an olc, *tha e an urra ri dè cho faisg 's a tha an neach eile orm*. Tha searbhachd co-cheangailte ris na daoine sin a tha faisg.

Cò an fheadhainn as coltaiche? Tha am freagairt sìmplidh: athraichean, màthraichean, bràithrean, peathraichean, fir, mnathan, clann, carbhaidhean, bràmairean, caraidean-seòmair, ceannardan dìreach, luchd-obrach dìreach, co-obraichean, com-pàirtichean gnìomhachais, agus is dòcha càirdean eile—seanairean/seanmhairean, uncailean is cuid eile. Tha eadhon cuid ann a tha searbh an aghaidh Dhè.

Cha bhi sinn a' faireachdainn searbh an aghaidh olc a tha taobh a-muigh an fheadhainn air a bheil sinn faisg. Tha searbhachd stèidhichte air peacadh cuideigin eile a tha faisg oirnn, agus a rinn rudeigin oirnn. Dh' fhaodadh nach eil e glè mhòr. Chan fheum e a bhith mòr, *feumaidh e dìreach a bhith faisg*. A bheil e a' togail na socais aige? Chan eil? An urrainn dhut a bhith searbh mu dheidhinn sin? Uill, chan urrainn, ach dè ma nì e sin 5,000 turas?

Faodaidh tu smaoineachadh gu bheil còir agad a bhith searbh. Ach chan eil am Bioball a' toirt còir dha duine sam bith a bhith searbh. Tha an ceann-teagaig ag ràdh *gum bu chòir cuir às do shearbhachd gu h-iomlan*. *A' toirt an ro-aire, air eagal gun tig neach sam bith a dhèidh-làimh air gràs Dhè; air eagal air fàs suas do fhreumh seirbhe sam bith, gun cuir e dragh oirbh, agus le seo gum bi mòran air an salachadh.* (Eabhr. 12:15)

An seo tha e a' mineachadh searbhachd mar gum b' e freumh a bh' ann. Is e a th' ann am freumh ach rud a tha fon talamh agus nach fhaicear. Ach faodaidh gu bheil fianais soilleir ann den làthaireachd aige, leithid nuair a thèid cabhsairean a thogail.

Bidh freumhan a' dèanamh rudan eile. Ged nach fhaic thu freumhan chan eil sin a' ciallachadh nach eil iad ann. Cha mhotha a tha e a' ciallachadh nach fhaic thu iad gu bràth. Bidh iad ag òl a-steach beathachadh, agus cha bhi iad a' fuireach nam freumhan. An ceann ùine thig iad chun uachdar. Tha ceangal dìreach eadar an toradh a tha tighinn am bàrr ris an fhreumh a tha ga thoirt gu buil. Tha freumhan cràobh ubhal a' toirt ùbhlan dhuinn. Ma tha freumh searbh, is e measan searbh a thig bhuidhe.

Is e sin a tha an earrann seo ag ràdh. Bi air d' fhaiceall mus fhàs freumh shearbhachd sam bith suas, ag adhbhrachadh trioblaid, agus a' truailleadh mòran dhaoine, a tha a' ciallachadh a' dèanamh mòran dhaoine salach. Am faca tu a-riamh searbhachd a' dol tro eaglais? Faodaidh searbhachd a dhol tro choithional mar theine falaisgear. Faodaidh e a dhol tron àite-obrach no tro sheòmair-cadail. Carson a tha seo? Bha cuideigin airson rud a roinneadh. Bha e searbh, leig e leis am freumh a thighinn chun uachdar agus a bhith torach. Roinn e e agus dh' fhàs mòran dhaoine searbh. Tha ùghdar leabhar nan Eabhruidhich a'toirt rabhadh dhuinn mun seo. Tha e ag ràdh a bhith air ar faiceall mu bhith a' call gràs Dhè. Nuair a leigeas tu leis, thig searbhachd suas agus truaillidh e mòran dhaoine. Nì e iomadach duine salach.

Dè thachras do dhuine ma chumas e searbhachd san taobh a-staigh airson iomadach bliadhna? Dè thachras dhà gu corporra? Am fàs e tinn na chorp? Can gur e searbhachd a th'ann a thaobh ball eile den teaghlach. Chan eil e air innse do dhuine. Chan eil e air mòran dhaoine a thruailleadh – tha e air a chumail aige fhèin gu h-iosal. Nuair a chumas e sin a-staigh airson grunn bhliadhnaichean, tòisichidh e mu dheireadh a' faireachdainn goirt. Thèid e chun dotar agus canaidh an dotair, "Tha thu ceart, tha thu tinn. Ach chan e an tinneas agad an seòrsa tinneas a bhios mise a' làimhseachadh. Tha mi a' dol gad chuir chun t-seòrsa dotair eile."

Agus mar sin curridh e e chun lighiche inntinn, agus aontaichidh an lighiche inntinn. "Tha, tha thu tinn ceart gu leòr. Agus tha fios agam carson a tha thu tinn. Tha thu tinn mar thoradh air 20 bliadhna de shearbhachd an aghaidh d'athair. Tha thu air sin a chumail fodha fad nam bliadhnaichean sin agus tha e dìreach air do bhroinn a thruailleadh. Tha thu air a' phuinnsean seo a chumail a-staigh, agus tha an t-searbhag seo nad bhroinn air do dhèanamh tinn gu corporra. Mar sin is e a tha mi ag iarraidh ort a dhèanamh ach a dhol dhachaigh agus seo a roinneadh led athair. Carson a tha thu airson a chumail a-staigh agus gad dhèanamh fhèin tinn? Leig a-mach e. Thoir an tinneas dhan h-uile duine eile."

Mar sin tha dà fhuasgladh aig an t-saoghal. Cùm an t-searbhachd a-staigh agus dèan thu fhèin tinn, no leig a-mach e agus roinn an tinneas mun cuairt ort. Is e fuasgladh Dhè am freumh a tharraing a-mach. Faigh cuidhteas e. *Ach feumaidh seo gràs Dhè*. Feumaidh eòlas a bhith aig duine air an Tighearna Iòsa Crìosd airson gum bi comas aige seo a dhèanamh. Is ann Annsan a tha bunait gràis.

Cha bu chòir fuasglaidhean an t-saoghal airson searbhachd a bhith air an cleachdad le Crìosdaidhean. Nuair a bhios Crìosdaidhean a' dol le cleachdaidhean an t-saoghal, chan eil aca ach dà roghainn bochd. Tha am Bìoball ag ràdh cuidhteas fhaighinn de gach searbhachd. Chan fhaod thu a chumail a-staigh, agus chan fhaod thu a roinneadh. Dèan gèilleadh ris don Athair, tron Mhac.

Ach ma tha eud searbh agus còmh-strì agaibh nur cridhe, na dèanaibh uaill agus na dèanaibh breug an aghaidh na firinn. Chan ann on àirde a tha an gliocas seo a' teachd a-nuas, ach tha e talmhaidh, collaidh, diabhlaidh. Oir far a bheil farmad agus còmh-strì, an sin tha buaireas agus gach uile dhroch ghniomh. (Seumas 3:14, 15, 16)

Nuar a bha mi nam mharaiche òg ann an Acadamaidh na Cabhlachd, bha mi den bheachd gum biodh foirfeachd a' gabhail thairis an t-suarachas agus an eudachd a bha mi a' faicinn. Bha mi smaoineachadh mar as àirde a ghluaiseadh duine a thaobh inbhe, mar as foirfe a dh' fhàsadh duine, gur ann nas luga a bhiodh an leithid seo a' tachairt. Ach mar as sine a dh' fhàs mi, fhuair mi a-mach gur ann nas miosa a bha an eudachd.

Bidh searbhachd a' fàs. Mura bi fuasgladh ann air a shon, cha bhi daoine a' fàs nas neo-shearbh le foirfeachd. Is ann nas seirbhe a dh' fhàsas iad thairis air na bliadhnaichean. Is ann nas miosa agus nas miosa a thèid cùisean. Agus ma ghlèidheas tu eudachd searbh, is e cleachdadhl olc a thig na chois. Chan ann o nèamh a thig e. Is ann gu dìreach bhon t-sloc a thig e agus buinidh e dhan deamhan. Bidh gach cleachdadhl olc mar thoradh air a' chleachdadhl seo. Mar a bu chòir a bhith soilleir, tha fior dhuilgheadas againn. Ciamar a gheibh sinn cuidhteas de shearbhachd?

Mus fhaigh sinn cuidhteas de shearbhachd, feumaidh sinn aithneachadh gu bheil sinn searbh. Ciamar a dh' aithnicheas sinn gu bheil sinn searbh? Is e seo aon chomharra: *Cuimhnichidh searbhachd air fiosrachadh mionaideach*. Tha thu air còmhraighean a dhèanamh míltean de dh'uairean nad bheatha, agus air a' mhòr-chuid dhiubh a dhì-chuimhneachadh. Ach bha an còmhradh seo ann o chionn còig bliadhna, agus tha cuimhne agad air gach facal, mar a bha an guth aige, agus mar a chaidh a ghuth sìos is suas. Tha fios agad air gach nì a thachair — a tha a' ciallachadh gu bheil thu searbh.

Page 6

Dh'fhaodadh cuideigin gearain a thogail agus a ràdh gu bheil e cuideachd comasach gu bheil cuimhne mhath aig duine air deagh chòmhradh. A bheil seo comasach? Tha, ach chan eil e glè choltach. Carson a tha seo?

Leis gu bheil *lèirmheas, lèirmheas agus tulleadh lèirmheas* na chuideachadh don chuimhne. Chan àbhaist do dhaoine a bhith a' dèanamh uimhir de chnuasachadh air na rudan iongantach. Ach bidh iad a' dol thairis agus thairis air na droch rudan. Tha mi air a bhith an sàs gu tric a' comhairleachadh dhaoine a tha an teis mheadhan sgaradh pòsaidh. Tha mi air a bhith eòlach air cuid bhon àm a phòs iad, àm a bha na b' fheàrr nam beatha. Ach aig an àm far an tainig sgaradh sa phòsadhbh cha robh cuimhne aca air aon àm anns an robh toileachas. Is e na h-aon rudan air a bheil cuimhne aca na rudan air an deach iad thairis is thairis. Tha iad searbh.

Chan eil seo a' ciallachadh nach robh amannan toilichte idir ann. Is e a tha e a' ciallachadh gu robh an aire aca air cho ceart sa bha iad fhèin agus cho ceàrr sa bha an neach eile. Ma tha cuimhne mhath, gheur aig cuideigin air rudan a thachair bliadhnaichean air ais nuair a bha e na phàisde no na dhuine no na boireannach òg, agus gu bheil a' chuimhne sin direach co-cheangailte ri casaidean an aghaidh neach eile, tha sin na chomharra air searbhachd. Agus se an aon fhuasgladh a th' ann airson searbhachd ach cuidhteas fhaighinn dheth.

Thachair rud sònraichte math dhomh aon uair ann an Dallas, an Texas. Bha mi a' bruidhinn air oidhche Shathairne aig dachaigh seann charaid dhomh. Seach gu robh fios agam gu robh mi gu bhith ann an Dallas, sgriobh mi notaichean gu grunn dhaoine air an d' fhuair mi eòlas bho diofar phàirtean den dùthaich aig amannan eile, agus nochd iad aig an dachaigh aige.

Dh' iarr an aoigh agam bruidhinn mu dheidhinn searbhachd agus is e sin a rinn mi. Às deidh làimh, thàinig cupall a bhruidhinn rium. Bha mi air eòlas fhaighinn orra ochd bliadhna roimhe sin ann am Pullman, an Washington. Thuirt a' bhean rium, "Tha sinn air a bhith pòsda airson

ochd bliadhna. Airson a' chiad bliadhna bha mi cho searbh mu mo mhàthair is gu robh mi ag innse seo dhan duine agam a h-uile latha. Bha a'chiad bliadhna den phòsadhbh agaibh dirreach dòrainneach oir bha mi a' roinneadh mo shearbhachd mu mo mhàthair leis an duine agam."

Dh' innis i an uairsin dhomh gu robh mi air bruidhinn mu shearbhachd seachd bliadhna roimhe sin agus gu robh i air cuidhteas fhaighinn den t-searbhachd aice. Aon latha chunnaic i boireannach eile a bha uamhasach searbh mu a màthair. Smaoinich i, "Is urrainn dhomh am boireannach ud a chuideachadh. Faodaidh mi innse dhith mun h-uile fiosrachadh cumanta a bh'agam fhìn. Chaidh mi thuice gus seo a roinneadh, agus cha b' urrainn dhomh cuimhneachadh mun fiosrachadh mionaideach idir. Bha mo chuimhne air gach nì mionaideach air falbh. Cha b' urrainn dhomh innse dhith ach gum b' àbhaist cuimhne a bhith agam air rudan, agus nach eil cuimhne agam orra tuilleadh." Bha an Tighearna dha-rìribh air dèiligeadh ris an t-searbhachd aice.

Aig àm eile bha mi a' teagassg càrsa ceithir-seachdain mu phòsadhbh. Bha mi air sanas a chuir sa phàipear agus cha robh fios agam cò a thigeadh ann. Thàinig boireannach don deach an clas a mholadh le dotair. Faodaidh mi a' ràdh gu h-onarach nach robh mi a-riamh nam bheatha air cuideigin fhaicinn a bha a' coimhead cho searbh na h-aghaidh. Bha shearbhachd air a bhith a' fàs innte fad dà fhichead bliadhna. Fhuair i cuidhteas dheth an oidhche sin agus dh' aontaich sinn gun coinnicheadh i rium an ath latha anns a' bhùth leabhraichean far an robh mi ag obair. Thàinig i a-steach don bhùth, agus cha do dh'aithnich mi i. *Bha i a' coimhead cho eadar-dhealaichte.* Bha mi dìreach air coinneachadh rithe an oidhche roimhe sin, ach bha i glan san taobh a-staigh a-nis.

Dè a tha ceàrr? Carson nach bi sinn a' faighinn cuidhteas de shearbhachd? Ma dh' innseas mi breug, faodaidh mi sin aideachadh agus maitheanas fhaighinn air a shon. Airson cuidhteas fhaighinn dheth feumaidh mi a thoirt air ais gu mo chridhe fhèin. Feumaidh sinn aithne air shearbhachd a thoirt air ais gu ar cridheachan fhìn. An àite sin, tha sinn dualtach a bhith a' coimhead ris a' chiontach. Seall na rinn *esan*. Is e sin nàdur na shearbhachd. Airson cuidhteas fhaighinn dheth, feumaidh mi aithneachadh gur e seo **mo** dhuilgheadas fhìn gus an dèan mi aithreachas agus a chuir air mo chùl.

Ach tha thu ag ràdh, "Chan eil mi searbh idir. Is e dìreach gu bheil e furasta dhomh a bhith air mo ghoirteachadh." Ach tha comharran goirteis glè fhaisg air comharran nàimhdeis. A bheil fios agad dè a th'ann an nàimhdeas sa mhionaid? Is dòcha gun can thu. "Chan e searbhachd a th'ann – is e dìreach faireachdainnean goirt a th'ann." Ach tha ceangal dlùth eadar a bhith air do ghoirteachadh agus a' faireachdainn nàimhdeas. Thèid cuideigin a ghoirteachadh agus fairichidh e nàimhdeas. Tha ceangal glè dhlùth eile eadar nàimhdeas agus searbhachd. Tionndaidhidh nàimhdeas gu bhith na shearbhachd dhomhainn.

Page 7

Is e a th'ann an searbhachd ach nàimhdeas air na chum sinn grèim. Tha i air tionndaidh gu bhith grod agus lobhte. Thathas ga cumail a-staigh, agus is ann nas miosa a thèid i. Tha na ceanglaichean san t-slabhraidh a' leantainn. Tha ceangal eadar searbhachd is nàimhdeas, agus aithne shoilleir sa bhìoball eadar nàimhdeas is mort. Is e a tha mi ag radh gum faodadh mort a bhith mar thoradh air goirteas. Dh' fhaodadh cuid a ràdh gu bheil an teachdaireachd seo ro làidir. Ach tha an t-ùghdarris seo a' tighinn bhon Bhioball.

Is e na tha sinn airson a dhèanamh ach dèanamh soilleir *cho peacach sa tha searbhachd.* Feumaidh an neach a tha searbh an-toiseach aithne fhaighinn air gu bheil e searbh, agus san dàrna h-àite gur e droch olc a th'ann. A-rithist, is e an t-adhbhar nach bi daoine a' dèiligeadh

ris a' pheacadh seo gu bheil iad den bheachd gur e peacadh an neach eile a th'ann. Tha an diabhall ag ràdh, "Uill, nuair a stadas e de bhith ag innse bhreugan, no a stadas e de bhith a'dèanamh siud is seo, no nuair a chanas e gu bheil e duilich, fairichidh tu nas fheàrr an uairsin."

Ach, dè mur a stad e? Dè mur a stad e gu bràth? A bheil thu gu bhith searbh airson a' chòrr de do bheatha seach gu bheil cuideigin a' leantainn air ann am peacadh? Chan eil sin a'dèanamh ciall sam bith idir. Faodaidh tu a ràdh, "Bheir mi maitheanas dhà nuair a chanas e gu bheil e duilich ach cha toir gus an dèan e sin. Tha còir agam a bhith searbh chun àm sin. Nuair a chanas e gu bheil e duilich, bheir mi maitheanas dhà agus bidh a h-uile cail ceart gu leòr." Ma chumas tu am balla shearbhachd seo suas, agus gun tig e thugad aon latha agus gun can e, "Tha mi duilich." An toir thu maitheanas dha a-nis? Cha toir, oir cha bhith shearbhachd a' toirt seachad maitheanas. Mus urrainn dhut maitheanas a thoirt don neach seo nuair a chanas e gu bheil e duilich, feumaidh thusa a bhith deiseil mus can e gu bheil e duilich.

Agus ma tha thu deiseil airson maitheanas a thoirt dha mus can e gu bheil e duilich, mar sin chan eil e an urra ri a bheil e duilich no nach eil. Ann am briathran eile, gheibh thu cuidheas de shearbhachd bho do thaobh fhèin. Cha dèan e diofar dè a nì an neach eile. Na bu thràithe chomharraighe mi gu bheil e coltach gu bheil shearbhachd a' tighinn bho pheacadh an neach eile – gu fior no anns an inntinn. Is ann dìreach mar sin a tha e a' coimhead. Gu firinneach is e a th'ann an shearbhachd ach peacadh a tha a'seasamh leis fhèin. Tha an neach a tha searbh a' co-dhùnad a bhith searbh eadar-dhealaichte bhon chiontach.

Ach tha thu ag ràdh, "Chan e, pheacaich esan nam aghaidh, agus nuair a chanas esan gu bheil e duilich, bidh gach nì ceart." Ach chan eil seo fior. Tha mi air a bhith eòlach air suidheachaidhean far an deach leisgeul iarraidh agus far an robh an neach fhathast searbh. Smaoinich ma tha an ciontach marbh agus nach eil e comasach dha leisgeul iarraidh. Tha mi eòlach air daoine a tha air leth searbh, agus tha an t-searbhachd aca an aghaidh am pàrrantan a bhàsaich mòran bhliadhnaichean air ais. Ach cho do bhàsaich an t-searbhachd.

Is e peacadh an neach searbh fhèin a-mhàin a tha ann an shearbhachd, gun cheangal sam bith ri neach eile. Aon uair chaidh mi gu Prìosan Stàite Walla Walla airson latha a chaitheamh leis na priosanaich. B'ann timcheall air àm na Nollaige a bha e. Chaith mi timcheall air sia uairean a-thìde an sin. Tron fheasgair, bha mi ann an raon deas-thèarainte, a' bruidhinn mu dheidhinn agus a' teagasc soisgeulachd. Dh'fhaighnich aon neach mu bhith a' faighinn gu na fior dhroch eucoirich. Bha mi a' smaoineachadh gu robh fior ùidh aige anns an leithid de shoisgeulachd agus bhruidhinn mi ris mu dheidhinn. An uairsin chaith mi ùine anns an raon le ire nas lugha de thèarainteachd, an raon de chùram-dòn, agus àiteachan eile. San fheasgar bha mi air ais anns an raon deas-thèarainteachd, agus smaoinich mi air bruidhinn mu dheidhinn a' chuspair shearbhachd seo.

Rinn mi a-mach gu robh coltas ann gum biodh daoine searbh an làthair. Chuir an neach seo a dh'fhaighnich na bu thràithe mu shoisgeulachd ceist eile orm. Thuit e, "Ciamar as urrainn dhut cuidheas fhaighninn de shearbhachd an aghaidh cuideigin a rinn pronnadh air do phàisde trì bliadhna gun tròcair?" Agus dh'innis mi dha ciamar, agus an uairsin thuit mi, "Eil fios agad, nuair a gheibh thu cuidheas den t-searbhachd a tha agad is urrainn dhut an neach sin a chuideachadh gus nach bi e a' pronnadh chlann òga eile." Thuit e, "Chan urrainn, chan eil e comasach an neach seo a chuideachadh." Thuit mi, "Tha fios gu bheil." "Chan urrainn, chan urrainn." "Carson?" "Chan eil e an seo nas fhaide."

Bha am priosanach seo air a mhort. Bha e air a mhort airson na bha air a dhèanamh air a mhac a bha trì bliadhna a dh'aois – is ann air sgàth sin a bha e sa phrìosan. Ach eadhon ged a bha air an duine a mhort, *bha e fhathast searbh*. Ann am briathran eile, cha d'fhuair aithris na sgeòil cuidheas dheth. Agus cha mhotha a fhuair bàs cuidheas dheth. Nuair a chanas cuideigin eile

gu bheil e duilich, chan fhaigh sin cuidteas den t-searbhachd againn. Is e aon rud a gheibh cuidteas dheth a bhith ga aideachadh do Dhia air sgàth bàs is aiseirigh an Tighearna Ìosa Crìosd. *Is seo an aon fhuasgladh.*

Page 8

Faodaidh tu a ràdh gun bhàsaich an neach mu bheil thu searbh o chionn iomadach bliadhna. Cha do mharbh thu an duine mar a rinn an duine a bha sa phrìosan. Ach a bharrachd air an sin, chan eil eadar-dhealachadh sam bith ann; tha an duine eile marbh, agus tha thu fhathast searbh. Mas e creidmheach a bh'anns an neach a bhàsaich, tha e còmhla ris an Tighearna, air a mhaiteadh agus macanta. Tha thu fhathast searbh mu chuideigin a tha a' dèanamh gairdeachas ann an Neamh seach gu bheil ainm sgrìobhte ann an leabhar beatha an Uain.

Mas e 's nach robh an neach a bhàsaich na chreidmheach, tha e fo bhreitheanas Dhè mar a tha air a mhìneachadh ann an 2 Teasalonianaich 1:6-8:

Do bhrigh gur ceart an nì do Dhia àmhghar iocadh dhaibhsan a tha a'cuir àmhghair oirbh: Agus dhuibhse a tha fo àmhghar, fois maille ruinne, nuair a dh'fhoillsichear an Tighearna Ìosa o nèamh, maille ra ainglean cumhachdach: Ann an teine lasrach, a' dèanamh dioghaltas air an dream aig nach eil eòlas air Dia, agus nach eil umhail do shoisgeul ar Tighearna Ìosa Crìosd:

A' chàirdean ghràdhach, na dèanaibh dioghaltas air ur son fhèin, ach thugaibh àite don fheirg: oir tha e sgrìobhte, Is leamsa dioghaltas; iocaidh mi, tha an Tighearna ag ràdh. (Romanaich 12:19)

Tha Dia math agus is e Dia a nì an dioghaltas. Eadhon ged a bhiodh na daoine sin beò, cha b' urrainn dhaibh dèiligeadh ris an t-searbhachd *agadsa*, agus cha mhotha a b' urrainn dhutsa le bhith a' dol nan dèidh. Le bhith marbh, thathas air dèiligeadh riutha, aon seach taobh. Tha sin gad fhàgail, beò agus searbh, gad ghortachadh fhèin agus na daoine a tha mun cuairt ort airson bliadhnaichean. Is e do pheacadh-sa a tha nad shearbhachd, ge bith dè a tha thu a' smaoineachadh a dh'adhbhraich e. Leigidh Dia leat eòlas fhaighinn air a' mhaiteanas agus an toileachas a tha leatsa nuair a nì thu aithreachas agus a dh'aidicheas thu an t-searbhachd a tha na pheacadh mòr an aghaidh Dhè.

Chan fhaod sinn a chumail, agus chan fhaod sinn a roinneadh le cuid eile. Chan eil ach aon rud ri dhèanamh, agus se sin aideachadh mar pheacadh mòr agus olc. Feumaidh sinn a bhith cho dealasach san aideachadh sa tha feumail.

Aon uair bha mi a' bruidhinn ann an Monterey, California, aig Sgoil For-cheumnachaidh Cabhlach na SA. Bha duine an sin a bha air leth ainmeil mar neach-teagaisg a' Bhìobaill. Bha e na oifigear loidhne sa Chabhlach, ach bhathas air a chumail air ais bho bhith na cheannard air bàt-aigeinn. Cha robh e na cheannard air bàt-aigeinn, agus bha e searbh. Bhruidhinn mi air aideachadh peacadh agus searbhachd, agus thug sin buaidh mhòr air. Thàinig e a bhruidhinn rium agus fhuair e cuidteas den t-searbhachd seo. An ath-mhadainn, thuirt a bhean rium, "Tha fear-pòsda ùr agam." Bha e air a bhith searbh an aghaidh a' Chabhlach. Ach b'e a pheacadh-sa a bh'ann, chan e peacadh a' Chabhlach.

Tha not aig Amy Carmichael san leabhar beag aice *If*. "Chan urrainn cupa a tha làn de dh' uisge milis eadhon aon bhoineag de dh'uisge searbh a dhòrtadh, ge bith dè an crathadh obann a bheirear air." 1 Ma tha e làn de dh'uisge milis agus gun tèid a chrathadh, dè a thig a-mach às a' chupa? Uisge milis. Ma bheir thu crathadh nas cruaidhe air, dè a thachras? Barrachd uisge

milis. Ma bhios neach làn de dh'uisge milis agus gun dèan cuideigin crathadh air, dè a thig a-mach às? Uisce milis. Cha bhith crathaidhean a' tionndadh uisce milis gu bhith na uisce searbh. Is e rudeigin eile a bhios a'dèanamh sin.

Cha toir crathadh a-mach às an t-soitheach ach na tha ann mu thràth. Ma tha thu làn mìlseachd agus solas, agus gum faigh thu crathadh, tha thu a' dol a dhòrtadh a-mach mìlseachd agus solas. Ma tha thu làn de mhil, thig am mil a-mach. Mas e fion-gheur a thig a-mach, dè a tha sin a' dearbhadh? Tha e a' sealltainn na tha mu thràth san t-soitheach. Ann am briathran eile, chan eil tòrr searbhachd stèidhichte air na rinn an neach eile idir. Is e th'ann ach toradh na nì sinn fhìn agus na tha annainn fhìn.

O chionn grunn bhliadhnaichean, bha mi ag obair san t-seòmar-cadail againn aig an deasc agam. Bha mo bhean, Bessie, a' leughadh san leabaidh. Ge bith dè air an robh mi ag obair, cha robh e a' dol gu math. Thuirt Bessie rudeigin rium, agus thionndaidh mi rithe agus thug mi droch bheul dhith. B' e rud a bh'ann nach robh Criosaideil. Choimhead i rium le iongnadh agus dh'fhàg i an rùm. Shuidh mi an sin a' smaoineachadh, "Cha bu choir dhith a bhith air sin a ràdh. Seall na thuirt i. Seall, seall, seall." Rinn mi sin airson timcheall air 10 mionaidean, 's dòcha nas fhaide. Bha mi searbh an aghaidh Bessie, ach cha do rinn i ach crathadh a dhèanamh air a'chupa. Thàinig na bh'anns a'chupa a-mach.

1 Amy Carmichael, *If* (Fort Washington, PA: Christian Literature Crusade, n.d.) d. 46.

Page 9

Nam bithinn air mo lìonadh le mìlseachd agus sòlas, cha bhiodh e air diofar sam bith a dhèanamh. Shuidh mi an sin agus smaoinich mi air na rinn i. Bha aithne na b'fheàrr agam oir bha mi air an fhìrinn seo ionnsachadh roimhe mu shearbhachd. Ach a dh'aindeoin sin, bha mi a'smaoineachadh mun "pheacadh" aice-sa oir tha tlachd ann a bhith a'cur casaid an aghaidh an neach eile. Bidh cuid a'dèanamh seo airson bliadhnaichean.

Shuidh mi an sin airson beagan ùine agus an uairsin sheas mi agus chaidh mi chun taobh agamsa den leabaidh, chaidh mi air mo ghlùinean, agus thuirt mi, "A' Dhè, is e dìreach mi-fhìn as coireach ri seo. Is e mo shearbhachd a th'ann, agus mo pheacadh. Tha mi ga aideachadh, ga thriègsinn agus tha mi ag iarraidh maiteanas bhuat." Sheas mi agus thuirt mi, "Ach seall na thuirt i." Chaidh mi air ais air mo ghlùinean.

"A' Dhè, tha mi duilich airson na rinn mi. Tha mi a' gabhail ris an uallach. B'e mo pheacadh-sa a bh' ann agus mo pheacadh-sa a-mhàin." Sheas mi agus thuirt mi, "A' Dhè, tha fios agamsa agus agadsa cò as coireach." Chaidh mi air ais air mo ghlùinean. Dh'fhuirich mi air mo ghlùinean fad 45 mionaid gus am b'urrainn dhomh èirigh agus gun a ràdh, "Seall na thuirt i." Chan eil cuimhne agam a-nis dè a thuirt i, agus chan eil cuimhne agam dè a bha mi a'dèanamh aig an deasc. Chan eil cuimhne mhionaideach agam air. Is e an aon rud air a bheil cuimhne agam a bhith a' seasamh air mo chois. Ach tha fios agam mura bithinn air dèiligeadh ris an t-searbhachd *gum biodh cuimhne agam chun latha seo dè dha-rìribh a thuirt i.* Is e sin nàdur an t-searbhachd.

Mus faigh mi cuidteas dheth, feumaidh mi faicinn gur e olc a th'ann, agus gur e m'olc-sa a th'ann agus m'olc-sa a-mhàin. Chan fhaigh mi cuidteas dheth leis an neach eile ag ràdh gu bheil e duilich. Chan fhaigh mi cuidteas dheth ma stadas an neach eile no ma bhàsaicheas e. Chan fhaigh mi cuidteas dheth air dòigh sam bith eile ach le bhith ga ainmeachadh mar pheacadh an aghaidh an Dè naomh, ga aideachadh, agus a' faighinn maiteanas. Is e an

dUILGHEADAS A TH' ANN A BHITH FAIGHINN AIR DO SHÙILEAN A CHUMAIL AIR FALBH BHO PHEACADH AN NEACH EILE. Ach tha a bhith a' faicinn gur e an dUILGHEADAS AIGE-SAN A TH' ANN A' SEALLTAINN NACH E. Nam b'e an dUILGHEADAS AIGE-SAN A BHIODH ANN, AGUS GUM BITHINN-SA LÀN MÌLSEACHD IS SÒLAS, AGUS NAM BITHINN SEARBH, BHIODH DRAGH ORM MU DHEIDHINN AN NEACH EILE. DH' FHAODAINDH A RÀDH, "AN DUINE BOCHD SIN! SEALL NA RINN E. NAM BITHINN-SA AIR RUD MAR SIN A DHÈANAMH, BHITHINN A' FAIREACHDAINDH GROD. FEUMAIDH E BHITH GU BHEIL E A' FAIREACHDAINDH GU MATH GROD. THA MI A' SMAOINEACHADH GUM BU CHÒIR DHOMH A DHLAIDH GA CHUIDEACHADH." Ach mura h-e sin mar a tha mi a' FAIREACHDAINDH, tha mi searbh, agus se mo pheacadh-sa a th' ann, chan e am fear aige-san.

Tha mi a' creidsinn gu bheil am peacadh seo na fhìor bhacadh air dùsgadh san dùthaich seo. Nuar a thòisicheas Crìosdaidhean ag aideachadh an cuid pheacaidhean, bidh e comasach dhaibh peacaidhean dhaoine eile a mhaitheadh.

IÙIL STIÙIRIDH: Mar a bhithear saor bho shearbhachd

Biodh gach uile sheirbhe, agus corraich, agus fearg, agus gàrr-thaich, agus toibheum, air an togail uaibh, maille ris gach uile mhìorun. Agus bithibh coibhneil teò-chridheach da chèile; a' toirt maiteananais da chèile, eadhon mar a thug Dia maiteanas dhuibhse ann an Crìosd. Uime sin bithibh-se nur luchd-leanmhainn air Dia, mar chloinn ghràdhdaich; Agus gluaisibh ann an gràdh, eadhon mar a ghràdhdaich Crìosd sinne, agus a thug e e fhèin air an son, na thabhartas agus na ìobairt deagh-fhàile do Dhia. Ephesianaich 4:31-5:2

Ceistean beachdachaidh

1. Dè a th' ann an searbhachd?
2. An e peacadh a tha ann an searbhachd? Carson is e no carson nach e?
3. Ainmich suidheachadh na do bheatha a thug a-steach faireachdainnean searbha annad.
4. Dè a tha na bhunait airson searbhachd? An dèan meud an eucoir diofar sam bith?

Aon chomharra air shearbhachd se gum bi cuimhne air fiosrachaadh mionaideach. A thaobh na miltean de shuidheachaidhean agus de chòmhraidhean a ghabh àite nar beatha, is e am fear seo as ùire a tha fhathast nar cuimhne. Tha cuimhne againn air gu mionaideach, a' toirt a-steach gach facal a chaidh a chleachdad, gach sèis is atharrachadh sa ghuth. Tha seo mar thoradh air lèirmheas, lèirmheas is tuilleadh lèirmheas.

Page 10

5. Dè na fuasglaidhean a tha aig an t-saoghal airson cuidhteas fhaighinn de fhearg?
 - a.
 - b.

Is e a bhith gabhail ris gu bheil sinn searbh a' chiad cheum air faighinn cuidhteas den t-shearbhachd againn. Is e an t-adhbhar nach bi daoine a' dèiligeadh ri shearbhachd gu bheil iad den bheachd gur e peacadh an neach eile a th' ann.
6. Dè a tha Dia ag iarraidh oirnn a dhèanamh le ar cuid shearbhachd? (Seumas 3:14,15)
Tha e eu-comasach a bhith iochdmhor, teo-chridheach, agus searbh aig an aon àm.

An ath cheum: A' freagairt Facal Dhè

Smaoinich air suidheachadh nuair a bhios tu a' strì ri shearbhachd. Mura h-eil thu air a ghèilleadh don Athair, dèan sin, a' leigeil le gràs an Tighearna Íosa Crìosd do lìonadh. Bidh ag iarraidh

eòlas air ceumannan làimhseachail as urrainn dhut a ghabhail, le cuideachadh bhon Spiorad Naomh, gus a' chùis seo a rèiteach. *Thoir freagairt ann an gràdh le bhith a' leantainn lagh Chrìosd mu mhaiteanas. Bithibh coibhneil teò-chridheach da cheile, a' toirt maitheanas da cheile, eadhon mar a thug Crìosd maitheanas dhuibhse ann an Crìosd.* (Ephesianaich 4:32)

A' TOIRT MAITHEANAS DO DAOINE EILE

Jim Wilson

Agus mar sin nì m'Athair nèamhaidh ribhse, mura maith gach aon agaibh o ur cridheachan da bhràthair an cionta. (Mata 18:35)

Tha an Tighearna Ìosa Crìosd a' bruidhinn an seo, agus tha Esan a' teagasg an luchd-leantainn aige mu bhith toirt seachad maitheanas. Tha a' mhòr-chuid againn eòlach air cuideigin a' tighinn thugainn agus ag iarraidh maitheanas. Aig amannan eile tha sinne air a dhol a dh'iarraidh maitheanas. Tha grunn fhreagairtean cumanta ann airson nan iarrtasan sin, ach is e am freagairt as tric a chluinneas tu, "Chan eil rud sam bith ri mhaiteadh." A-nis faodaidh seo a bhith gu math gràsmhor, ach chan eil e mar sin idir. Chan eil ann ach dòigh air a bhith a' diùltadh maitheanas a thoirt seachad. Tha làn fhios aig an neach air an do dh'iarr thu maitheanas gu bheil feum agad air maitheanas fhaighinn. Ach tha iad fhathast a' cur an iarrtas gu aon thaobh le bhith ag ràdh, "O, chan eil rud sam bith ann ri mhaiteadh."

Is dòcha gu robh iad dha-rìribh den bheachd nach robh duilgheadas sam bith ann, ach chan ann mar sin as àbhaist a' chùis a bhith. Aig amannan canaidh iad, "Ceart gu leòr, tha mi a'toirt maitheanas dhut." Bidh iad ga ràdh airson gu feum iad a ràdh, ach chan e sin a tha an cridhe aca ag ràdh. Ach tha an teacsa ag iarraidh maitheanas bhon chridhe. Ann am briathran eile, tha fios aig Dia cò a tha dha-rìribh a' toirt seachad maitheanas, agus cò nach eil. Thathas ag ràdh rinn cuideachd gu bheil Dia gu bhith a' dèiligeadh rinn ann an dòigh sònraichte mura bidh sinn a' toirt seachad maitheanas bhon chridhe do ar bràithrean. Chan eil e ag àithne dhuinn na briathran ceart a ràdh. Eadhon ged a dhearbhadh tu e don neach a tha mu do choinneimh, cha dhearbh thu sin don Tì a tha a' sgrùdadh do chridhe. Tha fios aig Dia nuair a tha thu air maitheanas a thoirt bhon chridhe dha do bhràthair.

Chan urrainn dhuinn falach bhon Tighearna nuair a pheacaicheas sinn san dòigh seo. Tha ar cridheachan fosgalte agus rim faicinn Leis. Ma tha sinn a' diùltadh maitheanas a thoirt seachad, tha fios Aige air an sin. Tha fios aige air ar peacadh, agus tha làn fhios Aige air na tha air àithne na Phacal a thaobh maitheanas. Mar sin, dè a tha am Bioball a' teagasg mun dòigh anns am bi ar n-Athair nèamhaidh a' dèiligeadh rinn?

Air dol do Pheadar da ionnsaigh anns an àm sin, thubhairt e, A Thighearna, cia minic a pheacaicheas mo bhràthair am aghaidh, agus a mhaiteas mi dha? An ann gu ruig an seachdamh uair?' (Mata 18:21).

Bha dùil aige gu robh e a' faighneachd ceist a bha na ceist bhuadhach. *Thubhairt Ìosa, 'Chan abair mi riut gus an seachdamh uair, ach gu deich agus trì-fichead seachd uairean'* (Mata 18:22).

Nuair a thuirt Ìosa seo, a bheil thu a' smaoineachadh gu robh E a' ciallachadh a chuingealachadh gu trì-fichead seachd uairean? Am bi cothrom againn a chunntadh? A bheil cead againn cunntas a chumail de na nì sinn ceàrr? Uair sam bith a nì duine cunntas air dè cho tric 's a thug e seachad maitheanas, chan eil fior mhaiteanas ann. Nan tugadh tu maitheanas seachad dha do bhràthair bho do chridhe gach uair a rinn e peacadh nad aghaidh, bhiodh gach uair coltach ris a' chiad uair. Nuair a tha Ìosa a' teagasg mu nithean leithid a bhith a'tionndadh

a' ghèilean eile, bidh daoine ga chleachdad san dòigh cheàrr. Bidh iad ag ràdh, "Leigidh, leigidh mi leis buille a thoirt air a' ghèilean eile, ach ma bhuaileas e mi an treas uair, curridh mi chun làr e."

Ach nuair a bha ìosa a' teagast mu bhith a' tionndadh a' ghèilean eile, bha E gar teagast mu bhith a' déanamh sin bhon chridhe. Tha ìosa a' gabhail ris gu bheil an neach eile a'peacadh nad aghaidh. Tha e a' gabhail ris gu bheil an neach eile ceàrr seachd uairean, trì-fichead seachd uairean, no ceithir cheud is naoidhead uair. Ach ma tha thu a' cunntadh, chan eil thu a' toirt seachad maitheanas.

Air an adhbhar sin is cosmhail rioghachd nèimh ri rìgh àraighe lem b' àill cunntas a dhèanamh ra sheirbheisich. Agus nuair a thòisich e air cunntas a dhèanamh, thugadh aon da ionnsaigh air an robh aige deich mìle tàlann. Ach do bhrìgh nach robh aige nì leis an dioladh e, dh' àithn a thighearna e fhèin, agus a bhean, agus a chlann, agus na h-uile nithean a bha aige a reic, agus dioladh a dhèanamh. Air an adhbhar sin, thuit an seirbheiseach sin sìos, agus rinn e ùmhachd dhà, ag ràdh, A Thighearna dèan foighidinn rium, agus iocaidh mi dhut an t-iomlan. Air sin air do thighearna an òglaich sin truas mòr a ghabhail dheth, leig e a chead dha, agus mhaith e na fiachan dha.

Page 11

Ach nuair a chaidh an seirbheiseach sin fhèin a-mach, fhuair e aon de a cho-sheirbhisich air an robh aige ceud pèighinn: agus chuir e làmh ann, agus rug e air sgòrnan air, ag ràdh, Ioc dhomh na bheil agam ort.

Agus thuit a cho-sheirbheiseach sìos aig a chasan, agus ghuidh e air, ag ràdh, Dèan foighidinn rium, agus iocaidh mi dhut an t-iomlan. Agus cha b' àill leis-san sin: ach dh' imich e agus thilg e ann am priòsan e gus an iocadh e na fiachan. Agus nuair a chunnaic a cho-sheirbhisich na nithean a rinneadh, bha iad ro-dhuilich, agus thàinig iad, agus dh' fhoillsich iad dan tighearna gach nì a rinneadh.

An sin ghairm a thighearna air, agus thubhairt e ris, A dhroch sheirbhisich, mhaith mi dhut na fiachan ud uile, do bhrìgh gun do chuir thu impidh orm; Nach bu chòir dhutsa, mar an ceudna, tràcair a dhèanamh air do cho-sheirbhiseach fhèin, amhail a rinn mise tràcair ortsá? Agus ghabh a thighearna fearg, agus thug e don luchd-pianaidh e gus an iocadh e a fhiachan uile dha. Agus mar sin nì m'Athair nèamhaidh ribhse, mura maith gach aon agaibh o ur cridheachan da bhràthair an cionta. (Mata 18:23-35)

Nuair a gluais sinn bho bhàs gu beatha, chaidh maitheanas a thoirt dhuinn, agus bha na fiachan a chaidh an dubhadh às air leth mòr. Nuair a thàinig sinn gu bhith nar Crìosdaidhean, fhuair sinn maitheanas neo-chùmhñantach aig an àm sin. Bha sin na thiodhlac agus fhuair sinn e às aonais cùmhñant sam bith. Tha eadar-dhealachadh eadar maitheanas cùmhñantach agus maitheanas neo-chùmhñantach. Nuair a chaidh ar n-ùr-bhreith fhuair sinn maitheanas neo-chùmhñantach. Bha seo na mhaiteanas mòr coltach ri maitheanas an fhiach mhòr anns a' chosmhalachd. Ann an Colosianaich 3:13, tha e ag ràdh,

A' giùlan le chèile agus a' maitheadh da chèile, ma tha cùis-ghearin aig neach an aghaidh neach: mar a thug Crìosd maitheanas dhuibhse, mar sin dèanaibh-se mar an ceudna.

Mar sin ciamar a thug an Tighearna maitheanas dhuinn? Neo-chùmhñantach, agus thathas ag ràdh rinn maitheanas a thoirt seachad *mar a chaidh maitheanas a thoirt dhuinn*: gu neo-chùmhñantach. Ach, gu h-obann, nuair a thig e gu ar luchd-fiach, tha am maitheanas

cùmhnantach seo againn. Cuimhnich mar a tha ar n-Athair air nèamh a' dèiligeadh riuthasan a tha gan giùlan fhèin mar an droch shearbhant sa chosmhalachd.

Agus maith dhuinn ar fiachan, amhail a mhaitheas sinne dar luchd-fiach. (Mata 6:12)

Thug an Tighearna àithne dhuinn a bhith ag ùrnaigh san dòigh seo. Ach bidh sinn a' gearan, "A' Dhè, chan eil mi airson a bhith air mo mhaiteadh san dòigh seo. Ma thèid mo mhaiteadh san dòigh a tha mise a' maitheadh, tha mi ann an trioblaid mhòr." Tha an Crìosdaidh a tha ag ùrnaigh mar a chaidh àithne dha ag ùrnaigh airson maiteanas cùmhnantach. Ann an earrann ceithir deug, dìreach às deidh ùrnaigh an Tighearna, tha Ìosa ag ràdh, "Oir ma mhaitheas sibh an cionta do dhaoine, maithidh ur n-Athair nèamhaidh dhuibhse mar an ceudna. Ach mura maith sibh an cionta do dhaoine, cha mhò a mhaitheas ur n-Athair dhuibhse ur cionta." A bheil seo fior? Is e an Tighearna Ìosa Crìosd a thuirt e. Dh'fhaodadh cuideigin a ràdh, "Ciamar as urrainn seo a bhith? Tha sinn air maiteanas neo-chùmhnantach fhaighinn. A-nis tha Ìosa ag ràdh ma bheir mi maiteanas do dhaoine nuair a pheacaicheas iad nam aghaidh, gun toir m'Athair air nèamh maiteanas dhòmhsa cuideachd. Ach mura toir mi maiteanas do dhaoine airson am peacaidhean, nach toir m'Athair maiteanas dhòmhsa airson mo pheacaidhean. Tha sin coltach dhòmhsa ri maiteanas cùmhnantach."

Seo mar a tha e cùmhnantach. Thuirt Esan nuair a ghluaiseas sinn bho bhàs gu beatha gus deach fiach mòr a mhaiteadh dhuinn. An uairsin fhuair sinn stiùireadh gu math soilleir a bhith a'maitheadh mar a chaidh a mhaiteadh dhuinn. Fhuair sinn maiteanas gu neo-chùmhnantach, agus thathas ag innse dhuinn gu feum sinn maiteanas a thoirt seachad gu neo-chùmhnantach. Ma tha cuideigin a' toirt seachad maiteanas gu neo-chùmhnantach, cha bhith trioblaid sam bith aige a bhith ag ùrnaigh mar seo. "A' Dhè, thoir maiteanas dhomh mar a tha mi a' toirt seachad maiteanas." Gu dearbh, tha am maiteanas seo neo-chùmhnantach.

Chan eil breugnachadh sam bith ann don Chrìosdaidh a tha a' dèanamh na thathas ag ràdh ris. Tha dìreach coltas ann de bhreugnachadh nuair nach eil maiteanas air a shìneadh a-mach anns an aon dòigh 's a thathas ga fhaighinn. B'e seo an duilgheadas leis an t-seirbheisiche nach tug seachad maiteanas. Bha e air maiteanas fhaighinn, agus an uairsin thionndaidh e timcheall agus cha tug e maiteanas mar a chaidh a mhaiteadh dha. Is e aithris cumhachdach a tha seo. "Is ann mar seo a dhèiligeas m'Athair air nèamh riutsa mura toir thu maiteanas dha do bhràthair bho do chridhe, mar a thug mise maiteanas dhutsa bho mo chridhe." Mura toir mise seachad maiteanas, tha adhbhar math agam teagamh a chuir nam theàrnadh.

Uime sin ma pheacaicheas do bhràthair ad aghaidh, imich agus innis a lochd dha eadar thu fhèin agus esan a-mhàin: ma dh' èisdeas e riut, choisinn thu do bhràthair. Ach mura eisid e riut, thoir leat aon no dithis eile, a chum gum bi gach nì air a dhèanamh seasmhach ann am beul dithis no triùir fhianaisean. Agus ma dhiùltas e iadsan èisdeachd, innis don eaglais e: ach ma dhiùltas e an eaglais èisdeachd, biodh e dhut mar Chinneach agus mar chìs-mhaor. Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, Ge b' è air bith nithean a dh'fhuasglas sibhse air thalamh, bidh iad fuasgalte air nèamh. A-rìs tha mi ag radh ribh, Ma chòrdas dithis agaibh air thalamh mu thimcheall aon nì a dh' iarras iad, nithean seo dhaibh lem Athair-sa a tha air nèamh. Oir ge b' è àite anns a bheil dithis no triùir air an cruinneachadh ann am ainm-sa, tha mise an sin nam meadhon. (Mata 18:15-20)

Tha ceangal aig an earrann seo seo, a tha a' tighinn ron chosmhalachd air na rinn sinn sgrùdad, cuideachd ri maiteanas bhon chridhe. Ma pheacaicheas do bhràthair nad aghaidh, theirig thuige is seall dha uireasbhuidh dìreach eadar an dithis agaibh. Ma dh'èisdeas e, tha thu air taic do bhràthair a chosnad. Canaidh tu, "Uill, chan eil dùil agam gun tachair sin. Tha mi air sin fheuchainn. Pheacaich e nam aghaidh, agus bha mi cho feargach s gun deach mi thuige gus

an uireasbhuidh aige a shealltainn dha, ach cha do shoirbhich leam idir.” Tha seo fior seach nach deach thu thuige le maitheanas na do chridhe.

Page 12

Chan eil an teacsa seo a’ dèanamh mòran ciall do ghrunn dhaoine, oir chan urrainn dhaibh tuigse gun tèid cuideigin gu neach eile san dòigh seo. “Ciamar as urrainn dha duine innse dha cuideigin a tha air peacadh nad aghaidh dè a rinn e ort, agus a bhith an dùil gun coisinn thu a thaic? Tòisichidh e ga dhòn fhèin.”

Carson a bhiodh e ga dhòn fhèin? Seach gu bheil cuideigin a’ cuir casaid na aghaidh. Ach ma thèid cuideigin ann le maitheanas na chridhe – an co-dhùnadhbh deireannach den teachdaireachd seo – an uairsin cha bhith an co-dhùnadhbh cho casaideach. Cuiridh mi geall nach **tèid** a thaic a chosnadhbh ma thèid an neach ceartachaiddh thuige le searbhachd, naimhdeas no spiorad casaideach sam bith. Chan fhaod an neach ceartachaiddh a dhol thuige leis an t-suidheachadh sin. Chan fhaod sinn a dhol thuige ach nuair a tha maitheanas nar cridhe *ro làimh*. Chan eil am maitheanas seo gu bhith an urra ris an aithreachas aigesan idir. Tha mi cinnteach nach gabh esan aithreachas ach mura tèidear thuige le maitheanas bhon chridhe. Feumaidh sinn a dhol ann le gràdh is maitheanas. Ma dh’ èisdeas e, tha sinn air taic ar bràthair a chosnadhbh.

Ach mura èisd e, eadhon ged a chaidhear thuige san dòigh seo, bu chòir dhuinn duine no dhithis eile a thoirt còmhla rinn, daoine le maitheanas cridhe *acasan*. Chan ann mar seo as àbhaist seo tachairt. Thèid cuideigin air adhart le casaid, agus tòisichidh an neach eile ga dhòn fhèin agus cha tèid a thaic a chosnadhbh. Mar sin gheibhear taic bho dhithis eile aig a bheil aon thaobh den sgeulachd, agus thig iad agus bheir iad taic don neach-ceartachaiddh tùsail. Cha shoirbhich leothasan a bharrachd. Feumaidh maitheanas cridhe a bhith aig a h-uile duine gus nuair a dhiùltas an ciontach aithreachas a ghabhail, tha e soilleir gur e an duilgheadas *aigesan* a th’ ann. Ma dhiùltas e èisteachd, feumar an uairsin innse don eaglais. Gu dearbh, tha e deatamach cuideachd gum bi an eaglais làn maitheanas.

Tha eaglaisean ann a tha den bheachd gu bheil iad a’ cleachdadhbh smachd eaglais diadhaidh. Chan eil iad a’ dèanamh sin, oir tha uireasbhuidh anns an t-sealladh seo. Thèid iad don neach seo, cuiridh iad fa chomhair e, agus diùltaidh e gabhail ris. Gheibh iad grèim air dithis no triùir eile, agus cuiridh iad fa chomhair e, agus diùltaidh e gabhail riuthasan cuideachd. Ruagaidh an eaglais a-mach e an uairsin, ach chan eil maitheanas idir na chridhe. Ach is e aon de na h-amasan aig smachd eaglais, a bhith ag ath-aisig a’ chiontach. Ma dhiùltas e èisteachd ris an eaglais, thèid dèiligeadh ris mar ana-crìosdaidh no fear togail-chìsean.

Chan eil mi a’ creidsinn gun robh an Tighearna Ìosa Crìosd a’ ciallachadh mar a bu chòir páganach no luchd-togail chìsean a bhith air an làimhseachadh. Na bu thràithe, ann am Mata 5, tha Ìosa ag innse dhuinn a bhith a’ làimheachadh an fhìrean agus an neo-fhìrean mar a bhiodh an Athair – gu cothromach. Tha E ag ràdh rinn a bhith a’ gràdhachadh ar nàimhdean. Mar sin eadhon nuair a làmhicheas sinn iad mar phàganach agus luchd-togail chìsean, tha e fhathast na làimhseachadh gràdhach. Tha e direach a’ ciallachadh gu bheileas a’ beachdachadh orra taobh a-muigh a’ cho-chomainn, ach le gràdh agus maitheanas bhon chridhe. Chan eil iad direach ag iarraidh a’ mhaiteanas a tha daoine diadhaidh air a sgaoileadh bhon chridhe. Is ann mar thoradh air an teagasg seo a thog Peadar a’ cheist a lean chun chosmhalaichd. “Cò mheud uair a bu chòir dhomh maitheanas a thoirt dom bhràthair?”

“Tha an gràdh fad-fhulangach, agus coibhneil; cha ghabh an gràdh farmad; cha dèan an gràdh ràiteachas, chan eil e air a shèideadh suas. Cha ghiùlan e e fhèin gu mi-chiatach, chan iarr e na nithean sin a bhuineas dha fhèin, chan eil e so-bhrosnachaidh a-chum feirge, cha smaoinich e

olc sam bith.” (1 Cor. 13:4-5). Cha bhi gràdh a’ dèanamh sgòradh. Bidh cuid agaibh air abairt mar seo a chluinntinn taobh a-staigh pòsadh. Canaидh an duine no a’ bhean, “Bidh thu an-còmhnhadh a’ dèanamh seo, agus cha bhith thu uair sam bith a’ dèanamh siud.” Dè tha seo a’ ciallachadh? Tha cuideigin a’ cumail sgòr. Tha am Bioball ag ràdh gun a bhith a’ dèanamh seo uair sam bith. Bithear a’ cumail clàr de rudan ceàrr nuair a bhios cuideigin a’ cunntadh nan ciontan. Ach cha bhith maitheanas a’ dèanamh seo.

Dè bha Iosa a’ ciallachadh nuar a thuirt e, “Gach nì a cheanglas tu air thalamh thèid a cheangladh air nèamh...”? Tha seo a’ bruidhinn mu eaglaisean Chrìosdaidheil, làn maitheanas, a tha an sàs ann an aimm an Tighearna Iosa Crìosd. Tha iad a’ dèanamh mar a dh’iarr E orra a dhèanamh. An uairsin nuair a thig iad gu co-dhùnadhbh stèidhichte air Phacal, bheir E urram dha. Cha bhith E a’toirt urram dha air sgàth gu bheil an eaglais a’ cur foirmle an gniomh ann an dòigh innleachdach a choireigin. Ach ma thèid a dhèanamh le caractar agus gràdh an Tighearna Iosa Crìosd, agus gun tig a’ bhuidheann de chreidmhich maitteach gu co-dhùnadhbh cuideigin nach eil deònach a thighinn gu aithreachas a cheannsachadh, bidh Dia a’ toirt urram don seo ann an nèamh.

Bidh cuid de Chrìosdaidhean a’ cleachdadhbh an earrann mu dhithis no thriùir ag aontachadh mu rudeigin *a-mach às a’ cho-theacs*. Tha an earrann mu dheidhinn ceannsachadh eaglais agus a’ toirt maitheanas dha do bhràthair. Tha e direach eadar an sgeulachd a dh’ innis Iosa agus ceist Pheadar mu dè cho tric ‘s a bhiodh aige ri maitheanas a thoirt seachad. Mar sin nuair a chruinnicheas dithis no triùir na Ainm-sa, bidh an Tighearna Iosa Crìosd nam measg. Tha seo a’ buntainn ri co-dhùnaidhean mu bhith a’ toirt maitheanas do dhaoine a tha air peacachadh nad aghaidh.

Chì thu an dàimh a tha eadar seo agus searbhachd. Is e dìth maitheanas dha-rìribh a th’ann an searbhachd. Tha e ag ràdh gun do rinn cuideigin rudeigin orm, agus chan eil mi a’ dol a thoirt maitheanas dhaibh. Ach gu dearbh cha bhith searbhachd a’ smaoineachadh air fhèin mar pheacadh; cha bhith e a’ faicinn ach peacadh an neach eile. Mar sin ann an aon seagh, tha maitheanas aon-thaobhach. Ann an aon seagh, thug Iosa Cròsd maitheanas dhuinn uile mus do ghabh sinn aithreachas. Cha do thòisich e a bhith gniomhach gus an d’fhuair sinn e. Ach cha robh Dia shuas ann an nèamh a’ faireachdaiinn diombach gus na għluais sinn gu bhith a’ gabhail aithreachas.

Chan eil Esan shuas an sin a’ faireachdaiinn searbh gus an gabh sinn aithreachas. Tha maitheanas Aige na chridhe mus sealbhaich sinn e. Tha maitheanas aon-thaobhach aig Dia, agus tha e ag iarraidh maitheanas aon-thaobhach bhuainne a dh’ionnsaigh neach sam bith eile a pheacaicheas gu bràth nar n-aghaidh. Bidh sinn a’smaoineachadh mun rud a rinn an neach eile *oirnn*, no a thuirt e *rinn*, agus gu dearbh chan eil gnothach aig a’ chuis gu h-iomlan ri rud sam bith a rinn no a thuirt an neach eile.

Nuair a tha maitheanas bhon chridhe aig a’ Chrìosdaidh, bidh e a’ gabhail cùram mun neach eile a pheacaich na aghaidh. Chan eil e a’ gabhail cùram mu dheidhinn fhèin. Ach tha sinn coltach ri Peadar. “Gu cinnteach, a’ Thighearna, Bheir mi maitheanas dha seachd uairean, ach ma għluiseas e gu ochd, tha e ann am fior dhuiġħeadas.” Ach cha bhith fior mhaitheanas a’ cumail cunntais. Ma tha e dualtach dhut a bhith a’ cumail cunntais taobh a-staigh no taobh a-muigh an teagħlaich, tha e dualtach nach eil thu a’ toirt seachad maitheanas. Agus thuirt Iosa gum biodh Athair air nèamh a’ lāimhseachadh gach duine againn le dìth maitheanas mura toir sinn maitheanas seachad bhon chridhe.

Thoir maitheanas dha do bhràthair bho do chridhe. “Uill, chan eil maitheanas agam nam chridhe.” Mar sin, cò aig a tha feum air maitheanas?

Is e am fear a tha feumail air maitheanas an aon fhear aig a bheil an dìth gràdh seo, an fhuath seo, an droch bheachd seo, an diomb seo, no nì sam bith eile. Chan urrainn dhut a bhith air gach taobh. Chan urrainn dhut dìth maitheanas a bhith nad chridhe agus a bhith aoibhneach san Tighearna.

Tha e comasach dìth maitheanas a bhith nad chridhe agus fhathast a dhol do eaglais agus a bhith a' seinn. Ach is ann meallta a tha sin! Tha an t-seinn meallta. Faodaidh tu toirt air daoine seinn, ach nuair a tha daoine glan cha bhith feum air toirt orra seinn. Ach bidh daoine a' seinn gu deònach bho chridhe làn. Carson? Seach gu bheil cridheachan glan aca. Tha eadar-dhealachadh mòr eadar a bhith a' seinn air sgàth gu bheil thu aoibhneach san Tighearna, agus a' seinn airson aoibhneas fhaighinn. Bidh cuid de Chrìosdaidhean a' dol don eaglais gach Sàbaid agus a' seinn airson aoibhneas fhaighinn. Tha an aoibhneas a' tighinn gu crìch nuair a thig an t-seinn gu crìch, oir tha neo-ghlaine nan cridhe. Bhiodh sinn uile airson smaoineachadh gu bheil sinn cho math agus gur ann aig an neach eile a tha an duilgheadas. Is dòcha nach ann mar sin a tha cùisean. Tha cho math dhutsa gabhail ris gur ann agadsa a tha an duilgheadas mu dhìth maitheanas.

Ma tha maitheanas aig Crìosdaidh na chridhe, bidh e a' dèanamh gàirdeachas ge bith dè cho ceàrr sa bha an neach eile no ge bith dè cho mòr sa pheacaich an neach eile na aghaidh. Ach ciamar a nochdas tu maitheanas dha cuideigin nuair a dh'fheumas tu a bhith gu math cruaidh leis nach eile thu ag aontachadh ris an dòigh beatha aca? Gu dearbh chan eil sin cho duilich. Ma tha maitheanas agad nad chridhe, bidh fios aca air an sin a dh'aindeoin dè cho cruaidh sa tha thu. Bidh fios aca bho fuaim do ghuth. Tha daoine ag aithneachadh nuair a tha gràdh agad orra. Is urrainn dhaibh aithneachadh nuair a tha thu cruaidh leis gu bheil thu searbh agus aithnichidh iad nuair a bhios tu ga dhèanamh a-mach à gràdh. Is e an aon rud às am feum thu a bhith cinnteach, an dòigh anns am bi thu a' bruidhinn. Cha leig thu a leas dragh a bhith ort ciamar a ghabhas iad ris. Fàg sin aig an Tighearna.

Is dòcha nach gabh iad ris, ach aithnichidh iad an eadar-dhealachadh. Bho àm gu àm, tha agam ri bhith glè chruaidh a' dèiligeadh ri daoine. Aon uair, o chionn 35 bliadhna, bha duine air a dhòchas a chur san Tighearna bhon Mhàrt roimhe sin. Bha e air a bhith na Chrìosdaidh bho bha e san dàrna bliadhna san sgoil, ach b' ann san àrd-bhliadhna aige a chuir e a dhòchas dhà-rìribh san Tighearna. Dh' fhaighnich a dhuinn am faodadh e fuireach còmhla rinn san dachaigh againn tron t-samhradh às deidh dha ceumnachadh. Għluais sinn a' chlann againn fhìn timcheall agus għluais esan a chuid stuth don taigh againn san Īġi. Bha mo bhean a' cur a' chlann dhan leabaidh, agus bha sinn shiøs san t-seðmar-suidhe. Dh' fhaighnich mi dha ciamar a bha cùisean a' dol. Thuirt e, "Chan eil ro mhath." "An e an aon dhuilgheadas a th'ann sa bha agad roimhe?" Thuirt e, "Se." "An aon nighean?" Thuirt e gur e an aon nighean a bh'ann.

Dh' fhaighnich mi dha an robh cuimhne aige cho iongantach sa thug Dia maitheanas dha anns a' Mhàrt? Thuirt e, "Bha e iongantach. Bha aoibhneas mòr is sìth ann." Thuirt mi, "Uill, Is urrainn Dha a dhèanamh a-rithist. Nach dèan sinn ùrnaigh sa mhionaid. Dh' fhaodadh tu aithreachas a dhèanamh, maitheanas iarraidh agus a bhith air d'ùrachadh." Thuirt e, "Cha dèan." Thuirt mise, "Uill, tha e fior." "Tha, tha fios agam. Chunnaic me e a' tachairt. Tha fios agam gun dèan e e a-rithist, ach chan eil mi buileach deiseil." Thuirt mise, "Uill, chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil thu a' tuigsinn. Gu dearbh chan eil roghainn agad. Tha fios nas fheàrr agad. Feumaidh tu a bhith air d'ùrachadh an-dràsta fhèin." Thuirt e, "Cha dèan; Nì mi e uaireigin, ach chan ann an-dràsta." "Uill, tha mi a' smaoineachadh gum feum mi innse don eaglais gu bheil thu beò ann am peacadh." "Dh' innseadh tu don eaglais na tha mi air innse dhut ann an diomhaireachd?" "Cha robh fios agam gur ann an diomhaireachd a bha e, agus cha robh

fios agam dè a bha thu a' dol a dh'innse dhomh, agus cha robh fios agam nach robh thu gu bhith a' dèanamh aithreachas às deidh dhut innse dhomh.

Tha Dia ag innse dhomh a thoirt don eaglais oir chan eil sinn gu bhith ann an co-chomann riut. Chan eil sinn gu bhith ag ithe còmhla riut. Tha am Biòball ag innse dhuinn mar a bu chòir dhuinn dèiligeadh ri fear a tha ga ainmeachadh fhèin mar bhràthair ach a tha na dhrùisear. Chan eil an eaglais glè dhiadhaidh, agus mar sin is dòcha gun cuir iad a-mach mi airson a bhith ri gobaireachd. Ach, a dh'aindeoin sin, tha am Biòball ag innse dhomh gum bu chòir dhomh innse dhan eaglais. Innsidh mi cuideachd do dh'Aonaidh Crìosdaidh an Oifigeir agus cha bhi teagamh sam bith orra. Cuiridh iad a-mach thu cho sgiobalta 's nach bi e idir èibhinn."

Dh'fhàs e feargach. Thuirt mi ris gun robh aon dhuilgheadas eile ann. "Ann an Corintianaich 1:5, tha e ag ràdh nach bu chòir dhuinn ithe còmhla riut. Chan eil e ceadaichte dhuinn a bhith ann an co-chomann ri daoine a tha mì-mhoralta agus a tha gan ainmeachadh fhèin mar chreidmhich. Ma dh'ainmicheas duine e fhèin mar bhràthair agus a tha beo mar seo, chan fhaod sinn eadhon ithe còmhla ris. Ach tha thu airson gum bi mi eas-ùmhìlachd ri Dia air sgàth nach eil thu gu bhith a' dèanamh aithreachas. Tha thu airson gun ith mise còmhla riut agus gum bi co-chomann agam riut fhad 's a tha thu a' diùltadh aithreachas a dhèanamh. Tha thu mu thràth air do chuid stuth a ghluasad a-steach, agus mar sin faodaidh tu fuireach airson na h-oidhche. Ach mura h-eil thu ceart leis an Tighearna anns a' mhadainn, tha mi airson gum bi thu a-mach às an taigh ro àm bracaist, agus chan eil mi airson gum bruidhinn thu ri mo bhean mo mo chlann."

Dh'fhàs e gu math feargach. Thuirt mi, "Tha gràdh mòr agam ort. Tha fios agad gu bheil gràdh mòr agam ort. Faodaidh tu fuireach an seo fad an t-samhraidh ann an co-chomann, ach cha bhith thu ag ithe bracaist an seo sa mhadainn mura h-eil thu ann an co-chomann." Bha fios aige gu robh gràdh agam dha agus nach robh mi diombach dheth. Bha fios aige gur e fior ghràdh a bha agam dha. Ach nam bithear air an aon rud a ràdh le seòrsa de dhroch-rùn searbh, bhiodh e air a bhith ceàrr.

Bha e ceart le Dia ro àm bracaist, agus dh'fhuirich a còmhla rinn fad an t-samhraidh. Mar sin, chan eil maitheanas an aghaidh ceannsachadh diadhaidh. Ma tha ceannsachadh ann, chan eil sin a' ciallachadh gu bheil dìth maitheanas ann. Caith uine ann an uaigneas ri Dia ann an taigh glan. Ma tha dad de dhìth maitheanas ann an aghaidh neach sam bith eile, thoir maitheanas dha bho do chridhe. Tha Dia gu math sgiobalta gus dèiligeadh ri do dhàimh Ris. Tha e deas gu bhith a' toirt seachad maitheanas.

Page 14

IÙIL STIÙIRIDH: A' toirt maitheanas do dhaoine eile

Air dol do Pheadar da ionnsaigh anns an àm sin, thubhairt e, A Thighearna, cia minic a pheacaicheas mo bhràthair am aghaidh, agus a mhaiteas mi dha? An ann gu ruig an seachdamh uair? Thubhairt lòsa ris, Chan abair mi riut gus an seachdamh uair, ach gu deich agus trì-fichead seachd uairean. Mata 18:21-22

Ceistean beachdachaidh

1. Thoir cunnatas air suidheachadh nuair a rinn cuideigin peacadh nad aghaidh agus an uairsin air iarraidh maitheanas ort. An robh e comasach dhut maitheanas a thoirt don neach sin bho do chridhe?
2. Thoir cunnatas air suidheachadh nuair a rinn cuideigin peacadh nad aghaidh a-rithist 's a-rithist agus an uairsin a dh'iarr maitheanas ort. An robh e comasach dhut maitheanas a thoirt don neach sin bho do chridhe?

*Dh'fhaighnich Peadar dha Íosa an robh seachd uairean gu leòr airson maitheanas a thoirt do neach. Dh'fhreagair Íosa, 'Deich agus trì-fichead seachd uairean,' a' ciallachadh nach bu chòir dhuinn cunntas a chumail air cò mheud uair a bheir sinn maitheanas dha cuideigin. Nan dèanadh sinn sin, agus gur e seachd uairean san latha a bha ann, bhiodh sinn air ar buaireadh gun maitheanas a thoirt seachad. Bu chòir dhuinn an còmhnaidh maitheanas a thoirt seachad dhaibhsan a tha ag ràdh gu bheil iad a' gabhail aithreachas, ge bith dè cho tric sa dh' iarras iad sin. Chan fhaod sinn breith a thoirt mu bheil e **dha-rìribh** a' dèanamh aithreachas.*

Ma pheacaicheas do bhràthair ad aghaidh, cronaich e; agus ma ghabhas e aithreachas, thoir maitheanas dha. Lucas 17:3

3. Dè bhios cosmhalachd an neach-fiach gun aithreachas a' teagasg dhuinn mu aithreachas cùmhantach mu choinneimh aithreachas neo-chùmhantach?
4. Tha Íosa gar teagasg mun dòigh anns an dèan sinn ùrnaigh ann am Mata 6:5-15. Dè an aon chùmhant a tha E a' cur air ar n-aithreachas ann an earrannan ceithir-deug agus còig-deug?
5. Dè an stiùireadh a tha Íosa a' toirt dhuinn airson dèiligeadh ri daoine a bhios a' peacadh nar n-aghaidh? Cò dha a bha an stiùireadh seo gu bhith a' buntainn? (Mata 18:15-20)

Chan eil maitheanas gu bhith an urra ri aithreachas a' chiontaich. Cha bhi e a' gabhail aithreachas mura bithear a' dol thuige le maitheanas bhon chridhe.

6. Dè a tha Íosa a' teagasg dhuinn mun fheadhainn a bhios a' diùltadh èisteachd ri eadhon an eaglais? Ciamar a tha dàimh eadar seo agus searbhachd?

Nuair a bhios maitheanas aig a' Chrìosdaidh bhon chridhe, bidh dragh air mun neach a pheacaich na aghaidh. Cha bhith dragh air mu dheidhinn fhèin.

An ath cheum: A' freagairt Facal Dhè

Tha 1 Corintianaich 13:4-5 ag ràdh "Tha an gràdh fad-fhulangach, agus coibhneil; cha ghabh an gràdh farmad; cha dèan an gràdh ràiteachas, chan eil e air a shèideadh suas. Cha ghiùlan e e fhèin gu mì-chiatach, chan iarr e na nithean sin a bhuineas dha fhèin, chan eil e sobhrosnachaiddh a-chum feirge, cha smaoinich e olc sam bith." Cha bhith gràdh a' cumail cunntas. Ma tha daoine na do bheatha air a bheil thu a' cumail cunntas, thoir seachad do chairt cunntais do Dhia. Iarr maitheanas Dhè gus an tig thu gu bhith a' tuigsinn am maitheanas a tha Aigesan. An uairsin freagair gairm Dhè a bhith a' toirt seachad maitheanas bhon chridhe.

Page 15

Fearg an duine

Heather Wilson Torosyan

Agus thubhairs an Tighearna ri Càin, Carson a tha fearg ort? Agus carson a thuit do ghnùis? Ma nì thu gu math, nach gabhar riut? (Genesis 4:6-7)

Tha cuideigin air do chàr a phronnadh, agus tha thu feargach. Bha e sia bliadhna deug agus mì-fhaiceallach. Tha thu feargach mun bhalach, mu chlann ionlan an latha 'n diugh, agus mun t-siostam a leigeas leis an leithid de dhaoine gun uallach a bhith am muigh air na sràidean. Agus os cionn a h-uile nì, tha Crìosdaidh a choireigin a' tighinn thugad agus ag ràdh riut a bhith a' cur air falbh gach fuath is fearg. Uill, tha sin gu leòr dhut. *Abairtean gun smuain! Tha sin furasta dhasan a ràdh. Co-dhiù, tha am Bioball ag ràdh gum faod thu a bhith feargach. Dh'fhàs Íosa feargach nuair a sgiùrs e an luchd-reic a-mach às an teampall. Agus co-dhiù, chan eil e math dhut a bhith a' cumail fearg a-staigh; tha e nas fheàrr a bhith dearbhte na bhith cealgach.*

Cumaidh na leisgeulan agus na dearbhaidhean a' dol agus a' dol. Bidh thu a' feuchainn ri toirt ort fhèin gun robh e ceart gu leòr a bhith a' dol feargach. Tha mi amharasach gu bheil sinn uile air na leisgeulan sin a chluinntinn agus an cleachdad. Ma tha duine cho gòrach agus gu bheil e a' feuchainn ri innse nach biodh Dia airson gum biodh sinn feargach, bidh sinn direach ga chuir air an liosta againn mar adhbhar airson a bhith feargach. Bidh cuid de dhaoine a' fàs feargach air sgàth mar a chanadh sinn rudan beaga (m.e. na rudan nach bi a' cur dragh ort): a bhith neo-èifeachdach san oifis, cuideigin a' draibheadh gu h-obann a-steach do dh'aite paircidh romhad, an dòigh sam bi cèile a' fàgail na socais aige air an lèr, no a' bhean a bhios an còmhnaidh fadalach. Nach eil e iongantach na rudan a bhios a' cur cais air daoine?

Bidh cuid eile a' fàs feargach mu rudan a tha "nas cothromache" rudan leithid goirt san t-saoghal, casg-breith, cogadh, dìth chòraichean siobhalta, no lethsprèidh. Tha mòran adhbharan eile ann a dh'fhaodadh fearg adhbhchrachadh, adhbharan a tha cho fa-leth ri làraichean-meòir. Ach ge bith dè a dh'adhbhraicheas ar fearg, tha rudan gu math cinnteach aig a' Bhìoball ri ràdh mu dheidhinn fearg. Is e an dearbhadh as tric a bhithear a' cleachdad, *Tha am Bioball ag ràdh rinn a bith feargach*. Uill, tha e, gu dearbh ag ràdh, "Biodh fearg oirbh..." (Eph. 4:26.). Ach is ann an sin a bhios daoine gu math tric a' stad. Bidh iad a' cur gu aon taobh an ath phàirt a tha ag ràdh, "agus na peacaichibh." Tha Crìosdaidhean gu tric glè mhath a thaobh a' chiad pàirt den àithne, ach rudeigin lag mun dàrna pàirt. Tha an earrann a' cur an dàrna cùmhnanis ris an àithne, "na laigheadh a' ghrian air ur corraich."

Tha earrannan eile ann a dh'fhaodadh a mhìneachadh mu bhith a' ceadachadh fearg. "Biodh gach duine ealamh a chum èisdeachd, mall a-chum labhairt, mall a-chum feirge." A-rithist, tha sin a' comharrachadh mura caill thu smachd air d'fhearg, gu bheil sin ceart gu leòr. Ach a-rithist, tha an abairt a leanas a' cur beagan solais air a' chuspair. "Oir chan obraich fearg duine fireantachd Dhè" (Seumas 1:19,20).

Is dòcha, a-rèist, gu bheil e ceart a bhith feargach

1. Mura dèan sinn peacadh.
2. Mura tèid sinn a' chadal leis.
3. Mas ann o Dhia a tha an fhearg an àite a bhith bhon duine.
4. Ma choileanas e fireantachd.
5. Mas ann mall a bhios e.

A bheil faireachdaiann agad ma thèid na cumhachan sin a choileanadh, gun deidheadh ìre feirge a ghearradh gu mòr? Is e aithris eile bhon Bhìoball ris am bithear a' toirt aire nuair a għlan ħosa an teampall (Mata. 21, Eòin 2). Is e earrann dhuilich a tha seo airson a chleachdad mar theacs dearbhte, oir is ainneamh a tha an fearg cho fireantach. Eadhon ged nach eil an earrann uair sam bith ag ràdh gun robh ħosa feargach, a dh'aindeoin sin chì sinn mar a tha e rèidh ri codhiù ceithir de na còig chumhachan. Bha coltas ann gu robh Dia feargach oir cha robh adhbhar na feirge san taobh a-staigh. Bha e a' sgiùrsadh teampall Dhè. B'e fireantachd a bha na cho-dhùnad.

Seach gun robh e bho Dhia, cha b'e peacadh a bh'ann. Thàinig e slaodach gu leòr gus leigeil Leis cuip a dhèanamh. Faodaidh sinn a ràdh, gu robh e coltach nach do laigh a' ghrian air A chorraich. Mura h-eil sinn airson a bhith a'dèanamh coimeas eadar ar fearg is fearg Chriosd, dh'fhaodadh sinn gu dearbh an cleachdad *Chan eil thu a' tuigsinn* a chleachdad. Is dòcha nach eil mi a' tuigsinn, ach gu cinnteach tha Crìosd a' tuigsinn.

"Oir chan eil Àrd-shagairt againn nach eil comasach air co-fhulangas a bhith aige ri ar n-anfhainneachdan; ach a bhuaireadh anns na h-uile nithean air an dòigh cheudna rinne, gidheadh às eugmhais peacaiddh" (Eabhr. 4:15). Tha co-fhulangas aig Crìosd ri ar laigse, ach chan eil e a' tighinn gu crich an sin; Bheir e dhuinn gràs a-chum cobhair ann an àm feuma (e.16). Nam

biodh sinn na b' ionnsaichte, dh' fhaodadh sinn a ràdh gum biodh e na b' fheàrr dhar n-inntinn gun deidh ar fearg a leigeil ma sgaoil. Dh' fhaodadh fearg a thèid a chumail a-staigh neasgaidean a thoirt dhuinn. Gu dearbh, ma leigeas sinn ar fearg a-mach, dh' fhaodadh gum faigh cuid eile na neasgaidean. Is ann ainneamh a bhuaileas e air daoine gum faodadh treas roghainn a bhith ann, se sin, a' toirt ar cuid fearg gu Dia. Chan eil seo a' ciallachadh a bhith a' leigeil a-mach ar fearg do Dhia ("dearbhteachd"). Tha e a' ciallachadh a bhith ag aideachadh do Dha gu bheil thu feargach, agus mura h-eil e a' dol a choileanadh Fhireantachd-sa, nach eil thu ga iarraidh.

Leis an aidmheil seo, thèid ar fearg a thoirt air falbh bhuainn, faodaidh sinn leantainn air ar beatha ann an glòir Dhè, agus chan fhaigh duine neasgaidean. Tha na beagan chomharaidhean sin anns na Scriptairean gu bheil fearg ceart gu leòr ann an cuid de shuidheachaidhean, ach tha e ag ràdh mòran a bharrachd mu cho góirach 's a tha fearg agus cho peacach 's a tha e.

"Ach a-nis cuiribh uaibh na nithean seo uile: fearg, corraich, mìorun, toibheum, cainnt shalach às ur beul." (Col. 3:8). Tha "fearg" air ainmeachadh mar aon de dh'obraighean na feòla ann an Galàtianaich 5:20. "*Dùisgidh duine feargach aimhreit, agus bidh fear na corraich pailt ann an eusaontais.*" (Gnàth-fhacail 29:22) ". . . ach esan a tha dian na spiorad, àrdaichidh e amaideachd." (Gnàth-fhacail 14:29)

Tha mòran ri ràdh sna Gnàth-fhacail mun chuspair. Mas e 's gu bheil thu a-nis dearbhte nach ann o Dhia a tha d'fhearg agus gu bheil thu airson cuidteas fhaighinn dheth. Ciamar a thoisicheas tu? An-toiseach, tha e math a bhith a' faicinn cò às a tha an fhearg agad air a thighinn:

Page 16

Bheir duine math nì math a-mach à deagh ionmhas a chridhe; agus bheir droch dhuine nì olc a-mach à droch ionmhas a chridhe: oir is ann à pailteas a chridhe a labhras a bheul. (Lucas. 6:45)

Is e a tha sinn a' faicinn an seo gu bheil toradh ar beatha air a ghineadh bho shuidheachadh ar cridhe. Mas e stòras olc a tha nar cridhe, is e olc a thaomas a-mach às. Mas ann mar sin a tha cùisean, feumar dà cheum a ghabhail. Tha a' chiad fhear air ainmeachadh ann an Salm 139:23-24, "Rannsaich mi a Dhè, agus aithnich mo chridhe; dearbh mi, agus tuig mo smuaintean. Agus amhairc a bheil slighe olc air bith annam, agus treòraich mi anns an t-slighe shìorraidh." Tha sinn feumach air sgrùdadhbh-cridhe Dhè.

Is e an dàrna fear peacaidhean ar cridhe aidmheil mu choinneimh Dhè, "Ach ma għluaiseas sinn anns an t-solas, mar a tha esan anns an t-solas, tha comann againn ri chèile, agus glanaidh ful ħosa Crìosd a Mħac sinn o gach uile pheacad... Ma dh' aidicħeas sinn ar peacaidhean, tha esan firinnejah agus ceart, a-chum ar peacaidhean a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fħireantachd." (I Eòin 1:7, 9). Falbhaidh an fhearg bho ar cridheachdan mar an luchd-reic san teampall.

Aon uair 's gu bheil ar cridhe glan, bu chòir dhuinn a lìonadh leis a h-uile seòrsa de nithean math. Tha nithean a tha fior, urramach, ceart, fiorghlan, ion-ghrāidh, ionmholta, deagh-bheus, airidh air moladh a-measg na tha Pòl a' moladh ann am Philipianaich 4:8. Faodar seo a mhìnneachadh cuideachd mar ath-nuadhachadh ur n-inntinn (Rom. 12:2).

A bheil a' bheachd mu bhith a' cur air falbh gach fearg coltach ri bhith eu-comasach dhut? Nam biodh e direach an urra rinn fhìn smachd foirfe a chumail, bhiodh a' bheachd eu-comasach. Ach taing Dhasan nach ann mar sin a tha e.

A-nis dhàsan a tha comasach air ur gleidheadh o thuisleadh, agus ur cur gu neo-lochdach an làthair a ghloire le aoibhneas ro-mhòr... Amen. (Iùdas 24)

*Not: Aig àm far a bheil uimhir de bhruidhinn mu ìsleachd fèin-ghràdh, chan eil e a' bualadh air daoine gum faodadh **cus** gràdh a bhith aig neach air fhèin. Chan ann ann a bhith a' dion dhaoine eile a tha a' mhòr-chuid de fhearg air a ghineadh. Is e a th'ann ach freagairt air adhbhrachadh le bhith a' dèanamh cus gràdhachadh ort fhèin. "Tha mi ro shnog, no ro chudromach airson a bhith air mo làimhseachadh san dòigh seo. "Mar sin, fearg. Ma tha an fhearg "air bhoil" tha seo na chomharra air neo-Chriòsdaidh. Bidh Iosa gar saoradh bho liosta de dh'obraichean na feòla ann an Galàtianaich 5:19-21 agus gar saoradh a-steach gu toraidhean an Spioraid ann an Galàtianaich 5:22-23. Ma tha fios agad gu **bheil** thu nad Chriòsdaidh agus gu bheil thu "air bhoil le fearg" feumar iad sin aideachadh agus an trèigsinn an-diugh. J.W.*

IÙIL STIÙIRIDH: Fearg an duine

Agus thubhairs an Tighearna ri Càin, 'Carson a tha fearg ort? Agus carson a thuit do ghnùis? Ma nì thu gu math, nach gabhar riut?' Genesis 4:6, 7

Ceistean beachdachaidh

1. Ciamar a dh'aithnicheas cuideigin gu bheil thu feargach?
2. Thoir cunntas air an turas mu dheireadh a bha thu air leth feargach.
3. Dè a tha Ephèsianaich 4:26 ag ràdh mu dheidhinn fearg?

Oir chan obraich fearg duine fireantachd Dhè. (Seumas 1:20)

4. Dè a tha Dia ag ràdh mu ghòraich fearg agus cho peacach sa tha e?

Colosianaich 3:8

Galàtianaich 5:20

Gnàth-fhacail 29:22

Gnàth-fhacail 14:29

5. Cò às a tha d'fhearg a' tighinn?

Bheir duine math nì math a-mach à deagh ionmhas a chridhe; agus bheir droch dhuine nì olc a-mach à droch ionmhas a chridhe: oir is ann à pailteas a chridhe a labhras a bheul. (Lucas 6:45)

6. Tha toradh ar beatha air a ghineadh bho shuidheachadh ar cridhe. Ma tha stòras olc nar cridhe, is e olc a thig a-mach às. Dè an dà cheum a dh'fheumaist a ghabhail ma tha thu airson cuidheas fhaighinn den fhearg agad?

Ceum a h-aon:

Ceum a-dhà:

An ath cheum: A' freagairt Facal Dhè

Ma tha sinn deònach ar fearg a leigeil dhinn do Dia agus ar peacaidhean aideachadh, tha Dia a' gealltainn cridhe glan a chruthachadh annainn. *Smaoinich* air mar a tha thu a' dèiligeadh ri fearg. *Iarr* air Dia do chridhe agus do smuaintean a sgrùdad, gus dòigh oilbheumach sam bith annad a nochdad. *Freagair* le bhith a' leigeil le Dia smachd a ghabhail ort gus an dèan E "...mo threòrachadh anns an t-slighe shiorraidh." (Salm 139:24)

AIR BHOIL LE FEARG

Jim Wilson

A-nis tha obraichean na feòla follaiseach, as iad seo, adhaltranas, striopachas, neo-ghlainne, macnas. Iodhal-adhradh, draoidheachd, naimhdeas, connsachadh, co-fsharpais, fearg, còmhstri, aimhreit, saobh-chreideamh. Farmad, mortan, misg, raoidhteireachd, agus an leithidean sin; mum bheil mi ag innse dhuibh ro-làimh, mar a dh'innis mi dhuibh cheana mar an ceudna, nach sealbhaich iadsan a nì an leithidean rioghachd Dhè. (Galatianaich 5:19-21)

Ach is e toradh an Spioraid gràdh, aoibhneas, sìth, fad-fhulangas, caomhalachd, maitheas, creideamh, macantas, stuaim: an aghaidh an samhail sin chan eil lagh. Agus iadsan as le Criosd, cheus iad an fheòil, maille ri a h-an-tograidhean agus a h-ana-miannan. Mas beò dhuinn anns an Spiorad, gluaiseamaid anns an Spiorad mar an ceudna. (Galatianaich 5:22-25)

Tha mi air a bhith nam fhianais air ioma fearg air bhoil a bha gu math “eagallach”: Aon uair chaidh mi a thadhal air teachdaire a bha air a bhith ain-dileas. Bha e air a thighinn gu taigh gluasadach a bhean airson tadhail air na nighnean deugaire aige. Cha do dhèilig e riumsa ann am fearg, ach gu h-obann às deidh sin chaidh e “air bhoil le fearg” an aghaidh a bhean agus aon nighean. Nuair a dh’fhàg e, bha e fhathast cho cunnartach ‘s gun għlas mi an doras. Thill e agus bhual e an doras cho cruaidh ‘s gun thòisich an dachaigh a’ dol air chrith. Phòs e am boireannach eile. Deich bliadhna às deidh sin għabb e aithreachas.

O chionn iomadach bliadhna chaidh mi fhìn agus Bessie còmhla an dòchas gun dèanadh sinn rête eadar cupall pòsda. Bha “am boireannach eile” ann an sin. Chaidh am “boireannach eile seo” às a ciall. Cha deach duine a ghortachadh. Thug i a fearg a-mach air a’ chàr. Cha b’e Criosdaidh a bh’inne.

Uair eile, thàinig duine a-steach don bhùth gus innse dhomh, agus e air bhoil le fearg, gun robh e a’ dol a mharbhadh a bhean. Fhuair sinn air a bhean fhalach gus an d’fhuair e seachad air a bhith air bhoil. Cha b’e Criosdaidh a bh’ann. Is e gniomh peacach a th’ann a bhith “air bhoil le fearg”. Bidh sinn ga fhaicinn gu soilleir ann an clann a tha glè òg. Bidh sinn ag ràdh gur e “bradhag” a th’ann.

Mar a bhios an leanabh a’ fàs nas sine, is dòcha gun can sinn ann an dòigh dòrainneach, “Droch làdar, droch làdar, droch làdar!” Gu cumanta, cha bhith seo a’ lughdachadh an sprèadhadh. Bidh abairtean eile againn a bhios a’ dèanamh cunntas air a bhith air bhoil le fearg. Tha “air a dhol bhuidhe” agus “dol às a chiall” mar a dhà dhiubh. Tha na beulan bòidheach sin airson a bhith air bhoil le fearg dealbhach, ach gun a bhith ainmichte mar pheacaidhean.

Mar sin, tha sinn a’ cumail oirnn a’ lorg abairtean a bhios a’ toirt cunntas air fearg a tha gu math peacach agus neo-chùramach. Tha fear eile “sradagach” na bheul bòidheach airson fear a thèid feargach gu math luath. Tha sinn uile eòlach air daoine a tha mar sin. Tha cuid dhiubh a tha moiteil gu bheil iad sradagach. Tha na caraidean agus na càirdean aca air ionnsachadh mar a dh’fheumas iad “coiseachd air an socair” no an cumail “aig astar bhuapa”. Bidh na daoine sin trom air na teaghlaichean aca no gan cumail glaiste rin cuid fearg. Dh’fhaodadh gun lasar an t-sradag uair sam bith.

Calg-dhìreach an aghaidh gniomhachd làdar a’ pheacaidh tha toradh an Spioraid. Tha e furasta fhaicinn gu bheil fèin-smachd calg-dhìreach an aghaidh a bhith air bhoil leis an fhearg. Chan e sin an aon rud a tha calg-dhìreach na aghaidh. Ma tha duine air bhoil le fearg chan eil e gràdhach, aoibhneach, sìtheil, foighidneach, còir, math, dileas, no socair. Le bhith air bhoil le

fearg, tha sin a' briseadh air falbh a h-uile toradh bhon Spiorad. Is ann air sgàth seo a tha e nàdarach dha neach nach eil air a bhreith bhon Spiorad.

Ma tha neach air a bhreith bhon Spiorad, chan eil e nàdarrach a bhith air bhoil leis an fhearg, agus chan eil e taitneach. Dè na h-adhbharan a bheirear seachad airson gum bi Crìosdaidhean a' dol feargach? An toiseach, chan eil mìneachadh no beul bòidheach ann airson fàs feargach fhireanachadh. Is e am mìneachadh as fhollaisiche a th'ann nach eil an neach seo a tha air bhoil leis an fhearg air a theàrnadh, nach do rugadh e leis an Spiorad, nach eil e na Chriosdaidh. Ach, ma tha e na Chriosdaidh, tha e air mòran de pheacaidhean beaga a thional agus gun e air aithreachas a dhèanamh, gun e air aideachadh a dhèanamh, agus mar sin gun e air maitheanas fhaighinn. Tha e a-nis deiseil airson gèilleadh ri buaireadh beag le bhith dol air bhoil gu mòr le fearg.

Faodar mar a tha seo air fàs a mhìneachadh san dòigh seo: *Mar an ceudna, o pheacaidhean dànanais cùm air ais d'òglach; na biodh àrd-cheannas aca orm; an sin bidh mi ionraic, agus bidh mi neo-chiontach o easaontas mòr.* (Salm 19:13)

Thoir an aire gu bheil an cunntas seo mar bhacadh. Chan eil an Crìosdaidh a tha air a dhol air bhoil leis an fhearg air iarraidh gun tèid a chumail bho pheacaidhean àilgheasach. Tha e air leigeil dhaibh smachd fhaighinn air. An uairsin thig e gu bhith ciontach de dh'easaontas mòr. Cha bhith e comasach casg a chuir air dol air bhoil leis an fhearg san àm ri teachd às aonais làn aideachadh agus aithreachas mun h-uile tachartas feirge den t-seòrsa sin roimhe seo. Feumaidh an aideachadh seo a bhith às aonais beulan bòidheach a bhios ag isleachadh a' pheacaidh. Feumaidh an aideachadh toirt a-steach na peacaidhean àilgheasach a għluais gu bhith nan suidheachaidhean boil leis an fhearg.

Uime sin, ma dh' èirich sibh maille ri Crìosd, iarraibh na nithean a tha shuas, far a bheil Crìosd na shuidhe aig deaslàimh Dhè. Suidhichibh ur n-aigne air na nithean a tha shuas, agus chan ann air na nithean a tha air an talamh. Oir tha sibh marbh, agus tha ur beatha falaichte maille ri Crìosd ann an Dia. Nuair a dh'fhoillsichear Crìosd, neach as e ar beatha-ne, an sin bidh sibhse mar an ceudna air ur foillseachadh maille ris ann an glòir. (Colosianaich 3:1-4)

Tha an stiùireadh seo ann an Colosianaich mar bhunait airson casg a chuir air boile, fearg, is peacaidhean sam bith eile a bhios "gu dlùth an sàs." Cha bhith an stiùireadh ag obair ach ma thu nad Chriosdaidh oir is e Crìosdaidh a-mhàin as urrainn a bhith umhail do na h-àithnean sin: ...suidhichibh ur cridheachan air na nithean a tha shuas... suidhichibh ur n-aigne air na nithean a tha shuas... chan ann air na nithean a tha air thalamh.

Tha na h-àithnean sin stèidhichte air na h-aithrisean innseachail a leanas. Chan eil feum air gniomh sam bith.

Page 18

Tha iad mu thràth fior ma tha thu ann an Crìosd:

... Uime sin, ma dh' èirich sibh maille ri Crìosd... Oir tha sibh marbh, agus tha ur beatha falaichte maille ri Crìosd ann an Dia. Nuair a dh'fhoillsichear Crìosd, neach as e ar beatha-ne, an sin bidh sibhse mar an ceudna air ur foillseachadh maille ris ann an glòir.

Aon uair 's gu bheil ar cridheachan agus ar n-aignidhean "anns an àite cheart" le Crìosd, tha sinn an uairsin a' faighinn an stiùireadh seo:

Ach a-nis cuiribh uaibh na nithean seo uile: fearg, corraich, mòrun, toibheum, cainnt shalach às ur beul. (Colosianaich 3:8)

Gu co-chosmhail, chan eil an stiùireadh seo air a thoirt dha cuideigin nach eil na leanabh aig Dia. Chan eil e a' ciallachadh nach fhaod neo-chreidmhich na rudan seo a dhèanamh; is e a tha e a' ciallachadh nach eil e comasach do neo-chreidmhich a bhith ùmhlachd dhaibh. Faodaidh iad fearg is boile a thaisbeanadh, ach chan urrainn dhaibh cuidteas fhaighinn de fhearg is bhoile às aonais aithreachas a dhèanamh do Dhia agus creidsinn anns an Tighearna Iosa Cròsd. Feumaidh an neo-chreidmheach aithreachas a dhèanamh mu pheacaidhean do Dhia, aideachadh gur e Iosa Cròsd an Tighearna, creidsinn na chridhe gun bhàsaich Cròsd airson a pheacaidhean agus gun dh'èirich e bho na mairbh. Ghairmeadh e an uairsin air ainm.

Agus thubhaint e riutha, Mar seo tha e sgrìobhte, agus mar seo b' èiginn do Chrìosd fulang, agus èirigh o na mairbh air an treas latha: agus aithreachas agus maitheanas peacaidh a bhith air an searmonachadh na ainm-san, do na h-uile chinnich...” (Lucas 24:46, 47)

Ma dh' aidicreas tu led bheul an Tighearna Iosa, agus ma chreideas tu ann ad chridhe gun do thog Dia o na mairbh e, gun saorar thu... Oir ge b'e neach a ghairmeas air ainm an Tighearna teàrnar e. (Romanaich 10:9,13)

IÙIL STIÙIRIDH: Amannan feirge

A-nis tha obraichean na feòla follaiseach, as iad seo, adhaltranas, strìopachas, neo-ghlainne, macnas. Iodhal-adhradh, draoidheachd, naimhdeas, connsachadh, co-fharpais, **fearg**, còmhstri, aimhreit, saobh-chreideamh. Farmad, mortan, misg, raoidhreachd, agus an leithidean sin; mum bheil mi ag innse dhuibh ro-làimh, mar a dh'innis mi dhuibh cheana mar an ceudna, nach sealbhaich **iadsan a nì an leithidean rioghachd Dhè.. Galàtianaich 5:19-21**

Ceistean beachdachaidh

1. Tha Galàtianaich 5:19-21 a' toirt dhuinn liosta de mhì-bheusan a chuireas bacadh oirnn bho bhith a' tighinn nas dlùithe ris an Tighearna. Tha abairt ann a bhios ag ràdh, "iadsan a tha beò mar seo." Tha sin na aithris de na tha àndarrach. Ma tha "boilean de fhearg" no gin de na peacaidhean eile àndarrach, cha shealbhaich thu rioghachd Dhè. Dè na mi-bheusan a tha gad bhacadh-sa?

2. Ma bhuiteas sinn do Iosa Cròsd, dè a tha sin air a dhèanamh le ar àndar peacach? (Galàtianaich 5:24)

*Tha a bhith "air bhoil leis an fhearg" na ghnìomh den àndar peacach. Faodaidh sinn ainmeachadh mar "bhradhag droch-àndar" ann an clann agus air "a dhol bhuaidhe" no "a' dol às a chiall" mar as sine a dh'fhàsas sinn. Tha na beulan bòidheach sin a' dèanamh cunntas dhuinn, ach chan eil iad ag atharrachadh na firinn gur e gniomh peacach a th'ann an seo. Is e gniomh àndarrach a th'ann dha neo-Chrìosdaidhean. Chan eil e ceart no àndarrach dha Crìosdaidhean. Ma tha a' chiad liosta (Galàtianaich 5:19-21) a' toirt cunntas nas fheàrr ort, tha a h-uile adhbhar agad creidsinn **nach eil** thu ann an Cròsd. Bidh Iosa Cròsd a' dèanamh obair teàrnaidh nas fheàrr na sin. Ma tha thu air gach liosta, tha e deatamach, le aideachadh agus trèigsinn, gun tig thu a-mach às a' chiad liosta.*

3. Dè an cuspair no suidheachadh a bhios dualtach do dhèanamh sradagach a h-uile uair a thachras e?

4. Dè as urrainn dhuinn a dhèanamh gus nach bi sinn a' fàs gu bhith "air bhoil le fearg"? (Salm 19:12-13)

5. Tha Colosianaich 3:8 ag àithne dhuinn faighinn cuidteas de dè na rudan?

6. Tha Colosianaich 3:9 a' toirt seachad "carson" agus "ciamar." Dè a th'annta?

7. Tha eadar-dhealachadh eadar aithrisean innseachail agus aithrisean àithneach. Is e na tha ann a th'ann an innseachail. Is e òrdugh ri dhèanamh a th'ann an àithneach. An e aithris innseachail no àithneach a th'ann an Galàtianaich 5:24?

Aon uair 's gun ceus sinn air n-ana-miannan, is urrainn don Spiorad Naomh na toraidhean caractar a tha rin lorg ann an nàdar Chrìosd a ghineadh annainn. (Galàtianaich 5:22-23)

An ath cheum: A' freagairt Facal Dhè

Smaoinich air raointean de do bheatha a tha a' cur bacadh air an Spiorad Naomh bho bhith ag obair annad. Freagair le bhith a' leigeil le Dia smachd a ghabhail ort. Fanaibh annamsa, agus mise annaibhse. Mar nach urrainn a' gheug toradh a thoirt uaipe fhèin, mura fan i anns an fhanain, cha mhotha as urrainn sibhse, mura fan sibh annamsa. (Eòin 15:4)

Page 19

A' ghabhail oilbheum

Heather Wilson Torosyan

Tha fios againn bho shoisgeul Sheumais mas urrainn dha duine smachd a chumail air a theanga gu bheil e gu ìre mhòr foirfe, comasach air smachd a chumail air an làn bhodhaig aige. 'S e an duilgheadas a th'ann gu bheil uimhir de dhaoine neo-fhoirfe ann nach eil fhathast air ionnsachadh mar a chumas iad smachd air an teanga. Mar sin tha daoine air an goirteachadh uair is uair mar thoradh air na bhios daoine eile ag ràdh. Chan e a-mhàin an teanga a ghoirticheas, ach cuideachd an gnìomh. Mar sin chan e a-mhàin gum feum ar caraidean agus luchd-eòlais smachd a chumail air an teanga, ach feumaidh iad cuideachd sin a shìneadh gu na bodhaigean aca.

Airson adhbhar a choireigin, bidh sinn a' cur làn uallach air a' chiontach an àite air an neach air na rinnear an oilbheum. Chan eil dùil sam bith agam leisgeul a ghabhail airson an teanga a tha gun smachd. Feumar smachd a chumail air an teanga. Ach, gus an dèanar sin, a bheil *còir* agam a bhith air mo ghoirteachadh? Am feum mi a bhith fosgalte ri faireachdainnean goirt gus am bi a h-uile neach eile foirfe? Tha e a' coimhead coltach riumsa gur e seo an roghainn de dh'èifeachdais as isle airson an aon cho-dhùnad a choileanadh.

Bu mhath leinn gum biodh daoine cho càirdeil rinn fad na h-ùine gus nach biodh uair sam bith idir ann far an deidh ar goirteachadh. Gu cinnteach chan eil coltas gum biodh seo comasach, agus mar sin se a tha mi ag ràdh gum bu chòir do neach a tha fo oilbheum a bhith nas làidire.*

Is e aon dòigh a mholainn a bhith a' coimhead air eisimpleir Chrìosd. *Tha e air a dhìmeas agus air a chuir air chùl le daoine; na dhuine dhoilgheasan agus eòlach air bròn; agus mar neach a dh'fhalaiseas aghaidh uainn, tha e air a dhìmeas, agus chan eil suim againn dheth...Shàraicheadh e agus rinneadh ainneart air, gidheadh cha do dh'fhosgail e a bheul.* (Is.53:3, 9).

Bhiodh duine sam bith againn anns an aon shuidheachadh seo den bheachd gun robh a h-uile còir againn a bhith air ar goirteachadh. *Mas ann mar sin a tha iad gu bhith, faic a bheil mi a' chaoidh 1) dol a bhruidhinn riutha a-rithist, 2) gu bhith càirdeil riutha a-rithist, 3) dol a thoirt maitheanas dhaibh, no 4) dol a bhàsachadh air an son.*

Ach nam b'e sin am freagairt a bhiodh an Tighearna air a thoirt seachad cha bhiodh E gu bràth air a dhol chun chrann-cheusaidh. Gu dearbh, is e cùis gun samhail a bh'ann an seo. Bha uile chumhachd Dhè air a chùlaibh. Tha E foirfe, agus chan eil sinne.

Uime sin biodh an inntinn cheudna annaibhse, a bha ann an Iosa Crìosd: neach air a bhith dha ann an cruth Dhè, nach do mheas e na reubainn e fhèin a bhith co-ionann ri Dia: ach chuir e e fhèin ann an dìmeas, a' ghabhail air fhèin cruth seirbhisich, air a dhèanamh ann an

coslas dhaoine. Agus air dha a bhith air fhaghail ann an cruth mar dhuine, dh' ioraslaich e e fhèin, agus bha e umhail gu bàs, eadhon bàs a' chroinn-cheusaidh. (Phil. 2:5-8).

Ann an giorrachas, bu chòir inntinn coltach ri Crìosd a bhith againn anns na ceithir chùisean a leanas:

1. Na cùm grèim air d' aithne no do chòraichean.
2. Falmhaich thu fhèin.
3. Bi mar sheirbhisiche.
4. Bi iriosal.

Le beachd mar seo, airson an aoibhneas a tha a' feitheamh oirnn air an taobh thall, faodaidh sinn a h-uile seorsa crann-ceusaidh fhulang, gun smaoineachadh dad mun tāmailt a tha ceangailte ris (Eabh. 12:2). Mar as trice is e an fheadhainn as fhaisge oirnn as urrainn ar goirteachadh nas mothà. Chan eil uimhir de chomas aig coigreach ar goirteachadh 's as urrainn cèile, bean, caraid, bràthair no piuthar. Nuair a thèid ar goirteachadh le cuideigin a tha faisg oirnn, canaидh sinn rinn fhìn, "Nam biodh *fior* ghràdh aige orm, cha chanadh e sin."

Ach le sealladh mionaideach air an aithris sin, chithear cò mu dheidhinn a tha sinn dha-rìribh a' smaoineachadh. A bheil sinn a' smaoineachadh mun dith gràdh san neach eile agus mar a tha feum aige air cuideachadh? Chan eil, tha sinn a' smaoineachadh mun dòigh sa bheil dìth gràdh san neach eile a' toirt buaidh oirnn. Ann am briathran eile, tha sinn bòsdail—a' smaoineachadh oirnn fhìn agus mar a tha gach gnìomh a nì daoine eile a' bualadh oirnn fhìn.

Tha earrann fior tharraingeach air gràdh ann an I Corintianaich 13. Tha e a' mìneachadh gràdh mar "chan iarr e na nithean sin a bhuiteas dha fhèin, chan eil e so-bhrosnachaidh chum feirge, cha smaoinich e olc sam bith." Nuair a dh'fhairicheas sinn goirt, is ann air sgàth nach eil maitheanas deiseil nar cridheachan. Cha bhith maitheanas, gu nàdarrach, *a' smaoineachadh olc sam bith*. Ann an Ephèsianaich 4:32, earrann air a bheil mòran eòlach ach nach bithear ga cur an gnìomh ach ainneamh, tha Pòl ag innse dhuinn "a bhith coibhneil teò-chridheach da chèile; a' toirt maitheanas da chèile, eadhon mar a thug Dia maitheanas dhuibhse ann an Crìosd." Feumaidh sinn maitheanas a thoirt seachad mar a fhuair sinn maitheanas. Cuimhnich air 70 x 7.

Chan eil crìoch ann, agus gu cinnteach chan eil crìoch air comas an Tighearna maitheanas a thoirt seachad. A' gabhail a-steach gu bheil an Tighearna a' toirt seachad dòigh air teicheadh bhon h-uile buaireadh, chan eil adhbhar sam bith ann carson a bhiodh duine againn air an goirteachadh gu bràth tuilleadh. Dh'fhaodadh seo a bhith gu math duilich, tha fios agam, agus chanadh cuid gu bheil e eu-comasach. Ach tha mise a' creidsinn ma gheall an Tighearna dòigh teicheadh, gum bi sin ann a h-uile uair.

*Chan eil "*a bhith cruaidh*" *a' ciallachadh "tog balla"* no inneal dìon sam bith eile airson ar cumail bho bhith air ar goirteachadh. Chan eil sin ag obair; cha bhith sin ach a' dèanamh an duine eile cruaidh is neo-thròcaireach. Is e a tha e a' ciallachadh a bhith a' leantainn Iosa mar eisimpleir, mar ann am I Peadar 2:21. Bha Iosa so-leònte. Is e an dòigh as fheàrr air cumail air falbh bho ghoirteachadh a bhith a' leantainn Iosa agus a' fuireach so-leònte. Bidh an duine sin a' leantainn bog. Cha bhith e a' fàs cruaidh. Is e an dòigh as fheàrr air "*a bhith cruaidh*" fuireach fosgailte agus gabhail ris. Bidh an goirteachadh nas lughà. J.W.

Tha e air a dhìmeas agus air a chuir air chùl le daoine; na dhuine dhoilgheasan agus eòlach air bròn; agus mar neach a dh'fhalicheas aghaidh uainn, tha e air a dhìmeas, agus chan eil suim againn dheth...Shàraicheadh e agus rinneadh ainneart air, gidheadh cha do dh'fhosgail e a bheul....thugadh e mar uan a-chum a' chasgraiddh, agus mar chaora a bhios balbh ann an làthair an luchd-lomairt, mar sin cha d'fhosgail e a bheul. Isaiah 53:3, 7

Ceistean beachdachaidh

1. Thoir cunntas air àm nuair a chaidh casaid a thogail nad aghaidh agus a chaidh do pheanasachadh airson rudeigin nach do rinn thu.
2. Na dh'fhàs thu searbh no nas fheàrr mar thoradh air na thachair?
3. Ciamar a tha e comasach a bhith san aon inntinn ri Crìosd nuair a bhios cuideigin a' dèanamh cron ort? (Philipianaich 2:5-8)
4. Dèan liosta de chomharran gràidh. (I Corintianaich 13:4-5)
Nuair a dh'fhairicheas sinn goirt, is ann air sgàth nach eil maitheanas deiseil nar cridheachan.
5. Ciamar a thathas air iarraidh oirnn dèiligeadh ris an fheadhainn a tha air ar goirteachadh? (Ròmanaich 12:17-21)

An ath cheum: A' freagairt Facal Dhè

Smaoinich air àithne Dhè ann an I Corintianaich 13:4-5. Tha an gràdh fad-fhulangach, agus coibhneil. Cha ghabh an gràdh farmad, cha dèan an gràdh ràiteachas, chan eil e air a shèideadh suas. Cha ghiùlan e e fhèin gu mì-chiatach, chan iarr e na nithean sin a bhuineas dha fhèin, chan eil e so-bhrosnachaidh a-chum feirge, cha smaoinich e olc sam bith. Ma tha sinn gu bhith ag atharrais air Crìosd, feumaidh sinn iarraidh air Dia ar lònadh leis an neart agus an gràs Aigesan, a' leigeil dhuinn maitheanas a thoirt seachad bhon chridhe. Thoir freagairt dhaibhsan a bheir oilbheum dhut leis an aon cho-fhulangas agus an aon mhaitheanas a tha Dia a' toirt dhutsa.

A' cumail smachd air an teanga

Chris Vlachos

O chionn beagan ùine thachair stoirm iùil-tharraingeach ann an stàite New York agus thachair gun chuir còmhchradh fòn troimhe chèile na tonnan rèidio a bha dol a-mach bho stèisean rèidio faisg air làimh. Mar thoradh air an seo, chaidh an còmhchradh a chraoladh air an rèidio gun fhios don dithis a bha a' bruidhinn. B'e prògram bho chost gu cost a bh'ann!

Tha a h-uile duine againn aig àm a choireigin air a bhith ciontach de ghobaireachd. Gu dearbh, tha gu leòr gobaireachd ann an iomadach eaglais a chuireadh deòir ann an sùilean aingeal clàraig agus e ga chlàradh. Is e cleachdadhbh peacach a th'ann dom bi Dià a' toirt làn aire agus a tha ag iarraidh oirnn a stad.

Tha Pòl a' bruidhinn mu dheidhinn gobaireachd ann an 1 Timòteus 3:11, "Is amhail sin is còir do na mnathan a bhith suidhichte, gun a bhith na luchd-tuaileis, ach a bhith measarra, ionraic anns na h-uile nithean." Gun fhios gu bheil sinn a' smaoineachadh nach bi fir an sàs anns a' ghalair seo, tha Pòl a' bruidhinn riuthasan cuideachd san dàrna litir aige gu Timòteus, a' toirt seachad beachd gum bi daoine anns na làithean deireannach, "gun ghràdh nàdarra, nan luchd-brisidh coicheangail, tuaileasach, neo-gheamnaidh, borb, gun ghaol don mhath" (2 Tim. 3:3).

Is e am falal Grèigeach a chleachd Pòl anns an dà aite sin *diabolos*, falal aithnichte bhom bi sinn a' faighinn an fhacal "diabhal." Cha leig sinn a leas mòran sgrùdaidh a dhèanamh gus faighinn a-mach cò e maighstir na gobaireachd! Chan eil neach ri gobaireachd ach mar "ghille-gnothaich an daibhail."

Is e *diabolos* am facal a thathas aig amannan ag eadar-theangachadh mar “neach-tuaileas.” Is e tuaileas a tha ann an gobaireachd. Anns an earrann air an deach iomradh a thoirt gu h-àrd bho 2 Timòteus, tha Pòl a’ cur gobaireachd ann am meadhan liosta de dhroch chleachdaidhean eile. Gu cinnteach tha seo a’ comharrachadh cho dona ‘s a tha gobaireachd.

Gu mì-fhortanach, tha e gu math tric duilich gobaireachd/tuaileas aithneachadh annainn fhèin. Ciamar a gheibh sinn a-mach gu bheil sinn ri gobaireachd? Tha ceithir cheistean ri chuir oirnn fhìn nuair a tha sinn air ar buaireadh mu bhith a’ roinneadh fiosrachadh mu neach eile. Bidh freagairt nan ceistean sin dualtach innse dhuinn a bheil no nach eil sinn ri gobaireachd/tuaileas.

1. Carson a tha mi ag ràdh seo?

An ann airson càineadh a tha mi dha-rìribh ga radh? A bheil mi dha-rìribh a’ feuchainn ri bhith a’ cuideachadh an neach mu bheil mi a’ bruidhinn, no a bheil mi ag amas air an goirteachadh? Gu tric ann an riochd a bhith a’ roinneadh iarrtas ùrnaigh is ann a tha sinn ri gobaireachd/tuaileas. Bidh sinn gu tric a’ faighinn dearbhadh air ar gobaireachd nuair is e am fior amas againn a bhith a’ cur an neach eile sìos airson sinn fhìn a chuir ann an solas nas fheàrr. Bi faiceallach ciamar a fhreagras tu a’ chiad cheist seo. Ma ghlacas tu thu fhèin a’ feuchainn ri bhith a’ dearbhadh no a’ dèanamh leisgeul de rudeigin àicheil a tha thu airson a ràdh mu dheidhinn cuideigin, tha coltas ann gu bheil thu air stairsneach tuaileas.

2. A bheil e comasach gu bheil taobh eile air an sgeulachd?

Tha Webster a’ mìneachadh gobaireachd mar “sgaoileadh fathannan.” Is e sgeulachd nach deach a dhearbhadh a th’ann am fathann. Mura h-eil ar sgeulachd air a dearbhadh, tha sinn ri gobaireachd. Chaidh a ràdh nach e na daoine a bhios ag innse a h-uile fiosrachadh a th’aca a bhios ag adhbhrachadh a’ mhòr-chuid de thrioblaid san eaglais, ach an fheadhainn a bhios ag innse barrachd air na tha fios aca.

Page 21

3. Am bithinn comhfhurtail ag innse seo do Iosa?

Ciamar a fhreagrachd Esan sinn às deidh dhuinn fiosrachadh àicheil a roinneadh leis co-cheangailte ri neach eile? Tha e dualtach gum freagrachd E le bhith a’ faighneachd dhuinn dè am buintearas a tha aig an fhiosrachadh ri sinn a bhith ga leantainn (Eòin 21:22). Mura biodh tu comhfhurtail a’ roinneadh an sgeulachd leis an Tighearna, tha e coltach gu bheil an fhiosrachadh mì-iomchaidh a roinneadh le neach sam bith eile.

4. A bheil mi a’ togail an neach ris a bheil mi a’ bruidhinn le bhith a’ roinneadh seo?

Thuirt Teàrlach Spurgeon aon uair gun robh gobaireachd “a’ cur a-mach puinnsean tri-fhillte; bidh e a’ goirteachadh an neach a tha ga innse, an neach a tha ga chluinntinn, agus an neach mu dheidhinn a bheil an sgeulachd.” Bu chòir dhuinn a bhith glè fhaiceallach aire a thoirt do earail Phòl, “Na tigeadh cainnt thruaillidh a-mach às ur beul, ach an nì sin a tha math a-chum deagh fhoghlaim, ionnas gun toir e gràs don luchd-èisteachd.” (Eph. 4:29)

Bidh na freagairtean do na ceithir cheistean gu h-àrd gar cuideachadh gus gobaireachd/tuaileas aithneachadh. Mura h-eil thu cinnteach às deidh dhut na ceithir cheistean a chuir ort fhèin an e gobaireachd a tha san rud a bha thu airson a roinneadh, na innis e. A bheil e dha-rìribh deatamach gun dèan thu sin? Aon bheachd san dealachadh. Ciamar as urrainn dhuinn stad a chur air an droch chleachdadh peacach seo a bhith ri gobaireachd a tha chan ann a-mhàin a’ truailleadh ar beatha ach a’ briseadh a-steach agus a’ sgrios eaglaisean? Tha dà leigheas ann airson gobaireachd. An-toiseach, na sgaoil e. Is e a th’ann an gobaireachd ach rud a thèid a-steach air aon chluais agus a-mach tron bheul. Cùm smachd air do theanga! Mura h-urrainn dhut rudeigin math a ràdh mu dheidhinn cuideigin, na can rud sam bith. San dàrna h-àite, na bi

ag èisteachd ris! Cha bhith teangan ri gobaireachd mura bi cluasan ri gobaireachd. Na bi a' toirt misneachd don neach a tha ri gobaireachd. Na bi luath ri bhith a' creidsinn na thathas ag ràdh. Stiùir an còmhradh gu bhith a' bruidhinn mu dheidhinn na rudan math a th'anns an duine. Chan eil dad a chuireas stad nas luaithe air an neach ri gobaireachd ach seo.

Thathas air a ràdh nach eil aon chuid casan no sgiathan air gobaireachd, ach gu bheil e gu h-iomlan air a dhèanamh suas le "sgeulachdan." Gu mì-fhortanach, bidh gath anns a' mhòr-chuid de na sgeulachdan sin agus a' toirt buaidh phuinnseanta air obair dùsgaiddh ann am beatha no ann an eaglais. Ged a bhios creithleagan a' cur dragh oirnn bho àm gu àm san eaglais, tha mi an dòchas gun tèid an droch phlàigh seo, gobaireachd, a sgiùrsadh a-mach às na h-eaglaisean air feadh na dùthcha.

Fa-dheòidh, a' bhràithrean, ge b'e nithean a tha fior, ge b'e nithean a tha urramach, ge b'e nithean a tha ceart, ge b'e nithean a tha fiorghlan, ge b'e nithean a tha ion-ghràidh, ge b'e nithean a tha ionmholta; ma tha deagh-bheus air bith ann, smaoinichibh air na nithean sin. (Phil. 4:8)

IÙIL STIÙIRIDH: A' cur casg air an teanga

Ach biodh fhios seo agad: gun tig anns na làithean deireannach aimsirean cunnartach. Oir bidh daoine fèin-spèiseil, sanntach, ràiteachail, uaibhreach, toibheumach, eas-umhail do phàrantan, mì-thaingeil, mì-naomha. Gun ghràdh nàdarra, nan luchd-brisidh coimheangail, tuaileasach, neo-gheamnaidh, borb, gun ghaol don mhath, fealltach, ceann-làidir, àrdanach, aig a bheil bàrr gràidh do shàimh na tha aca do Dhia. 2 Timòteus 3:3-4

Ceistean beachdachaidh

1. Dè tha aig Ephèsianaich 4:29 ri ràdh mu ghobaireachd?
2. Tha Pòl a' bruidhinn mu *ghobaireachd droch-rùnach* ann an 1 Timòteus 3:11 agus 2 Timòteus 3:3. Dè an t-sònráchadh a th'ann airson gach facal sin?

Droch-rùnach:

Gobaireachd:

3. Cò an neach as miosa airson gobaireachd?
4. Dèan liosta de cheithir cheistean a dh'fhaodas sinn a chuir oirnn fhìn nuair a tha sinn air ar buaireadh gus fiosrachadh a roinneadh mu neach eile.

Is e tuaileas a tha ann an gobaireachd. Chan eil an leithid de rud ann ri gobaireachd gun chron. Chan eil casan no sgiathan air gobaireachd ach tha e air a chòmhach gu h-iomlan le "sgeulachdan" anns an bheil gath puinnseanta.

5. Dè an leigheas a tha aig Pòl airson gobaireachd agus cruthan eile de mhì-rùn? (Ephèsianaich 4:31-32)

An ath cheum: A' freagairt Facal Dhè

Bidh Dia ag iarraidh oirnn ùine a chuir seachad gus a bhith a' coinneachadh Ris gach latha. *Iarr Air d'inntinn ùrachadh, do spiorad ath-bheothachadh, agus neart a thoirt dhut a dh'fheumas tu airson a bhith den aon inntinn ri Criod. An uairsin freagair le bhith leigil le gràdh Dhè a bhith a' stiùireadh na chanas tu agus an dòigh sa bheil thu a' smaoineachadh. Biodh briathran mo bheòil agus smuaintean mo chridhe taitneach ad làthair, a' Thighearna, mo charraig agus m'fhear-saoraidh.* (Salm 19:14)

Jim Wilson

Is e a th'ann am fèin-bhreithneachadh ach gniomh no cleachdad air a bhith a' cnuasachadh air ar gniomhachd agus ar gluasad-anntinn fhìn san àm a dh'fhalbh. Bidh an cnuasachadh seo a' toirt na rudan sin gu ar n-aire agus bidh ar fòcas orra agus bidh sinn gar measadh fhìn ann an solas ar coinneal cnuasachaidh lasrach fhìn. Oir tha an t-àm a dh'fhalbh againn, ged a bhiodh sin o chionn fhada no o chionn ghoirid, air fhaicinn le mòran a bhith mar adhbhar no mar mhineachadh air na nì sin an-dràsta, agus tha gluasad-anntinn, fèin-bhreithneachadh gu tric air am misneachadh. Eadhon ged nach bi feadhainn eile a' brosnachadh seo, tha mòran Chrìosdaidhean gu cunbalach ga chleachdad.

Chan eil fèin-bhreithneachadh coltach ri bhith a' coiseachd sa ghrian air latha samhraidh. An àite sin, tha e coltach ri bhith dol sìos steapaichean prìosain le coinneal lasrach na do làmh. Tha solas beag biodach agad a tha a' tilgeil sgàilean fada agus san dorchadas chithear cnàimheachan, lìn damhan-allaidh, agus rudan snàigeach, grànnida. Is e rudan bhon àm a dh'fhalbh againn a tha anns na cnàimheachan sin, rudan a rinnear oirnn no rudan a rinn sinne agus a tha nan näire dhuinn. Bheir iad cuideachd a-steach ar mac-meanmna. Bidh neach a tha glacte ann am fèin-bhreithneachadh a' dol air ais a-rithist 's a-rithist nas doimhne don phriosan marbh seo, no a' dèanamh sgrùdadh air na h-aon chnàimheachan seo a-rithist 's a-rithist. Chan eil solas glè mhath sa choinneal agus chan eil fuasgladh uair sam bith ann don droch àm seo a dh'fhalbh. Chan eil aoibhneas uair sam bith a' tighinn bho bhith a' toirt cus aire don chuspair seo. Is e a th'ann ach adhbhar airson trom-inntinn.

Tha e coltach gur e seo am prìomh adhbhar airson trom-inntinn am measg dhaoine le pearsantan dubhach is foirfeachd.

Diteadh a' Bhreitheimh

Bidh fèin-bhreithneachadh ag ràdh rudan mar seo: "Cho uamhasach!" "Cho dona!" "Cha ghabh an Tighearna rium a-nis." "Nam bithinn-sa nam Dhia, chan toirinn maitheanas dhomhsa." Tha fèin-bhreithneachadh a' dol sìos, chan ann suas. Tha fèin-bhreithneachadh a' cur casaid, chan ann a' dìteadh.

Ann an cùirt lagha tha eadar-dhealachadh eadar an neach-casaid agus an neach-dìtidh. Is e an neach-casaid an neach-lagha a tha a' cur na casaid, agus is e am breitheamh an neach-dìtidh. Bidh neach-lagha na casaid a' feuchainn ri ciont a dhearbhadh, agus am breitheamh a' co-dhùnadhad an deach a' chasad a dhearbhadh. Aon uair 's gun tig am breitheamh gu co-dhùnadhad, tha an deuchainn seachad. Ach leanaidh an neach ag ràdh gu bheil an duine ciontach eadhon ged a bhios am breitheamh ag ràdh gu bheil an duine neo-chiontach. Anns a' Bhioball, is e Sàtan an neach-casaid. Is e an Spiorad Naomh an neach-dìtidh.

An Solas Foirfe

Gheibhear taobh eile an àite fèin-bhreithneachadh leis na toraidhean àicheil a tha na chois ann an 1 Eòin 1:5-10. Seo mar a tha ann an earrannan 5 is 7: "Agus is i seo an teachdaireachd a chuala sinn uaithesan, agus a tha sinn a' cur an cèill dhuibhse, gur solas Dia, agus nach eil dorchadas air bith annsan.... Ach ma għluiseas sinn anns an t-solas, mar a tha esan anns an t-solas, tha comann againn ri chèile, agus glanaidh fuli ħosa Crìosd a Mhac sinn o gach uile pheacadh."

Is e an solas seo tùs gach solas. Chan e coinneal a tha a' lasrach san dorchadas a th'ann idir. Chan eil sgàilean sam bith ann. Tha Seumas ga chuir mar seo ann an 1:17: "Tha gach uile dheagh thabhartas agus gach uile thiodhlac iomlan on àirde, a' teachd a nuas o Athair na soillse, maille ris nach eil atharrachadh, no sgàil tionndaidh."

Leis gu bheil an solas seo coileanta, ma choisicheas sinn ann, chan eil càil falaichte. Chithear peacadh ann an cumhachd dìtidh an àite cumhachd casaideach. Tha am peacadh air a mhaiteadh anns a' bhad oir tha fuil ìosa a' leantainn ag ionnlaid. Tha co-chomann àbhaisteach leis gu bheil sinn anns an t-solas agus gu bheil sinn air ar n-ionnlaid gu leantainneach. Tha ùmhlachd mar thoradh nàdarrach den dìteadh agus den ionnlaid.

Tha eisimpleir iongantach den t-seòrsa seo de dhìteadh-ionnlaid-co-chomann-ùmhlachd ann an Isaiah 6:1-8:

Anns a' bhliadhna anns an d'fhuair rìgh Usiah bàs, chunnaic mi an Tighearna na shuidhe air cathair rioghail, àrd agus tote suas, agus lòn ionall a thrusgain an teampall. Os a chionn seraphim, aig gach aon bha sia sgiathan: le dithis chòmhdaich e a aghaidh, agus le dithis chòmhdaich e a chasan, agus le dithis rinn e itealaich. Agus ghlaodh iad, gach aon ri a chèile: 'Is naomh, naomh Tighearna nan sluagh; tha an talamh uile làn de a ghlòir.' Agus għluais ursainnean an dorais le guth an tì a ghlaodh, agus lònadh an taigh le deataich. Agus thuirt mi 'Mo thruaighe mise!' oir chaidh às dhomh; oir is duine mi aig a bheil bilean neòghlan, agus am measg sluaigh aig a bheil bilean neòghlan tha mi am chòmhnaidh; oir chunnaic mo shùilean an Rìgh, Tighearna nan sluagh.'

An sin thàinig aon de na seraphim ag itealaich am ionnsaigh, agus na làimh èibhleag bheò, a thug e leis a' chlobha bhàrr na h-altarach; Agus bhean e rim bheul, agus thuirt e, Feuch bhean seo rid bhilean; agus tha d' aingidheachd air a toirt air falbh, agus do lochd air a ghlanadh. Agus chuala mi guth an Tighearna ag ràdh, Cò leis a chuireas mi fios? Agus cò a thèid air ar son? Agus thuirt mi, Feuch tha mise an seo, cuir fios leamsa.

Cha b'e fèin-bhreithneachadh a rinn Isaiah mothachail air a chionta, ach a bhith ann an làthaireachd Dhè. Bha e anns an t-solas. Cha b'urrainn dha a bhith sàmhach mu dheidhinn a chiont; cha b'urrainn dha falach. Aon uair 's gun dh'aidich e a chiont, fhuair e maiteanas. Cho luath 's a fhuair e maiteanas, bha e deiseil airson a bhith umhail. Faodaidh tu a ràdh nach d'fhuair thu maiteanas a-riamh cho luath ri sin.

Page 23

S dòcha gun dh'fhairich thu mar sin air sgàth an neach-casaid an àite an neach-dìtidh/neach-ionnlaid. Cha bhith an neach-casaid airson gum faigh duine maiteanas.

A' coiseachd san t-solas

An ath uair a gheibh thu thu fhèin a' taobhadh a dh'ionnsaigh fèin-bhreithneachadh, diùlt a dhèanamh. An àite sin, thig chun t-solas. Ciamar? Dèan an ùrnaigh a gheibhear ann an Salm 139:23-24: "Rannsaich mi a' Dhè, agus aithnich mo chridhe: dearbh mi, agus tuig mo smuaintean. Agus amhairc a bheil slighe olc air bith annam, agus treòraich mi anns an t-slighe shìorraidh."

Coimhead suas, chan ann a-steach. Cha leig thu a leas coimhead airson peacadh. Lorgaidh tu peacadh mòran nas luaithe, nas fhollaisiche, agus le fuasgladh ceangailte ris ma thig thu gu Dia agus obair chrìochnachte Ìosa Crìosd. Chan eil peacadh air a mhaiteadh an aon rud ri peacadh air a chleith. Bidh fèin-bhreithneachadh airson a bhith a' cuimhneachadh gu mionaideach na peacadhean a dh'fhalbh agus dualtach dragh a ghabhail mun àm ri teachd. Thuirt Pòl, "air dhomh na nithean a tha air mo chùl a dhiochuimhneachadh, agus a bhith gam shìneadh fhein a chum na nithean a tha romham. Tha mi a' dian-ruith a dh' ionnsaigh a' chomharraidh, a chum duais àrd-ghairm Dhè ann an Ìosa Crìosd. Thuirt Ìosa, "Uime sin na biodh ro-chùram oirbh mu thimcheall an là màireach: oir bidh a làn de chùram air an là-màireach mu thimcheall

a nithean fhèin. Is leòr don là a olc fhèin.” Le bhith a’ diochuimhneachadh an là a dh’fhalbh chan eil sin a’ cleith peacadh ma thathas air maitheanas fhaighinn airson na dh’fhalbh.

Is e gniomhachd an là ‘n diugh a th’ ann an coiseachd san t-solas. Cha bhith e a’ fantainn san là a dh’fhalbh no san àm ri teachd. Bidh e ag èisteachd ris an neach-dìtidh, chan ann ris an neach-casaid. Bidh e a’ faighinn ionnlaid agus a’ freagairt le ùmhachd.

IÙIL STIÙIRIDH: A’ coimhead air an taobh a-staigh

Rannsaich mi, a’ Dhè agus aithnich mo chridhe; dearbh mi agus tuig mo smuaitean; Agus amhairc a bheil slighe olc air bith annam, agus treòraich mi anns an t-slighe shìorraidh. Salm 139:23-24

Ceistean beachdachaidh

1. Dè a th’ann am fèin-bhreithneachadh?
2. Dèan liosta de chunnartan fèin-bhreithneachadh.
Cha bhith an geasachd leis a’ chuspair seo uair sam bith na bhunait aoibhneis. Tha e na adhbhar air trom-inntinn.
3. Dè an dòigh eile a th’ann an àite fèin-bhreithneachadh? (1 Eòin 1:5-10 agus Seumas 1:17)
Agus is i seo an teachdaireachd a chuala sinn uaihesan, agus a tha sinn a’ cur an cèill dhuibhse, gur solas Dia, agus nach eil dorchadas sam bith annsan. (1 Eòin 1:5)
4. Dè an eadar-dhealachadh a tha eadar an solas a tha Dia a’ toirt seachad agus an solas a thig bho fèin-bhreithneachadh?
5. Ciamar a tha Daibhidh a’ coimhead airson peacadh na bheatha? (Salm 139:23-24)

An ath cheum: A’ freagairt Facal Dhè

Smaoinich air mar a tha thu air dèligeadh ri cùisean san àm a dh’fhalbh a rinnear ort no a rinn thu agus mu bheir thu a’ faireachdaimn tàmailt. Thoir na cnaimheachan sin don Tighearna. Iarr maitheanas ag aithneachadh gu bheil seo obann agus crìochnaichte leis gu bheil ful ìosa a’ leantainn ag ionnlaid. Freagair le bhith a’ coiseachd anns an t-Solas, a’ leigeil leat a bhith a huile rud a tha Crìosd airson gum bi thu. A’ bhràithrean, chan eil mi a’ meas gun do ghlac mi grèim; ach aon nì tha mi a’ dèanamh; air dhomh na nithean a tha air mo chùl a dhiochuimhneachadh, agus a bhith gam shìneadh fhèin a chum na nithean a tha romham. Tha mi a’ dian-ruith a dh’ ionnsaigh a’ chomharraig, a chum duais àrd-ghairm Dhè ann an Ìosa Crìosd. (Philipianaich 3:13)

Page 24

Dàimhean le párantan

Jim Wilson

A-mach às na h-ioma òraidean a bhios mi a’ dèanamh gu tric, tha a dhà ann a tha air a’ mholadh as mothà fhaighinn agus a’ bhuanachd as mothà fhaighnn do gach cuid òigradh is aois.

Is e a’ chiad fhear “Mar a bhithear saor bho shearbhachd,” agus an dàrna fear “Dàimhean le párantan.” An-dràsta fhèin tha mi nam shuidhe ann an seòmar sgrùdaidh aig Talla Còmhnaidh Sràid Illinois aig Oïlthigh Illinois. An t-seachdain sa chaidh, aig Urbana ’93, rinn mi bùth-obrach air “Dàimhean le párantan.” Cha robh ach mu 50 oileanach an làthair aig a’ bhùth-obrach (gach seisean). Bha a’ chlisg, an duilgheadas tuigse, a’ cheannairc, agus an eu-comas mu bhith cuir an teagast seo an gnòmh ri fhaicinn anns na deòir, na ceistean, na beachdan agus na còmhraidhean a lean. Is ann air sgàth sin a tha mi an seo ga sgrìobhadh sìos.

Bu mhath leam an toiseach ur n-aire a tharraing gu dà earrann san t-Seann Tiomnadh. Bheir mi iomradh orra an toiseach, agus an uairsin bheir mi seachad beagan bheachdan mu bhith a' cur nan Sgriobtairean sin an gnìomh na do bheatha.

Na dèan dhut fhèin dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon nì a tha shuas air nèamh, no a tha shios air an talamh, no a tha anns na h-uisgeachan fon talamh. Na crom thu fhèin sìos dhaibh, agus na dèan seirbheis dhaibh: oir mise an Tighearna do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantainn aingidheachd nan athraichean air a' chloinn, agus air an treas agus air a' cheathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi. Agus a' dèanamh tràcair do mhìltean dhiubhsan a ghràdhhaicheas mi, agus a ghleidheas m'aitheantan. (Deut. 5:8-10)

Gidheadh tha sibhse ag ràdh, Carson? Nach eil am mac a' giùlan aingidheachd an athar? Nuair a rinn am mac an nì sin a tha dligheach agus ceart, a ghlèidh e mo reachdan-sa uile, agus a rinn e iad, mairidh e gu cinnteach beò. An t-anam a chiontaicheas, gheibh esan bàs: cha ghiùlain am mac aingidheachd an athar, cha mhò a ghiùlaineas an t-athair aingidheachd a mhic: bidh fireantachd an fhìrein air fhèin, agus aingidheachd an aingidh air fhèin. (Ezec. 18:19-20)

Nuair a leughas sinn ann an Deuteronomi 5:10, "a' leantainn aingidheachd nan athraichean air a' chloinn, agus air an treas agus air a' cheathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi," dh'fhaodadh sinn a thighinn gu co-dhùnadh nach eil seo cothromach a rèir ar tuigse air ceartas. Ach, anns an ochdamh caibideil deug gu lèir de Ezeciel chì sinn nach eil clann air an cumail cunnatachail airson peacaidhean nan athraichean aca. Mar sin dè a tha an dàrna àithne ag ràdh? Tha e ag ràdh gum bi peacadh a' sruthadh sìos an leathad, agus gu bheil buaidh peacaidh ar n-athraichean a' toirt buaidh oirnn, a' dol thairis agus a' gluasad tro ghrunn ghinealaichean.

Is e droch naidheachd a tha seo dha ginealaichean. Ach, chan eil an seantans a' criochnachadh le earrann 9; tha e a' leantainn le "ach a' dèanamh tràcair do mhìltean dhiubhsan a ghràdhhaicheas mi, agus a ghleidheas m'aitheantan." Is e a tha am falas seo "mìltean" dha-rìribh a' ciallachadh "mìltean de ghinealaichean," ann an coimeas ri trì no ceithir ginealaichean. Ciamar a tha fios againn gur e "mìltean de ghinealaichean" a th'ann? Tha dà adhbhar ann. An toiseach is e sin an aon ðòigh anns am bi an seantans a' dèanamh ciall, agus san dàrna h-àite, anns an dàrna caibideil air adhart tha aithris cinnteach againn mun seo.

Biodh fhios agad uime sin, an Tighearna do Dhia gur esan Dia, an Dia firinneach, a chumas coicheangal agus tràcair riùsan a ghràdhhaicheas e, agus a ghlèidheas a'itheantan, gu mìle ginealach. (Deut. 7:9).

Tha peacadh agus fuath do Dhia ag adhbhrachadh a' għluasad sìos gu trì no ceithir ginealaichean, agus tha ùmhłachd is gràdh do Dhia ag adhbhrachadh a' għluasad suas gu mìle ginealach. Tha mi air na leanas a chluinntinn iomadach uair: "Bha mi air co-dhùnadh nach robh mi gu bhith nam sheòrsa de dh'athair (no màthair) a thog mi. Bhithinn nam Chrìosdaidh, phòsainn Crìosdaidh, agus dhèanainn e ceart. Thàinig mi gu bhith nam Chrìosdaidh, phòs mi Crìosdaidh, agus tha mi ga dhèanamh ceàrr, dìreach mar mo phàrantan. Tha mi san dàrna ginealach droch naidheachd; am feum mi fuireach airson dà dhroch ghinealach eile mus bi cothrom ann an ìsleachadh seo a thionndaidh timcheall?" Chan fheum, chan fheum thu feitheamh, ach mura atharraich thu do dhàimh le do phàrantan agus am pàrantan san bidh agad ri feitheamh airson dà ghinealach eile.

Cha bhith a' tighinn gu bhith nad Chrìosdaidh agus a' searmonachadh ri do phàrantan a' dol a dh'atharrachadh an dàimh riutha. Is ann aig an taigh, le pàrantan, a tha aon àite far a bheil Crìosdaidhean den bheachd gum faod iad a dhol air bhoil le fearg. Is ann nas miosa a dh'fhasas

an dàimh an uairsin. Timcheall air 400 bliadhna ro Chrìosd, rinn am fàigh Malachi fàigheadaireachd àicheil cùmhnantach. Gheibhear e anns an dà earrann mu dheireadh san t-Seann Tiomnadh.

Feuch, cuiridh mise dur n-ionnsaigh Eliah am fàigh ro theachd là mòr agus uamhasach an Tighearna. Agus tionndaidh esan cridhe nan athraichean a chum na cloinne, agus cridhe na cloinne a chum an athraichean, air eagal gun tig mise, agus gum buail mi am fearann le leirsgrìos. (Mal. 4:5-6)

Tha an aingeal Gabriel a' toirt iomradh air cuid den fhàigheadaireachd seo ann an Lucas 1:17: *Agus thèid e [Eòin] roimhe-san ann an spiorad agus ann an cumhachd Eliais, a thionndadh cridhe nan athraichean a chum na cloinne, agus na eas-umhal gu gliocas nam firean, a dh' ullachadh pobaill deas don Tighearna.*

Thoir an aire, ma tha bacadh gu bhith ga chuir air a' mhallachd, feumaidh cridheachan a bhith air an tionndaidh gach taobh.

Page 25

Ged a tha a' mhòr-chuid de na dealbhan agam a' bruidhinn ri agus mu chloinn, tha mi dha-rìribh a' bruidhinn ri pàrantan a thaobh an dàimh aca ris na pàrantan aca fhèin. Ma tha thu nad phàrant Crìosdaidheil, tionndaidh do chridhe a dh'ionnsaigh do phàrantan, agus tionndaidh do chridhe a dh'ionnsaigh do chloinn. A-nis coimhead air an dàrna eisimpleir anns na Deich Àitheantan far a bheil iomradh ga thoirt air ginealaichean.

Tabhair urram dod athair agus dod mhàthair, mar a dh' àithn an Tighearna do Dhia dhut; a chum gum buannaicheadh do làithean, agus gun èirich gu math dhut, anns an fhearrann a bheir an Tighearna do Dhia dhut. (Deut. 5:16)

Tha cur an gnìomh a' leantainn: 1) Gràdhaich Dia (Deut. 5:9); 2) Thoir ùmhachd do Dhia (Deut. 5:9); 3) Thoir urram dod athair is dod mhàthair (Deut 5:16); agus 4) Tionndadh do chridhe rid athraichean (Mal. 4:5, 6).

Seach nach tug sinn ùmhachd don dà earrann anns na Deich Àitheantan, dh'fhaodadh gu bheil sinn anns a' gheallasg treas- agus ceathramh-ginealach, agus cha bhith sinn fada beò air an talamh (cf. Eph. 6:1). Tha cunnart ann gum bi am fearann air a bhualadh le mallachd. Tha teacs a Mhalachi mar ghairm gu aithreachas, tionndaidh bhon chridhe.

Bheir mi a-nis beagan bheachdan seachad mun dòigh as urrainn aithreachas a dhèanamh bhon chridhe a 1) stadas a' mhallachd, 2) dh'adhbhraicheas beatha fhada, agus 3) thionndaidheas an treas no an ceathramh ginealach de dhroch naidheachd timcheall gu mìle ginealach de dheagh naidheachd. An toiseach, tha grunn rudan ann a tha gu math cudromach san tionndaidh seo, ged nach toir iad a-mhàin gealltanach sam bith gu stadar a' mhallachd.

1. Thig gu bhith nad Crìosdaidh. Às aonais iompachadh gu Crìosd, tha e eu-comasach Dia a ghràdhachadh agus ùmhachd a thoirt dha.
2. Pòs Crìosdaidh. Às aonaid pòsadh Crìosdaidheil chan eil cinnt sam bith agad gum bi do chloinn nan Crìosdaidhean.
3. Fan pòsda: "Agus dhaibhsan a tha pòsda tha mi ag àithneadh:...Gun a' bhean a dhealachadh ra fear...Agus na cuireadh am fear uaithe a bhean" (1 Cor. 7:10, 11).

Às aonais na trì sin faodaidh dùil a bhith agad ri tuilleadh dhroch ghinealaichean. Ach, leotha, dh'fhaodadh na droch ghinealaichean fhathast a bhith ann. Carson? Seach gum faod na ginealaichean a chaidh romhad a bhith a' toirt buaidh ort agus air do chloinn. Ged a dh'fhasgas tu d'athair agus do mhàthair agus gun lean thu do bhean chan eil sin a' ciallachadh gu bheil thu air do chridhe a thionndaidh gu d'athair. Gus an tachair sin tha thu an tòir air ginealach eile de dhroch naidheachd. Chan urrainn dhut a bhith a' dùileachadh gum bi thu nad athair math mura h-eil thu air tionndaidh do chridhe gu d'athair fhèin.

Le bhith a' tionndaidh do chridhe gu d'athair, tha ceithir eileamaidean riatanach. Chan e a bhith a' searmonachadh an t-soisgeil ris aon dhiubh; na dèan sin, oir tha seo a' dèanamh cron air an ùghdarris a tha aige thairis ort. An àite sin, faodaidh tu litir a sgrìobhadh thuige a bhios a' cur an cèill gach fear de na ceithir eileamaidean sin. Tha mi a' moladh a bhith a' còmhach aon eileamain anns gach paragraf mar a leanas:

1. Ma tha thu air do cheannairc roimhe seo an aghaidh d'athair is do mhàthair aideachadh do Dhia, mar sin aidich e ri d'athair air thalamh às aonais leisgeulan no casaidean.

2. Innis dha d'athair an spèis mhòr a tha agad dha. Mura h-eil spèis agad dha, chan urrainn dhut sin a sgrìobhadh gun a bhith saobh-chràbhach. Ach feumaidh tu a sgrìobhadh. Ciamar? An toiseach aidich do Dhia an eas-urram a tha agad dod athar. "Carson a bu chòir dhomh?" tha thu a' faighneachd, "oir cha do choisinn e sin!" Tha an Sgriobtair ag ràdh, "Thoir urram dod athair is dod mhàthair." Chan eil e ag ràdh "ma tha iad airidh air." Feumar urram a thoirt dod athair seach gur e d'athair a th'ann. Tha thu air d'àithne urram a thoirt dha. Chan e roghainn a tha seo. Mura toir thu urram dha, tha thu air peacachadh. Tha an aon rud fior mu do mhàthair. Faodar peacadh a mhaitheadh, ach tha feum air aithreachas. Às deidh dhut do dh'eas-urram no dìth urram do d'athair aideachadh agus gu bheil thu cinnteach gun deach do mhaitheadh, an uairsin roghnaich urram a thoirt dha. Faodaidh tu faighneachd, "Ciamar? Chan eil e measail." Chan eil ceangal sam bith eadar urram agus measaileachd an duine dom bu chòir urram a thoirt. Tha e co-cheangailte ris an neach a tha toirt seachad urram agus an dàimh dhlùth agus an ùmhachd aig an duine sin do Dhia. A-nis le saorsa agus treibhdhireas, sgrìobh gu d'athair san àrdna paragraf seo ag innse an urram a tha agad dha.

3. Anns an treas paragraf, innis dha cho mòr sa tha gràdh agad air. Mura h-eil gràdh agad air, feumaidh sin a cheartachadh an-toiseach. Dh'fhaodadh gur e do fhreagairt, "Cha do ghràdhach e mise, agus mar sin chan eil gràdh agam air." Ma tha seo fior, tha e fior gum bu chòir dha, mar athair, a bhith air do ghràdhachadh gus am biodh do fhreagairt mar fhreagairt gràdhach. Ach chan urrainn dhuinn a dhol air ais gu àm leanabais agus tòiseachadh a-rithist. Eadhon ged a b'urrainn dhuinn, chan eil sin a' ciallachadh gun dèanadh d'athair rud diofraichte sam bith an àrdna uair. Bidh sinn a' dèligeadh ris an duilgheadas bho far a bheil sinn, chan ann far am bu chòir dhuinn a bhith. Tha thu a-nis nad inbheach, agus mar Chrìosdaidh tha slighe gun chrìoch agad gu gràdh agus maitheanas. Mura h-eil an t-slighe seo agad, tha e gu firinneach comasach nach eil thu nad Chrìosdaidh.

Mar Chrìosdaidh, dh'fhaodadh gum bi agad ri aideachadh do Dhia gu bheil an dìth gràdh seo agad dha athair. An e peacadh a th'ann? Se, se peacadh a th'ann. Tha e na eas-ùmhachd do dh'àithne Dhè. Thathas air àithne dhuinn a bhith a' gràdhachadh ar nàbaidhean, a' gràdhachadh ar bràithrean agus a' gràdhachadh ar nàimhdean. Mura h-eil thu den bheachd gu bheil d'athair a' tighinn a-steach do ghnìe de na buidhnean sin, is dòcha gum bu chòir dhut sgrùedadh a dhèanamh air feart neo-chùmhñantach gràdh agus an ceangal sgrìobtarail a tha eadar ùmhachd is gràdh. Às deidh dhut aideachadh a dhèanamh agus maitheanas fhaighinn, roghnaich d'athair a ghràdhachadh. Feumaidh an gràdh seo aithris, agus mar sin innse seo sa pharagraf seo.

4. Tha an ath pharagraf mar an àite far an innis thu dha cho taingeil sa tha thu dha. Mura h-eil thu taingeil, direach mar a bha le urram agus gràdh, is e do dhUILGHEADAS fhèin a th'ann, chan e an duilgheadas aigesan. Tha na ceumannan co-chosmhail. Nì thu aideachadh do Dhia mu do neo-thaing. Nuair a gheibh thu maitheanas, nochd do thaingealachd ri d'athair.

Page 26

Tha na ceithir eileamaidean sin riatanach agus deatamach. Tha na dhà a leanas mar bheachdan air dòighean eile air urram a nochdad.

1. Iarr air d'athair innse dhut no sgrìobhadh eachdraidh a bheatha. Is dòcha nach dèan e e, ach bidh e toilichte gu bheil thu airson faighinn a-mach mu dheidhinn.

2. Iarr comhairle air, gu coitcheann agus a thaobh cuspairean sònraichte. Tha seo mar phàirt de urram. Cuideachd sgrìobh an aon seòrsa litir gu do mhàthair, ach le aon atharrachadh. Bu chòir a' chiad paragraf aithris a dhèanamh air do ghràdh dhith, agus an dàrna paragraf aithris a dhèanamh air do spèis dhith. Tha feum aig gach gnè den chinne-daonna air gràdh is urram bho gach gnè. Den dithis, tha feum aig boireannaich air gràdh na tha aca air urram, agus tha feum aig fir air urram nas mothà na tha aca air gràdh. Ach, tha feum aig an dithis air gach cuid, agus cha bu chòir gum feumadh iad a chosnadh airson fhaighinn. Bu choir leantainn air an litir seo le litrichean pearsanta gràdhach eile, pògan agus aithrisean corporra eile (m.e., breith air làimh, ma tha iad blàth, làidir agus bras).

Faodar leantainn air an litir le mìneachadh, fhad 's nach tig leisgeulan no casaidean a-steach don mhìneachadh. Seo beachd: "Athair, tha fios agam gu bheil gràdh mòr agad dhomh. Chan eil thu air a bhith math air sin innse dhomh. Mar sin nuair a dh'fhàs mi suas cha robh mi den bheachd gu robh gràdh agad orm. Eadhon a-nis tha agam ri gabhail ris tro chreideamh. Ma bha thu a' smaoineachadh carson a bha mi crosga bho bha mi sa bhun-sgoil gu robh mi sa cholaisde, tha mi smaoineachadh gu robh mi a' sireadh gràdh fireann. Gu dearbh cha d'fhuair mi sin. Bhathas ga fhaighinn bhuam. A-nis tha thu a' beachdachadh air mo litir thugad agus na pògan a bheir mi dhut nuair a thig mi a thadhal ort. Ged a tha cèile agus clann agam a-nis, tha feum agam fhathast air m'athair, agus tha feum agadsa ormsa. Is ann air sgàth sin a tha mi gad phògadh. Bha mi a' smaoineachadh gum bithinn adhartach. Tha mi a' toirt seachad gus am faigh me." Atharraich an eisimpleir seo dhut fhèin. Nuair a gheibh do phàrantan an dà litir sin, tha coltas gun tachair grunn rudan.

1. Thèid an litir a leughadh barrachd air aon uair.
2. Cha tèid a thilgeil air falbh.
3. Gheibh thu seòrsa a choireigin de fhreagairt fàbharach.

Mura faigh thu freagairt, na bi a' smaoineachadh gun rinn thu rudeigin ceàrr. Bi foighidneach agus lean ort le bhith a' toirt seachad. Tha cuid de chultairean nach eil math air faireachdaidhean aithris, ach a-mhàin le bhith feargach m.e. feadhainn air taobh tuath na h-Eòrpa). Dh'fhaodadh gum bi an seòrsa aithris seo bhuat na chùis-nàrachaидh dha do phàrantan. Ach bidh iad fhathast airson an gràdh aithriste seo eadhon ged nach bi fios aca ciamar a bheir iad freagairt dha.

Sgrìobh aon duine a bha shuas anns na leth-cheudan an seòrsa litir seo gu athair. Fhreagair a mhàthair. "Tha mi air a bhith pòsda ri d'athair airson trì-fichead bliadhna. Nuair a leugh e do litir, b'e sin a' chiad uair sa phòsadh againn a chunnaic mi dedòir na shùilean." Tràth anns na 1980n, chum sinn sgoil shamhraidh mu Chriosdaidheachd làimhseachail aig Taigh Delta ann an Oilthigh Idaho. Bha timcheall air 40 oileanach an làthair. Bha urram dha pàrantan mar aon

de na cuspairean. An ath fhoghar ann an clas Bioball meadhan-là aig Oilthigh Stàite Washington, bha mi a' teagasg air an aon chuspair a-rithist. Bhruidhinn aon de na h-oileanaich. Thug e dhuinn sgeulachd a bha rudeigin mar a leanas:

“Dh’ionnsaich mi seo as t-samhradh a chaidh aig Taigh Delta. Nuair a bha mi sia bliadhna deug chuir m’athair mi a-mach às an taigh agus thuirt e rium falbh, ag ràdh nach fhaiceadh e mi gu bràth tuilleadh. Dh’fhàg mi mo dhachaigh. Às deidh sin thàinig mi gu bhith nam Chrìosdaidh agus phòs mi Crìosdaidh. A-nis tha mi nam oilleanach ann an eaconamas aig WSU. San eadar-ama cha robh mi air m’athair fhaicinn. Bha mo phàrantan faisg air a bhith dealaichte, a’ fuireach ann an seòmraichean-cadail eadar-dhealaichte aig an taigh (ann an aon de stàitean nam Priomh Raointean). Nuair a dh’ionnsaich mi mun chuspair seo, sgrìobh mi dà litir, aon gu m’athair agus aon gum mhàthair. Chaith mi grunn làithean a’ sgrìobhadh gach aon, agus mar sin chaidh an cuir air falbh beagan làithean às deidh a chèile. Airson adhbhar a choireigin ràinig na litrichean air an aon latha, agus bha mo dhithis phàrant aig an taigh. Leis gu robh seòladh faladh air na litrichean, thug mo mhàthair an litir aice don rùm aice, agus thug m’athar an litir aige don rùm aigesan.

Às deidh dhaibh na litrichean a leughadh, thug iad dha chèile iad agus a-rithist chaidh iad gu na rumannan fa-leth aca airson an leughadh. Nuair a thàinig iad a-mach, bha deòir ann an sùilean m’athair agus thuirt e, ‘Tha mi dol a dh’itealaich gu Pullman gus mo mhac fhaicinn.’ Tha mi air a bhith a’ faicinn m’athair bhon t-samhradh a chaidh, agus chaidh pòsadh mo phàrantan a ghlèidheadh.”

Tha dà dhuilgheadas ann, duilgheadas a’ chridhe agus duilgheadas a’ ghniomh. Tha duilgheadas a’ chridhe ann an-toiseach. Feumaidh tu dèiligeadh ri do mhì-ghràdh, do easurram, do mhì-thaing le bhith a’ dèanamh aithreachas fa chomhair Dhè. Le bhith a’ sgrìobhadh litir às aonais maitheanas fhaighinn bho Dhia, tha sin a’ ciallachadh gum bi do litir mì-onarach agus cealgach. Dh’faodadh gum bi agad ri feitheamh deagh għreis airson d’athair tionndaidh riut an toiseach. Chan urrainn dhut feitheamh ri sin. Às deidh dhut a bhith air do għlanadh, sgrìobh na litrichean. An uairsin, cùm ort a’ sgrìobhadh litrichean, a’ fònadh, agus a’ tadhal, ag aithris urram, gràdh agus taingealachd. Atharraichidh na rudan sin thu le bhith gan dèanamh. Bidh thu nad chèile, nad mhac, nad athair, nad bhean, nad nighean agus nad mhàthair nas fhearr. Bheir do għrādh agus d’ūmhlaħd gràdh seachad airson mīl ġinealach.

Page 27

IUIL STIÙIRIDH: Dàimhean le pàrantan

Na dèan dhut fhèin dealbh snaidhte, no coslas air bith a dh'aon nì a tha shuas air nèamh, no a tha shios air an talamh, no a tha anns na h-uisgeachan fon talamh. Na crom thu fhèin sìos dhaibh, agus na dèan seirbheis dhaibh; oir mise an Tighearna do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantainn aingidheachd nan athraichean air a' chloinn, agus air an treas agus air a' cheathramh għinealach dhiubhsan a dh'fhuathacheas mi. Agus a' dèanamh tròcair do mhiltean dhiubhsan a għrādhaicheas mi, agus a ghleidheas m'āitheantan. Deuteronomi 5:8-10.

Ceisteán beachdachaidh

1. Dè tha Deuteronomi 5:8-10 ag innse dhuinn mu pheacaidhean ar n-athraichean?
2. Dè tha Dia a’ gealltainn dhaibhsan aig a bheil gràdh air agus a tha a’ glèidheadh àitheantan? (Deuteronomi 5:10)
3. Dè dh’fheumas tachairt gus stad a chur air peacaidhean an athair a bhith air an leantainn sìos bho aon ġħinealach chun ath fhear? (Mal. 4:5-6 agus Lucas 1:17)

Thoir urram dod athair is dod mhàthair, mar a dh' àithn an Tighearna do Dhia dhut; a chum gum buannachar do làithean, agus gun èirich gu math dhut, anns an fhearrann a bheir an Tighearna do Dhia dhut. (Deuteronomi 5:16)

4. Dè bhios ga dhèanamh comasach dhuinn ar cridheachan a thionndaidh a dh' ionnsaigh ar n-athair no ar màthair? (Deuteronomi 5:9, Deuteronomi 5:16, agus Malachi 4:5-6)

5. Dè na ceumannan air adhart a dh' fhaodar a ghabhail gu bhith a' leasachadh cridhe aithreachais agus a' tionndaidh droch naidheachd nan trì no ceithir ghinealachean gu bhith na dheagh naidheachd airson mìltean de ghinealaichean?

An ath cheum: A' freagairt Facal Dhè

Smaoinich air searbhachd agus fearg nach b' urrainn dhut a leigeil seachad leat fhèin. *Iarr* air Dia comas a thoirt dhut gus searbhachd a leigeil seachad, fearg a leigeil seachad, agus na faireachdainnean mu ana-ceartas Ris-san a leigeil seachad. *Dèan freagairt* tro aideachadh, a' leigeil le do chridhe a bhith air ionnlaid agus ath-nuadhachadh. An uairsin smaoinich air litir a sgríobhadh a' toirt a-steach na ceithir eileamaidean a chaidh an liostadh. *Biodh fhios agad uime sin, an Tighearna do Dhia gur esan Dia, an Dia firinneach, a chumas coicheangal agus tròcain riùsan a ghràdhcheas e, agus a ghlèidheas a àitheantan, gu mìle ginealach.* (Deut. 7:9).

Gràdh lionte

Jim Wilson

Tha Dia ag àithne dhuinn a bhith a' gràdhachadh. Tha na h-àitheantan sin a' buntainn ri mnathan, bràithrean, nàbaidhean, coigrich agus nàimhdean. Is e an gràdh seo an gràdh **sin** a bha aig Dia dhuinn nuair a bhàsaich ìosa Cròsd air ar son. Tha e iobairteach; tha e air a dhèanamh suas den phrìomh aithris aige, **toirt seachad**. Tha e air a dhealbhadh airson a bhith èifeachdach. Dh'obraich e airson ar saoradh.

Tha gràdh a' feumachdainn cuspair, agus tha gràdh a' feumachdainn modh-labhairt. "Oir is ann mar sin a ghràdhcheas Dia an **saoghal**, gun **tug** e a aon-ghin Mhic fhèin..." (Eòin 3:16). Bha an **saoghal** mar chuspair a' ghràidh, agus bha **toirt seachad** mar mhodh-labhairt a' ghràidh. Cha robh an gràdh seo leth-chridheach no mì-chinnteach no "faisg air a bhith gu leòr." Bha e coileanta agus nas mothà na gu leòr airson peacaidhean agus peacaich san t-saoghal seo. "Ach far an do mheudaicheadh am peacadh, **bu ro-mhò a mheudaicheadh gràs...**" (Romanach 5:20).

Le bhith a' toirt ùmhlachd do na h-àitheantan sin a bhith a' gràdhachadh, tha sinn gu bhith a' gràdhachadh mar a ghràdhcheas Dia. Tha sin neo-chùmhantach agus às aonais glèidheadh neo aindeòin. Bu chòir gum **biodh** agus gun toireadh sinn **seachad** barrachd gràdh don neach aig a bheil feum air gus am bi fheum airson gràdh air a shàsachadh. 'S dòcha gum bi thu a' smaoineachadh gu bheil sin eu-comasach. Tha an duine seo cho goirt airson gràdh is gu bheil toirt gràdh dha mar gum bi thu a' taomadh uisge sìos toll radain. Tha thu cho cinnteach gun ruith thu a-mach à gràdh mus bi an duine seo a tha cho goirt airson gràdh air a shàsachadh leis. Dh'fhaodadh seo a bhith fior ma tha thu a' cuinntadh air gràdh fhaighinn air ais bhuaidhe gu na feumalachdan agad **fhèin** a shàsachadh. Ach ma bhios an Spiorad Naomh gad ath-lionadh, cha ruith thu a-riamh a-mach à gràdh.

A-nis cleachdamaid am prionnsapal seo mu bhith a' togail chloinn. Tha mòran dhuilgheadasan eadar-dhealaichte ann mu bhith a' togail chloinn a dh'fheumas tuigse agus a' cur prionnsapalan a' bhiobaill an gniomh. Seo cuid de na duilgheadasan sin.

1. Gainnead ùmhlachd

2. Gainnead smachd èifeachdach a thaobh eas-ùmhlachd

3. Gainnead trèanadh is teagast èifeachdach
4. Spàirn agus eudachd am measg bhràithrean/pheathraighean
5. Dòighean tarraing-aire caoineadh, rà nail agus braghagan
6. Comharraidhean neo-thèarainteachd leithid còmhradh àrd, foinneachan, cus cuideam, sgrìobadh, bualadh, bìdeadh, sgrìobadh na bodhaig, agus gluasadan làimhe.

Tha feum aig gach cuspair sin air leabhar; gu dearbh chaidh leabhraichean a sgrìobhadh air gach cuspair sin. Is dòcha gun leugh thu cuid dhiubh agus air cuir rudan an gnìomh a dh'ionnsaich thu anns an leabhar, agus, a thaobh cuid dhuibh, cha do dh'obraich na chuir sibh an gnìomh. Tha e furasta a thighinn chun cho-dhùnadu gu bheil an leabhar ceàrr. Dh'fhaodadh gun robh an leabhar ceart, agus gun robh ga chuir an gnìomh ceart.

Page 28

Dè a chaidh ceàrr? Seo am prionnsapal air an deach aithris na bu thràithe. Canaigh mi gur e **gràdh lìonte** a th'ann. Tha gràdh lìonte eadar-dhealaichte bho gràdh gu leòr, àm càileachd, no àm fada. Tha e a' toirt a-steach na dhà mu dheireadh ach cuideachd **aire gun stad**. Tha lìonadh a' ciallachadh gun ruigeadh an ìre as àirde. Tha lionn leaghte lìonte a' ciallachadh nach urrainn an lionn-sgaoilidh a sgaoileadh nas fhaide. Mar eisimpleir, ma chumas tu a' lionadh agus a' measgachadh barrachd is barrachd siùcar ann an glainne uisge, thig an t-uisge gu bhith làn le shiùcar, a' ciallachadh nach sgaoil an siùcar nas mothà ann. Às deidh an ìre sgaoilidh, tuitidh an siùcar a bharrachd gu bonn na glainne – chan eil e comasach don t-siùcar a sgaoileadh tuilleadh.

Tha an aon rud le gràdh. **Tha e comasach** neach a lìonadh le gràdh gus nach gabhar idir ri gràdh a bharrachd. Chan eileas ga chuir air falbh; 's e a th'ann nach eil feum air. Thairis air na bliadhnaichean tha mi air iarraidh air luchd-èisteachd an làmhan a chuir suas ma bha iad den bheachd gun robh gràdh aig am párantan orra. Chuireadh còrr air 95% an làmhan suas. Cha robh e a-riamh aig 100%, ach bha an ceudad an còmhnaidh àrd. An uairsin chuirinn a' cheist seo orrasan a chuir suas an làmhan - "A bheil sibh a' smaoineachadh gun deach **gu leòr** den ghràdh seo a nochadh dhuibh?" Is e dìreach leth den àireamh a chumadh an làmhan suas. B'e an treas ceist: "A-mach às an fheadhainn agaibh a tha den bheachd gun do nochd ur párantan gu leòr gràdh dhuibh, am biodh e comasach dhuibh gabhail ri eadhon barrachd gràdh?" Chumadh a h-uile duine an làmhan suas.

1. Gun ghràdh
2. Beagan gràdh
3. Gràdh gu leòr
4. Feum air **eadhon barrachd gràdh**

Cha robh duine dhiubh den bheachd gun d'fhuair e gu leòr gràdh bho a phàrantan. Canaigh a' chlann aca, ma thèid faighneachd dhaibh, an aon rud mun deidhinn-sa. Dè na toraidhean a tha a' tighinn bho gun a bhith a' faighinn gu leòr gràdh? Tha eas-ùmhlachd ann an coimeas gu dìreach a rèir gainnead a' ghràidh.* Chan eil smachd airson an eas-ùmhlachd, eadhon ged a bheirear seachad e san dòigh cheart, èifeachdach mura h-eil an leanabh a' faighinn gu leòr gràdh. Bidh e a' smaoineachadh, "B'e an turas mu dheireadh a chaidh aire a thoirt dhomh an seo an turas mu dheireadh a fhuair mi dèiseag."

Tha an eas-ùmhlachd aige a' nochdad mar mheadhan dha air aire fhaighinn. Mar sin tha an trèanadh agus an teagast agad mi-èifeachdach mura h-eil thu a' toirt gràdh gu leòr dha do leanabh. Tha farmad bhràithrean/pheathraighean, farpais, fèinealachd, agus eudachd ann an coimeas an taobh eile a rèir a' ghràdh a bheir thu dha do chloinn. Mar sin, nuair a tha a h-uile leanabh air an lìonadh le gràdh, chan eil farmad, còmhstri, no sabaid idir ann no ach glè bheag dheth ann. Mar as mothà an gràdh, is ann as isle a' chaoineadh, an eas-ùmhlachd, agus an

eudachd, agus nas lugh aghaidh agus braghagan. Cuideachd, mar as moth a' ghràdh, is ann as luaithe a thig an leanabh gu bhith na Chriosdaidh.

“Neo an dèan thu tarcais air saoibhreas a mhaitheas, agus a fhoighidinn, agus a fhad-fhulangais, gun fhios a bhith agad gu bheil maiteas Dhè gad threòrachadh a-chum aithreachas?” (Romanaich 2:4)

B'e dòigh Dhè airson ar stiùireadh gu aithreachas a bhith a' dòrtadh oirnn coibhneas agus fulangas is foighidinn a nochdadh dhuinn eadhon nuair a bha sinn nar peacaich. Nach bu chòir dhuinn a bhith daingeann a' dèanamh seo dhar cloinn.

Dè na duilgheadasan a tha againn? **Chan eil sinn airson** pògan is aire a thoirt dha cuideigin a tha a' caoineadh. Chan eil sinn airson droch ghiùlan a cheadachadh. Tha sin fior, ach chan eil sinn a' ceadachadh droch ghiùlan. Tha sinn ga leigheas. Chan eil an toirt seachad seo a' gèilleadh ri abairtean an leanaibh, ach ri fhìor fheumalachdan. Tha an t-sealladh aigesan nas fhìor nan t-sealladh agadsa.

Tha an “neach-caoinidh” ag iarraidh aire – aire gràdhach. Bheir sinn aire do leanabh òg nuair a bhios e a' gul. Dh'fhaodadh nach eil dad ceàrr; nach eil e acrach, fliuch, salach, no tinn; tha e direach ag iarraidh beagan gràdhachadh. Nuair a tha an leanabh dhà no trì no naoi no deich agus e ag iarraidh aire, chan eil sinn airson a thoirt seachad. Chan eil sinn a' smaoineachadh gu bheil feum aig an leanabh air. Creid mi, ma tha e ga iarraidh, tha feum aige air.

Nuair a tha e air a **lionadh** sguiridh e a bhith ag iarraidh. (Air an làimh eile tha cuid de chloinn ann a tha feumach air aire ach **nach iarr** e. Tha iad a' feumachdaiann agus a' faighinn nas lugh a nan *neach-iarraidh*. Seach nach eil iad ag iarraidh, dh'fhaodadh tu a bhith den bheachd gu bheil iad sàsaichte.) Is e an duilgheadas a tha againn gum bi sinn a' ruith a-mach à “toirt seachad” mus ruith an leanabh a-mach à iarrtas. Tha sinn den bheachd nach sgur e **gu bràth** ag iarraidh ar n-aire, agus mar sin sguiridh sinn ga thoirt seachad mus bu chòir dhuinn sgur. Agus nam biodh sinn air cumail oirnn a' toirt seachad aire, gheibheadh sinn a-mach gum biodh an leanabh againn a' fàs sàsachte. Bidh an leanabh air a lionadh agus mar thoradh air an sin bidh e gu math cinnteach agus iarraidh e glè bheag anns na bliadhnaichean ri teachd. Tha a' chinnt seo air leth cudromach a thaobh ùmhlachd do leanaibh dhutsa.

O chionn grunn bhliadhnaichean bha balach beag ann air an robh fuinneachan air a làimh chlì agus air a ghàirdean. Tha mi a' smaoineachadh gu robh ochd-deug dhiubh ann gu lèir. Bha iad air airson grunn mhìosan. Aon latha thuit athair ris, “Iain, am bu toil leat gun iarrainn air Dia ann an ùrnaigh na fuinneachan agad a thoirt air falbh?” Fhreagair Iain, “Cha bu toil, is iad mo charaidean, bidh mi a' cluich leotha.” Bha fios aig athair gu robh na fuinneachan sin mar fhianais air mì-chinnt a' bhalaich agus gun robh a' mhì-chinnt sin mar thoradh air a' ghainneadh aire gràdhach a thug athair dha mhac. Thàinig an athair gu co-dhùnadh agus lean e sin troimhe le mòran aire gràdhach. Dh' fhalbh na fuinneachan ann an ùine glè ghoirid.

O chionn mòran bhliadhnaichean bha mi faisg air teaghlaich òg ag an robh ceithir bhalaich aig aois ro-sgoile, aig aois aon, dha, trì agus ceithir. Aon latha thàinig na párantan gam fhaicinn mun bhalach as sine aca. Bha dà dhuilgheadas mòr aige air nach b'urrainn dhaibh fuasgladh fhaighinn.

1) Bhiodh e a' bualadh gach fear de na braithrean beaga aige fad an latha. Bhithear ga cheartachadh gach turas, aon chuid le bhith ag èigheachd ris no a' toirt dèiseag dha no an dà chuid.

2) Bha e air an craiceann a shlaodadh bho aghaidh ann an grunn àiteachan agus bha sgrìoban dearg air feadh aghaidh. Bha a choltas mar gun robh a' ghriùthlach air.

Cha robh coltas gu robh na dèiseagan ag obair. Bha a' cheist soilleir gu leòr, "Dè as urrainn dhuinn a dhèanamh?" Ged a thug e barrachd ùine dhomh a ràdh na bheir e dhut seo a leughadh, is e seo an fhreagairt:

Page 29

"An ath uair a bhuaileas am fear as sine bràthair beag, tog e agus thoir pòg dha." Am freagairt aice, "Chan eil mi airson a bhith a' cur taic ris an leithid de dhol a-mach." "Na gabh dragh, tha e air an t-suidheachadh a thuigsinn mu thràth. Chan e a-mhàin gum bu chòir dhut pòg a thoit dha an ath uair a bhuaileas e a bhràthair, tha mi airson gun toir thu pòg dha fad an latha. Chan eil e air gràdh gu leòr fhaighinn bho rugadh an dàrna mac, agus a-nis tha àireamh a-trì agus a-ceithir ann. Is e an aon uair a gheibh e aire nuair a bhios e crosda. Mar sin bidh e a' bualadh a bhràthair beag airson aire fhaighinn. Bidh e a' sgriobadh aghaidh seach gu bheil e mì-chinnteach. Tha mi cinnteach ma thaomas tu aire gràdhach air nas mothà agus nas mothà, gun slànaich aghaidh agus sguiridh e a bhith a' bualadh a bhràithrean beaga an ceann dà sheachdain." Thuir i, "Chan eil mi a' smaoineachadh gun urrainn dhomh sin a dhèanamh." "Carson?" "Cha mhòr gun caomh leam e tuilleadh."

Dh'aidich na párantan am peacadh agus chuir iad seo an gniomh. Thàinig na co-dhùnaidhean a chaidh ro-innse gu buil. Thàinig athair le mac 12-bliadhna a dh'aois a bha gu math beothail airson cuideachadh. Bha duilgheadasan smachd air a bhith aig a' bhalach airson a bhith ri mì-mhodh le rudan beaga agus cha robh coltas ann gun dh'ionnsaich e bho na thachair dha. Bha duilgheadas aig a' bhalach cuideachd le bhith faighinn air adhart le a cho-aoisean. Bha na párantan air a bhith toirt deagh ìre de ghràdh, aire, agus ùine don bhalach, ach a dhaindeoin sin cha ghabhadh e ri ceartachadh, agus cha dèanadh e aithreachas nuair a gheibheadh e grunn dhèiseagan.

Thuir mi ri athair **nach b'urrainn dha cus gràdh a thoit dha**. Thug an athair, agus e ann an àmhgar airson adhartas fhaighinn, **barrachd** de ghràdh corporra dha agus **lughdaich** e an ìre de cheartachadh beòil a bheireadh e seachad airson rudan beaga. An uairsin thug an athair am balach gu teicheadh fireann far na chum e a mhac na ghàirdeanan fad an turas dhan dà-uair a-thìde ann agus air ais, agus ga chumail ri thaobh tro na seiseanan còmhraig. Nuair a thill iad dhachaigh, dh'aithnich a mhathair sa bhad gu robh atharrachadh ann am modh-giùlain a' bhalaich agus cho deònach sa bha e a' gabhail ri modh dàimh a bharrachd air mar a bha e airson faighinn air adhart le clann eile.

Ann am bliadhnaichean de bhith cur cheistean agus ag èisteachd ri freagairtean, tha aon fhreagairt a tha a' seasamh a-mach. "Cha chuala m a-riamh m'athair ag aideachadh gu robh e ceàrr mu rud sam bith. Ach bha fios aig Mam gu robh e ceàrr; bha fios againne mar chloinn gu robh e ceàrr; bha fios aig Dia gu robh e ceàrr, agus bha fios aige fhèin, ach chan aidicheadh e fhèin e."

Dh'fhaodadh an aon aithris a bhith fior mu chuid agaibhse de dh'athraichean aig a bheil clann air fàs agus air falbh. Is dòcha gu bheil sibh a' leughadh seo agus ag aithneachadh nach do chleachd sibh gràdh **lionte** nuair a bha iad a' fàs suas. San eadar-ama, tha a h-uile seòrsa duilgheadas air a bhith aca. Tha cuid eile dhiubh aig a bheil clann a tha nan deugairean, nach eil air falbh bhon dachaigh, ach nach eil nan clann beaga "gràdhmhòr".

Dè as urrainn dhuibh dèanamh mu dheidhinn a-nis? Faodaidh sibh an-toiseach aideachadh a dhèanamh do Dhia mun **h-uile** droch ghnìomh agaibh leithid cus smachd, cuir-sìos, tàire, cluais bhodhar, èigheachd, fearg, annsachd, gainnead gràdh labhairt, msaa. Às deidh seo, faodaidh tu sgrìobhadh gu gach aon den chloinn agad ag innse dhaibh na tha thu air aideachadh do Dhia.

Faodaidh tu innse dhaibh gu bheil thu air do ghnìomhan agus do sheasamh aideachadh do Dhia. Faodaidh tu cuideachd rudan sònraichte aideachadh mar as cuimhne dhut. Faodaidh tu iarraidh air a' chlann rudan a thoirt gu d'aire a tha **fhathast** gan goirteachadh, dìreach mar a dh'fhaodas **tu fhèin** a bhith fhathast goirt mun dòigh san do làimhsich d'athair fhèin thu. Nuair a dh'innseas iad sin dhut, **na bi** gad dhòn fhèin, dìreach bi duilich le doilgheas diadhaidh. "Oir obraichidh am bròn diadhaidh aithreachas a-chum slàinte de nach gabhar aithreachas; ach obraichidh doilgheas an t-saoghail bàs" (2 Corintianaich 7:10). An uairsin aithris do ghràdh dhaibh ann an **iomadach** dòigh.

Ma tha do chlann fhathast còmhla riut, dèan an aon rud, ach a-mhàin gum bu chòir dha a bhith gu pearsanta a bharrachd air a bhith ann an litir. Tha an litir cudromach oir 1) is urrainn dhut gach nì a ràdh às aonais a bhith air do stad, 2) faodar an litir a leughadh iomadach uair, agus 3) thèid an litir a chumail. Cuimhnich, tha feum aig gach gnè air mòran gràdh bho gach gnè de phàrantan. Ma tha thu dealaichte, mar sin tha gràdh lionte mòran nas duilge, ach fhathast deatamach. Ma tha thu a' farpais airson gràdh agus dilseachd do chloinn le bhith a' cur sios air do chèile roimhe seo no le bhith a' ceannach gràdh do chloinn, tha seo a' dol an aghaidh gnothaichean. Chan e a-mhàin gu bheil e nas luga na gràdh lionte, chan e gràdh idir a th'ann.

Is e aon de na dòighean as fheàrr airson gràdh a nochdad dha do chloinn, **gun a bhith** a' sabaid le do chèile. Tha seo na phrìomh adhbhar air miù-chinnt. Ma bhios sibh uair sam bith ag eas-aontachadh, cha bu chòir a' chlann a chluinntinn **uair sam bith**. Ma tha e air a bhith na cleachdad a bhith a' sabaid no ag eas-aontachadh le do chèile mu choinneimh na cloinne, aidich d'eachdraidh do Dhia, an uairsin ri do chèile agus do chlann, agus cuir an t-sabaid air do chùl.

* *Tha fios againn gun rugadh an leanabh agus an uairsin gu bheil e a' cleachdad nàdar peacach. Is e an nàdar peacach am prìomh adhbhar airson an eas-ùmhachd aige. Bidh seo ag atharrachadh nuair a thèid iompachadh. Gach cuid roimhe agus às deidh an iompachadh aige tha buaidh aig dìth gràdh air an eas-ùmhachd aige..*

Page 30

IÙIL STIÙIRIDH: Gràdh lionte

Oir is ann mar sin a ghràdh aich Dia an saoghal, gun tug e a aon-ghin Mhic fhèin, a-chum is ge bè neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gum bi a' bheatha shiorraidh aige. Eòin 3:16

Ceistean beachdachaidh

1. Dèan liosta de dh'adhbharan gum biodh neach a' faireachdainn goirt a thaobh dìth gràdh. *Tha gràdh lionte eadar-dhealaichte bho gràdh gu leòr, àm càileachd, no àm fada. Tha liònadh a' ciällachadh gun ruigeadh an ìre as àirde: Tha feum an neach air gràdh air a choileanadh gu tur.*
2. Thoir cunntas air suidheachadh anns an d'fhuair thu "gràdh lionte" no gun robh e comasach dhut "gràdh lionte" a thoirt do neach eile.
3. Dè na comharran a thig bho gun a bhith a' faighinn gu leòr gràdh? *Bidh Dia gar stiùireadh gu aithreachas le bhith a' dòrtadh oirnn coibhneas, a' nochdad fulangas agus foighidinn dhuinn eadhon ged a pheacaich sinn na Aghaidh. Is e seo am modal a chuir Dia mur coinneamh mar phàrantan.*
4. Ciamar as urrainn modal Dhè a chuir an gniomh nuar a bhios sinn nar párrantan don chloinn againn?
5. Dè na ceumannan as urrainn dhuinn a ghabhail gus na ana-ceartan a rinn sinn a cheartachadh?

Oir obraichidh am bròn diadhaidh aithreachas a-chum slàinte de nach gabhar aithreachas; ach obraichidh doilgeas an t-saoghail bàs. (2 Corintianaich 7:10)

An ath cheum: A' freagairt Facal Dhè

Bidh peacaidhean nach aidich sinn gar cumail air ais bho dhàimh nas dlùithe ri Dia agus cuid eile nar beatha. Feumaidh sinn ar peacadh aideachadh ri Dia agus *iarraidh* Air ar cuideachadh gus am peacadh sin a cheartachadh. Bidh Dia ag iarraidh oirnn *freagairt* le bhith ag aideachadh ar peacadh ri ar cèile agus ar cloinn le cridhe coibhneil, co-fhulangach agus maoth. *Bithibh coibhneil teò-chridheach da chèile; a' toirt maitheanas da chèile, eadhon mar a thug Dia maitheanas dhuibhse ann an Crìosd.* (Ephèsianaich 4:32)

Ciamar as urrainn do bhoireannach a bhith tèarainte?

Jim Wilson

Chaidh am boireannach a chruthachadh le Dia gu bhith air a gràdhachadh, air a solarachadh, agus gum biodh i a' faireachdainn cinnteach innte fhèin. Ach, airson diofar adhbharan dh'fhaodadh nach bi boireannach a' faireachdainn gu bheil i air a gràdhachadh, air a dòn, no tèarainte. Tha tèarainteachd gu tric na obair de fhìrinn chuspaireach agus faireachdainn beachdail. Is e a tha mi a' ciallachadh le sin gu bheil cuid de bhoireannaich air am pàrantan, an cèile, an cuid cloinne, an cuid bìdh, agus an cuid aodaich a chall. Gu cuspaireach, tha adhbhar aca airson nach eil iad a' faireachdainn tèarainte, ach gu beachdail is dòcha nach eil iad a' faireachdainn neo-thearainte. Aig an aon àm tha e comasach a bhith a' faireachdainn neo-thearainte agus smaoineachadh air dè a tha deatamach gu cuspaireach airson an fheum seo a lionadh. Seo eisimpleir:

Can gu bheil am boireannach a' faireachdainn neo-thearainte. Tha an fhaireachdайн cho làidir is gu bheil i dearbhte gu bheil e cuideachd firinneach gu cuspaireach. Is e priomh fheum a' bhoireannaich a' bheàrn sin a lionadh. Tha i den bheachd gun lòn fireannach e. Tha sin firinneach gu ìre. Ach, tha an fheum cho mòr is gum faigh i fear nach urrainn a lionadh.

Chan urrainn e a lionadh seach gu bheil e cuideachd faladh agus gu bheil esan a' sireadh boireannach airson a' bheàrn sin a lionadh dhasan. Bidh dithis a tha faladh, neo-thearainte a' pòsadh a chèile gus na feumalachdan aca fhèin a shàsachadh. Cha bhith sin a' tachairt. A-nis tha am boireannach nas neo-thearainte na bha i a-riamh. Tha i den bheachd ma bhios leanabh aice gun coinnich sin ris an fheum aice. A-rithist, chan eil sin ach firinneach gu ìre. Chaidh boireannach a chruthachadh airson a bhith a' giùlan phàisdean. Ach, tha pàisdean làn feum, agus làn iarrtais. Tha barrachd iarrasan a-nis air a' bhoireannach neo-thearainte nas urrainn dhith a làimhseachadh, gu sònraichte ma tha mòran chloinn aice. A-nis tha i neo-thearainte agus air a sàrachadh. Tha i a' smaoineachadh gu bheil feum aice air dachaigh nas fheàrr le àirneis nas fheàrr. Feumaidh seo barrachd airgid. Feumaidh ise a dhol a dh'obair a bharrachd air a cèile. A-nis tha i sgìth, neo-thearainte agus air a sàrachadh. A-nis is e a th'aice ach aodach, ceòl, cuirmean agus is dòcha fear eadar-dhealaichte. Chan eil a cèile romansach gu leòr. Tharraing e a-mach tràth sa phòsadh leis nach robhas a' coinneachadh ris na feumalachdan aigesan.

Tha seo mar chunntas air grunn bhoireannaich air a bheil mi eòlach an-dràsta. Tha cuid dhiubh air a bhith pòsda barrachd air aon uair agus fir eile air a bhith aca. Tha cuid dhiubh an sàs ann an seilbh.

Tha iad a' faighinn a-mach, rudeigin anmoch, nach bi fear, clann, taigh, seilbh, agus cuirmean a' lionadh a' bheàrn a th'aca agus a' toirt an tèarainteachd dhaibh a tha iad a' sireadh. Feumar an fheum seo a shàsachadh, ach tha an fhèinealachd a tha a' cumail air gu feum coinneachadh ris a' dèanamh cinnteach nach tèid coinneachadh ris eadhon ged a gheibh i am fear, a' chlann, an taigh, agus an t-seilbh.

Feumar cuidteas fhaighinn den fhèinealachd an toiseach. Bidh an fhèinealachd mar dhòrn beag teann na h-anam. Bidh an dòrn, fèineil, teann sin a' lughdachadh agus a' sgrios an duine còmhla ris. Mu choinneimh Dia, feumar aithreachas a dhèanamh airson an fhèinealachd, 's e sin aideachadh, a thrèigsinn, agus àicheadh. An uairsin bidh aoibhneas, sìth, agus saorsa mhìorbhuileach aice a bheir Dia dhith. Bidh i an uairsin gu math tèarainte ann an Crìosd.

A thaobh tèarainteachd mar a thathas ga thoirt seachad san t-saoghal seo, tha sin a' tighinn bho bhith dlùth ri a h-athair, a màthair, a bràithrean, a peathraichean, agus an teaghach air fad. An uairsin tha e a' tighinn bho na bràithrean agus na peathraichean aice ann an Crìosd a tha gràdhach agus a' toirt seachad. Thig e bhuaipe-se a bhith gràdhach agus a' toirt seachad do gach neach, eadhon ged nach toir iadsan seachad gràdh dhith fhèin. Dh'fhaodadh e a thiginn bho a cèile, ach chan ann bho chèile san àm ri teachd. Tha mi ag ràdh seo oir cha bu chòir dhith a bhith a' pòsadh gus am faigheadh i tèarainteachd.

Bu chòir dhith a bhith tèarainte mus pòs i. An uairsin cha bhith dìth misneachd oirre no air a goirteachadh sa phòsadh. Ciamar a thig boireannach gu bhith tèarainte? Feumaidh i an t-sealladh aice aideachadh, chan e direach a' gnìomh aice. Feumaidh i co-dhùnadh, le gràs Dhè, gràdh a thoirt do a h-athair, a màthair, a bràithrean, agus a peathraichean. Chan urrainn a gràdh a bhith neo-chùmhñantach. Cha bu chòir dhith a ràdh, "Bidh gràdh agam dha ma ..." Chan fhaod "ma" a bhith ann.

Bidh an gràdhachadh seo a' toirt a-steach labhairt coibhneil, pògan, toirt seachad, agus gnìomhan cuideachail. Bu chòir dhith an gràdh seo a leudachadh a-mach gu barrachd is barrachd dhaoine.

Oir tha gràdh Chrìosd gar co-èigneachadh, air dhuinn breithneachadh mar seo, ma fhuair a h-aon bàs airson nan uile, gu robh na h-uile marbh. Agus gun d'fhuair e bàs airson nan uile, a-chum iadsan a tha beò nach biodh iad à seo suas beò dhaibh fhèin, ach dhàsan a dh'fhuiling am bàs air an son, agus a dh'èirich a-rithist. (2 Corintianaich 5:14,15)

B'e amas fad-ùine a' bhoireannaich a bhith diadhaidh, gràdhach, còir, aoibhneach, msaa. Bu chòir dhith cuideachd a bhith ag iarraidh gum biodh teaghach gràdhach aice agus clann gràdhach is oghaichean gràdhach aice. Bu chòir gum biodh i cuideachd ag iarraidh gun canar "Is math, a dheagh sheirbhisich fhìrinnich; imich a-steach do aoibhneas do Thighearna."

Gu làimhseachail, bu chòir dha boireannach ruighinn a-mach gu a h-athair airson toirt seachad agus faighinn. Tha am fuasgladh seo a' gabhail a-steach gu bheil am boireannach mu thràth na Crìosdaidh, sin ri radh gu bheil i tro chreideamh air Iosa Crìosd, Mac Dhè, fhaighinn mar Thighearna is mar Shlànaighear. Tha i air gluasad bho bhàs gu beatha. Is e seo toiseach tèarainteachd dhan h-uile duine, fireannaich is boireannaich.

IÙIL STIÙIRIDH: Ciamar a thig boireannach gu bhith tèarainte

Ach leasaichidh mo Dhia-sa ur n-uireasbhaidh uile, a rèir a shaoibhreis ann an glòir, tre Iosa Crìosd. Philipianaich 4:19

Ceistean beachdachaidh

1. Dè tha am Bioball ag ràdh mu bhith a' faireachdann sàbhailte is tèarainte anns na h-earrannan a leanas?

Deuteronomi 33:12

Salm 4:8

Gnàth-fhacail 29:25

1 Eòin 5:18

2. Dè a tha aig a' Bhìoball ri ràdh mu bhith air ar sàsachadh?

Gnàth-fhacail 30:15-16

Eclesiastes 5:10

Salm 63:5

Salm 103:5

Isaiah 53:11

Na dèanar aon nì tre chonnspaid, no tre ghlòir dhìomhain, ach ann an irioslachd inntinn measadh gach aon gur fheàrr neach eile na e fhèin. (Philipianaich 2:3)

3. Ciamar as urrainn dhuinn cuidheas fhaighinn bho fhèinealachd?

4. Dè na ceumannan a dh'fheumar a ghabhail airson a bhith a' faireachdann tèarainte? (Seumas 3:13-18)

An ath cheum: A' freagairt Facal Dhè

Smaoinich air raointean nad bheatha anns a bheil eudachd goirt agus sannt fèineil a' cur casg air do chomas a bhith nad neach-atharrais air Crìosd. Iarr gliocas Diadhaidh agus tuigse airson do stiùireadh. Freagair le bhith a' sireadh stiùireadh Bhuaithe gach latha. Iarraibh agus bheirear dhuibh; siribh, agus gheibh sibh; buailibh an doras agus fosglar dhuibh. Oir gach uile neach a dh' iarras, glacaidh e; agus ge bë a shireas, gheibh e; agus don tì a bhuaileas an doras, fosglar. (Mata 7:7-8)

Page 32

AN DUINE DLEASTANACH

Jim Wilson

Ma tha aon rud mòr a dhìth air inbhich fireann, ge b'e Crìosdaidh no neo-Chrìosdaidh, is e sin treibhdhireas. Tha am facal sin a' toirt a-steach onair, bunait moralta, glaineachd, neo-chealgachd, agus a bhith deònach gabhail ri **dleastanas**.

Is e am páirt seo de threibhdhireas ris a bheil sinn a' dèiligeadh an seo. Tha dleastanas mar aon de na feartan a tha anns an duine neo-fhèineil. Tha neo-dhleastanas mar aon de na feartan a tha anns an duine fèineil. Às deidh do neach gabhail ri Crìosd, bu chòir gum biodh dùil ri dleastanas mar fheart a bhiodh aige. Tha Dia air dleastanasan a chuir ann an righrean, riaghlaidearean, maighistirean, cèilean, agus athraichean. Thèid ar cumail cunnatachail do Dhia, ge bith a bheil no nach eil sinn dlestanach.

Mura bi sinn ann an gin de na dreuchdan gu h-àrd, bu chòir dhuinn a bhith a' trèanadh airson a bhith dlestanach. Tha e mar phàirt de fhearas. Tha sinn air sealladh saoghalta fhaighinn air a bhith fearail, i.e., gu bheil sin a rèir testosterone agus na toraidhean aige, le bhith a' sabaid, ag òl cus, ball-coise, sealg, saighdearachd, comasan feise, agus ùghdarras. Ann am mòran chûisean, tha cho falamh sa tha na feartan sin a' cumail an duine air falbh bho bhith gabhail ri dlestanas, a tha na fhìor fhianais de fhearas.

Bha Adhamh mi-dhlestanach nuair a thuirt e ri Dia ann an Genesis 3:12: *A' bhean a thug thu gu bhith maille rium, thug ise dhomh den chraoibh, agus dh'ith mi.*

Chuir Adhamh a' choire air a' bhoireannach agus air Dia. Fhreagair Dia ann an Genesis 3:17: *Ri Adhamh thuirt e, "Do bhrigh gun d'èist thu ri guth do mhnà, agus gun d'ith thu den chraobh, a dh' àithn mise dhut ag ràdh, Chan ith thu dhith, tha an talamh mallaichte air do shon; ann an doilgheas ithidh tu dheth uile làithean do bheatha."*

Tha fir air a bhith a' cur a' choire air na mnathan aca bhon uairsin, agus air a' chlann aca, agus air na ceannardan aca, agus air a h-uile duine ach iad fhèin. Bha Abram cuideachd neo-dhleastanach:

Agus nuair a bha e dlùth do dhol a-steach don Èiphit thuirt e ri Sàrai a bhean, Feuch a-nis, tha fhios agam gur bean mhaiseach thusa ri amharc ort; Uime sin, nuar a chì na h-Èiphitich thu, their iad, Seo a bhean: agus marbhaidh iad mise, ach glèidhيدh iad thusa beò. Abair, guidheam ort, gur tu mo phiuthar, a-chum gun èirich gu math dhomh air do sgàth-sa; agus bidh m'anam beò air do shon-sa." Genesis 12:11-13

Bha dùil aig Abram gu marbhadh na h-Èiphitich e gus am faigheadh iad a bhean bhòidheach. Thug e oirre breug innse agus a ràdh nach b'e ise a bhean, ach a phiuthar. Thug Phàroah leis i agus bha e math dha Abram agus thug e beartas dha. Dh'fhuiling Phàroah agus a theaghlaich droch ghalair seach gun tug e bean Abram leis gu bhith na bhean dha fhèin. Nuair a fhuair Phàroah a-mach, thug e Sàrai air ais agus chuir e Abram a-mach às an dùthaich. Ann an ceann timcheall air 20-25 bliadhna, rinn Abram, a-nis air ainmeachadh mar Abrahàm, an aon rud arithist le rìgh eile de dhùthaich eile, ach an turas seo b'e esan a dh'innis a' bhreug an àite Sàrai. Thug rìgh Gèrar, Abimelech, leis i. Thuirt Dia ri Abimelech gu robh cho math dha a bhith marbh airson boireannach pòsda a thoirt leis. Rinn Dia dòn air Sàrai. Cha robh Abimelech air beantainn rithe.

Leugh an sgeulachd ann an Genesis 20. Chaidh an neo-dhleastanas seo a leantainn air Isaac. Dh' innis e breug son aon rìgh a thaobh Rebekah. Bha cogais nas mothà aig na neo-chreidmhich a thaobh seo na bh'aig Abrahàm agus Isaac. Bha iad tàireil mu neo-dhleastanas nan neo-chreidmhich (Genesis 26). Bha Sàrai agus Rebekah na bu laige agus neo-chiontach. Tha neo-dhleastanas mar pheacadh sònraichte. Tha e na pheacadh a tha a' dèanamh daoine eile cunntachail. Tha neo-dhleastanas coltach ri bhith ag innse bhreug. Tha e na chòmhach, na mheadhan air fèin-dòn. Tha e mar fèinealachd aig àrd ire. Chì sinn seo nuair a bhios daoine ag àicheadh athaireachd, gun a bhith a' paigheadh chosgaisean leanaibh, a' cur a' choire air cuid eile, a' pronnadh mhnathan, droch bheul, gun toirt cuideachadh, agus gun toirt seachad gràdh is dòn.

Seo beagan eisimpleirean de dhaoine dleastanach anns a' Bhioball.

An t-oifigear ann an Eòin 4:46-53

_ Cornelius ann an Gniomharan 10

_ An t-oifigear pròsain ann am Philippi ann an Gniomharan 16

_ An abstoil Pòl ann an 1 Corintianaich 9 agus 2 Corintianaich 8.

Lorgar teagasc a bharrachd a thaobh dleastanas ann an Àireamhan 30:6-8. Tha seo co-cheangailte ris na boireannaich anns an dachaigh agad, do bhean agus no nighnean. Tha dà rud nach urrainnear a sgaradh gun a bhith ag adhbhurachadh mòran cron dhaibhsan a tha mun cuairt ort. Is iad sin ùghdarris agus dleastanas. Chì sinn seo ann am páisdean beaga. Tha aon de na páisdean ag iarraidh an **ùghdarris**. Tha e airson gum bi e os cionn chàich. Nuair a nochdas trioblaid mar thoradh air an stiùireadh aige, chan eil e ri fhaicinn, no cuiridh e a' choire air a' chlann eile. Chan eil e ag iarraidh an **dleastanas** a tha an cois seo. Tha sinn air fhaicinn ann an righrean tro eachdraidh. Ann an eachdraidh o chionn ghoirid, tha sinn air an eadar-dhealachadh fhaicinn ann an dà cheann-suidhe air na Stàitean Aonaichte. Nuair a bha iad nan ceann-suidhe, bha barrachd ùghdarris aca na bha aig duine sam bith eile san t-saoghal. Chleachd an Ceann-

suidhe Truman an ùghdarras aige. Ghabh e cuideachd ris an dleastanas as thàinig leis na gnìomhan aige.

Bha soidhne aige air an deasc ag ràdh, “Tha an uallach a’ stad an seo.” Cha chuireadh e dheth an uallach. Chleachd an Ceann-suidhe Clinton cuideachd an ùghdarras aige, ach cha b’ann slaodach a bha e gu bhith leisgeulach, breugach, agus a’ cur a’ choire air cuid eile. Ann an treibhdhireas, cha robh e na chèile, na athair, na riaghladair no na cheann-suidhe dleastanach. Mar chèile, mar athair, mar theachdaire no mar stiùriche ann an obair saoghalta, chan eil sochair a bhith os cionn chàich aig Crìosdaidh.

Page 33

Eadhon ann an suidheachadh stiùridh thathas ag àithne dha:

_ Mar chèile:

Fheara, gràdhaichibh ur mnathan fhèin, eadhon mar a ghràdhaich Crìosd an eaglais, agus a thug e e fhèin air a son; A-chum gun naomhaicheadh agus gun glanadh e i le ionnlaid an uisge tre an fhacal; A-chum gun cuireadh e na làthair fhèin i na h-eaglais ghlòrmhoir, gun smal, gun phreasadh, no nì air bith de an leithidean sin; ach a-chum gum biodh i naomh, agus neolochdach. Is amhlaidh sin is còir do na fir am mnathan fhèin a ghràdhaichadh, mar an cuirp fhèin: an tì a ghràdhaicheas a bhean, tha e ga ghràdhaichadh fhèin. Oir cha tug duine air bith riamh fuath da fheòil fhèin; ach altramaidh agus eiridnidh e i, eadhon mar a tha an Tighearna a’ déanamh don eaglais: Oir is buill sinn de a chorp, de a fheòil, agus de a chnàmhan-san. Ephèsianaich 5:25-30

_ Mar athair:

Agus athraichean, na brosnaichibh ur clann a-chum feirge: ach togaibh iad ann an oilean agus ann an teagasg an Tighearna. Ephèsianaich 6:4

_ Mar mhaighistir:

Agus a’ mhaighistirean, dèanaibh-se na nithean ceudna dhaibhsan, a’ leigeadh dhuibh bagraidh: air dhuibh fios a bhith agaibh gu bheil ur maighistir fhèin air nèamh mar an ceudna, agus nach eil gnùis-bhreith maille ris. Ephèsianaich 6:9

_ Mar èildear:

Na seanairean a tha nur measg tha mi ag earalachadh, air a bhith dhomh fhèin am sheanair mar an ceudna, agus am fhiannais air fulangasan Chrìosd, agus mar an ceudna am fhearsaich compàirt den ghlòir sin, a tha gu bhith air a foillseachadh: Beathaichibh treud Dhè a tha nur measg, a’ gabhail cùram dheth, chan ann a dh’aindeoin, ach gu deònach; chan ann airson buannachd shalaich, ach le inntinn ealamh; Cha mhò mar thighearnan os cionn oighreachd Dhè, ach mar dhream a tha nan eisimpleirean don treud. Agus nuair a dh’fhoillsichear an t-Àrd-bhuachaille, gheibh sibh crùn na glòire nach searg. I Peadar 5:1-4

Thoir an aire nach eil stiùireadh ann a bhith ceannsalach os cionn na h-iocdarain agad. Thoir an aire do na seallaidean adhartach agus na gnìomhan a tha air iarraidh air cèile, athair, maighistir agus èildear. Tha e na phàirt den dleastanas againn a bhith a’ trèanadh ar mic a bhith dleastanach. Ciamar a thig duine gu bhith na dhuine dleastanach?

_ Aithnich na feartan a tha an cois Crìosdaidh dleastanach.

_ Aidich cho peacach sa tha do sheallaidean agus do ghnìomhan àicheil.

_ Roghnaich ùmhachd a thoirt do dh’àithnean Dhè anns a’ Bhìoball.

_ Dèan ceangal ri duine dleastanach as urrainn dhut atharrais.

_ Roghnaich a bhith a’ faighinn teagasg bho dhaoine dleastanach gu pearsanta, ann an leabhrachean, CDn no bhidióthan.

A bheil gin de na peacaidhean gu h-àrd, no peacaidhean co-chosmhail, agad? Ma tha cùisean mar sin, lorg Crìosdaidh agus innis dha gu bheil thu airson a bhith nad Crìosdaidh. Leugh An

Soisgeul air duilleag 40. Faigh Bioball agus leugh Lucas, Eòin, Gnìomharan, agus Ròmanaich. Cuir fòn, no sgrìobh, no cuir post-d thugam.

- Ma **tha** thu na do Chrìosdaidh, feumaidh tu:
1. Do pheacadh agus do pheacaidhean aideachadh gu sònraichte ri Dia. Nach bitheamad nas làidir: aidich agus trèig iad. Cuir air falbh iad. Dèan an àicheadh! Dèan aithreachas ri Dia agus faigh obair glanaidh is ionnlaid fuil Chrìosd. 1 Eòin 1:5-10
 2. Bi umhail. Le gràs Dhè, diùlt a bhith a' cur a' choire air cuid eile airson rudeigin a thachair nuair a bha thusa os cionn ghnothaichean.
 3. Roghnaich stiùireadh spioradail, biadh, taigheadas, gràdh, tèraineachd, dion agus comhurtachd a thoirt seachad dod bhean agus don chloinn agad. Is e seo do phrìomh obair.
 4. Ma tha thu airson atharrachadh, às deidh dhut aideachadh, dlùthach ri fear a tha deònach do theagasg, tro eisimpleir is stiùireadh, “mar” a bhithear dleastanach.
 5. Bi anns an Leabhar, a' leughadh agus a' sgrùdadadh le rùn a bhith umhail do Dhia.
 6. Iarr cuideachadh bho Dhia.

Page 40

COIMHEARSNACHDAN COIMHEARSNACHD CHRÌOSDAIDHEIL

Le bhith dìreach air an leabhran seo a leughadh, tha coltas ann gun d'fhuair thu a-mach gur e duine searbh no oilbheumach a tha annad no gu bheil thu ri gobaireachd no fo thruim-inntinn no le dìth dàimh ri do phàrantan. Is dòcha gu robh eòlas agad air na nithean sin mu do dheidhinn fhèin roimhe seo agus gun leugh thu an leabhran airson fuasgladh fhaighinn. Mura h-eil thu a' tuigsinn na fuasglaidhean, no gu bheil thu a' tuigsinn agus ga do lorg fhèin gun chomas an cur an gnìomh, no mura h-eil thu ag iarraidh atharrachadh, tha coltas math ann gu bheil duilgheadas nas bunaithe ann, sin ri ràdh, nach eil thu na do Chrìosdaidh. Feuch an leugh thu *Litrichean mu bhith a' tighinn gu bhith nad Chrìosdaidh* air duilleag 34 agus *An Sgriobtair* air duilleag 40. Feuch an cuir thu air tòir Tiomnadhl Nuadh ann am Beurla an latha. Tha an Tiomnadhl Nuadh seo an-asgaidh agus tha leabhraichean is litreachas feumail eile againn cuideachd. Feuch an sgrìobh thu no cuir fòn. Mar sin bidh e comasach dhuinn conaltradh dìreach a dhèanamh mu na firinnean sìmplidh is domhainn de deagh sgeulachd Ìosa Crìosd ann an dòigh pearsanta.

Attn: Jim Wilson
Community Christian Ministries
PO Box 9754
Moscow, ID 83843-0180
Fòn: (208) 883-0997
Post-d: ccm@moscow.com
Làrach-lìn: ccmbooks.org

Faodaidh tu fios fhaighinn gu fear sam bith de na h-ùghdarran anns an iris seo aig an aon sheòladh.